chead a dheanamh leatha—mar is aithne dhuibhse is iomadh oighre chuir e fhéin 's an oighreachd a dholaidh ann an aona bhliadhna—'s ann a tha i air a solaradh air sliochd nam beann mar oighreachan ann an co-roinn, chum i bhi air a cur gus a' bhuil is feàrr ré am beatha ; agus, an sin, ri bhi air a liubhairt dhoibhsan a thig 'nar déidh, air a h-àrdachadh ann an luach agus ann am maise leinne—oighreachan eòlais agus ealdhain nan linntean a chaidh seachad.

Agus a nis, ciod i an oighreachd so, an dìleab phrìseil, a bhuineas do na Gàidheil ? Thar leam gu'm faod sinn a ràdh gu'm bheil i a' co-sheasamh ann an ceithir nithean a ghabhas paidhreachadh mar so—

1. Tìr agus Teanga.
2. Ceòl agus Cleachdainnean.

Facal no dhà, ma tà, air " Tir agus Teanga."

Is fìor an ràdh so : gu'm buin fearann dùthcha do nàisinn na dùthcha sin. Is fìrinn i a chaidh a dhearbhadh do na Gàidheil mar nach deachaidh a dearbhadh do chinneadh eile air uachdar an domhain ; agus sin anns na làithean deireannach so, am measg Ghàidheal na h-Eireann an toiseach, agus an sin do Ghàidheil na h-Alba nuair a fhuair sinn Achd nan Croitearan.

Tha an t-Achd sin air a stéidheachadh air an fhìrinn so gum bheil còir nach gabh sgaradh aig Gàidheil air am fearann dùthchais. Mar dhearbhadh air an so tha sinn a' faicinn gur iad na siorramachdan sin a mhàin anns am bheil Gàidhlig air a labhairt leis an tuath, a tha mealtainn sochairean luachmhor Achd nan Croitearan. Tha so a' dearbhadh gur ann an Gàidhlig a tha còir nan Gàidheal air am fearann dùthchais air a sgrìobhadh. Thar leam gu 'n tig e dhuinn fheòraich ciamar a thachair e nach 'eil tuath bheag an eilein so a' mealtainn sochairean Achd nan Croitearan. An ann a chionn gu'n do leig iadsan leis a,

Ghàidhlig dol a dhìth, a chaill iad na sochairean luachmhor a bhuineas dhaibh-san a lean ris a' Ghàidhlig? Ach, a chàirdean, thar leam gu'n cluinn mi sibh ag aithris an t-seanfhacail—"Cha 'n ann am Bód uile tha 'n t-olc; tha cuid dhe 'n Arrainn." Tha sibh ceart. Chaill, cha 'n e mhàin Arrainn le a Gàidhlig, ach siorramachd Pheairt cuideachd, na sochairean a bhuilich Achd nan Croitearan air a' chòrr de'n Ghaidhealtachd, a chionn gu 'n robh iad coma co dhiùbh nuair a bha strith an fhearainn a' dol air aghaidh—a chionn nach do thog iad Bratach na Gàidhlig ri crann, 's nach do sheas iad gualann ri gualainn leòsan a bha cathachadh air son an còirichean dligheach, agus a choisinn troimh chruadal na sochairean sin a tha iad a nis a' sealbhachadh ann an sìth. Ach theagamh gu 'm faigh iad so àm gu aithreachas; oir tha Achd nan Croitearan air a stéidheachadh air an fhìrinn shuidhichte so gu 'm buin fearann an Gàidhealtachd do na Gàidheil—is cha 'n eil anns an Achd, mar so, ach eàrlas air na bhios fhathasd air a strìochdadh do shliochd nam beann ma bhitheas iad aon-sgeulach, seasmhach agus duineil, agus ma leanas iad air labhairt na teanga sin anns am bheil an còirichean dligheach air an tasgadh.

Tha sinn a' faicinn a nis gur iad Tìr agus Teanga roinn mhòr de dh' oighreachd nan Gàidheal. Nis, tha fhios agaibh mu'm faigh neach sealbh air oighreachd, gu'm feum e a chòir air an oighreachd sin a dhearbhadh. Buinidh an oighreachd so do Chlanna nan Gaidheal—is nach iad sin iarmad nan daoine calma a bh' ann, a tha nis a chòmhnaidh ann an Tìr nam Beann, 's a tha labhairt cànain aosda an sìnnsire.

Tha so uile a' nochdadh dhuinn cho feumail 's a tha e a' Ghàidhlig a chumail suas a dhearbhadh ar còir air an oighreachd luachmhoir so. Nis cha 'n e mhàin gu'm bheil e feumail gu'm biodhmaid a' labhairt na Gàidhlig cho tric 's is urrainn sinn, ach gu'm biodhmaid 'ga leughadh is 'ga

sgrìobhadh. Tha e mar fhiachaibh oirnn so a dheanamh chum còirichean na h-oighreachd a shìneadh sìos dhaibhsan a thig 'nar déidh. Dh' fhalbh làithean nan seanchaidh, is cha 'n eil meomhair againn a nis mar a bh'aca o shean. Is i so linn an sgrìobhaidh agus a' chlo-bhualaidh. Nis, an ni a labhrar théid e as cuimhne ann an tiota ge b'e cho taitneach 's a bha e ; ach an ni sin a sgrìobhar no a théid a chlobhualadh mairidh e do'n linn a thig 'nar déidh. Air an aobhar sin bu chòir do gach Gàidheal bhi comasach air a chànain dhùthchasach a leughadh 's a sgrìobhadh ; agus thigeadh e dhaibhsan is urrainn Gàidhlig a leughadh cheana, gach leabhar Gàidhlig a cheannach mar mhisneach dhiabhsan tha gabhail an t-saothair leabhraichean Gàidhlig a sgrìobhadh. Na cuireamaid seachad ùine, is na cosdamaid sgillinn ruadh air gnothaichean faoine nach eil a chum feuma dhuinn is nach cuidich leinn anns an obair so. Is ì a' Ghàidhlig a' cheist air am bheil ar beatha mar Ghàidheil an crochadh. Ma théid againn air a cumail beò, gheabh sinn gu cinnteach a' bhuaidh ; ach ma leigear bàs i caillidh sinn gach buaidh a tha 'gar comharrachadh mar shluagh air leth, agus a thug dhuinn an ceum-toisich gus a nis, oir is i a Ghàidhlig an iteag is àirde 'nar boineid.

Ach, a luchd-dùthcha, tha 'n seanfhacal ag ràdh : " Far nach bi nì caillidh an Righ a chòir." Nis cha toigh leam a bhi cur an uilc air mhanadh ; ach mur éirich na Gaidheil a dh' aona bheum 's a dh' aona bheachd, bithidh a' Ghàidhealtachd an ùine ghoirid, 'na fàsach, 's na Gàidheil, a h-oighreachan dligheach,

> " Air am fuadach thar sàile
> Mar bhàrrlach gun fheum,"

a dheanamh àite do bheathaichean ceitheir-chasach. Nuair a thachras sin caillidh na Gàidheil an còir ; oir cha bhi iad idir ann !

" Tha sìol nan sonn 'gan cur air chùl,
'S am fearann 'ga chur fàs ;
Tha féidh is caoirich air gach stùc
Far'n robh na laoich a' tàmh ;
Tha cinneach eil' air teachd do'n ùir
'S ag éirigh suas 'nan àit,
Tha toirt am bòidean air gach dùil
Gu'm faigh a' Ghàidhlig bàs.

An leig sinn eachdraidh chaomh ar tìr
A sgrìobadh de gach clàr,
'S a' Ghàidhlig chòir a chur a dhìth
Le linn nach tuig a gnàths ?
A' chànain aosda, ghlòrmhor, bhinn,
A dhùisgeadh fuinn nam Bàrd,
Am fan sinn dìomhanach gun suim
Is daoi 'ga cur gu bàs.

Dùisg suas, a Ghàidhlig, 's tog do ghuth,
Na biodh ort geilt no sgàig ;
Tha ciadan mìle dìleas dhuit
Nach dìobair thu 'sa bhlàr ;
Cho fad 's a shiùbhlas uillt le sruth
'S a bhuaileas tuinn air tràigh,
Cha'n aontaich iad an cainnt no'n cruth
Gu 'n téid do chur gu bàs."

Facal no dhà, a nis, air an dàrna earrainn de dh' Oighreachd nan Gàidheal—Ceòl agus Cleachdainnean.

Is fìor thaitneach an ni an ceòl ; agus cò a b'fheàrr a b'aithne sin na na Gàidheil ? Cha robh suidheachadh anns an do chuireadh an Gàidheal riamh nach robh ceòl freagarrach aige air a shon. Ma bha e dubhach, brònach bha gu leòir de phuirt thiamhaidh aige—mar a bha cumhachan agus marbh-ruinn ; ma bha e cridheil, sunndach bha

rogha is tagha nam port iollagach, ealanta aige ; 's ma bha a chridhe 'mireag ris, is fonn dannsaidh air, nach robh na puirt-a-beul aige ; oir, mar a thuirt am fear eil' e—

" Is tric a bha sinn, fhir mo chridhe,
Gun phìob, gun fhidhill a' dannsadh."

Nis, tha e mar fhiachaibh oirnn a' chuid so de'n dìleib luachmhoir so a shìneadh, cha'n e mhàin gun bheud gun smal, do 'n linn a thig 'nar déidh, ach air a deanamh nas maisiche is nas luachmhoire leinne, oighreachan nan iomadh linn. Rinn an Comunn Gàidhealach cuid mhath ann a bhi tional Ciùil nan Gàidheal, ged nach do rinn e mòran chum a chraobh-sgaoileadh. Cha deachaidh esan a mholadh air son a chùraim, a cheangail a thàlant gu sàbhailt an nèapaicinn—ni mò a gheabh sinne cliù air son a bhi leanailt cleas an spìocaire, a nì prìosanach de gach ni a théid 'na mhàileid. C'ar son nach bitheadh an ceum-toisich aig a' Chomunn anns an ni so, ma tha iad murrach air a ghleidheil, seach a bhi leigeil le Goill is Sasunnaich ar ceòl bòidheach a mhilleadh le bhi 'ga chlo-bhualadh ann an dòigh tha leigeil ris gu soilleir nach eil iad a'tuigsinn na cànain no gnàthas a' chiùil. Is chuirinn clach an càrn a' Bhàird Dhiùraich nach maireann, le bhi 'g aithris rann no dhà a rinn e air " Na Seann Orain "—

" O, creid gur fìrinn a tha mi 'g ìnnseadh ;
Is ionmhas prìseil do thìr, a h-òrain ;
Cha dìleab shuarach o'n bhàrd, a dhuanag,
Ged 's beag, mo thruaighe ! chuir i 'na phòca.

O, ceòl ar dùthcha, is spiorad iùil e
A tha 'gar stiùradh air cùrsa mòrachd—
An cumail ùrail nam beusan fiùghail
A choisinn cliù dhuinn an cùis na còrach."

Agus ciod a their mi nis mu na cleachdainnean a bh' aig na Gàidheil o shean, air am bheil am bàrd a' deanamh aithris nuair tha e a' seinn—

" Is toigh leinn na cleachdainnean ceanalta bh'ann ;
Na biodh iad air dhì-chuimhn' a nis aig a' chloinn :
An coibhneas, an càirdeas, am bàidh is an t-eud,
Thug cliù dhaibh 's gach dùthaich fo chùirtean nan speur."

Is e fàth mo mhulaid gu'm bheil móran de na seana chleachdainnean ceanalta a bhuineas dhuinn mar Ghaidheil, cha 'n e mhàin air an leigeil air dhi-chuimhne, ach gu'm bheil na Gàidheil ag altrum agus ag àrachadh 'nan àite cleachdainnean truaillidh, dìblidh, Gallda, a bhuineas do dhruaip a' bhaile mhóir. Nis, cha 'n eil mise dol a dheanamh droch dhuine dhiom fhéin le bhi 'g aithris nan cleachdainnean mi-cheanalta sin air leth, a' cuimhneachadh fìrinn an t-sean-fhacail : " Tuigidh gach cù a chionta ; " agus air eagal gu'n abair daoine : "An innisg 'ga cur 's a bun aig a' bhaile ; " ach their mi so, a dh'aindheoin is co dhiùbh, gur tàmailteach an nì e ri fhaicinn gur e Gàidheal anns an deise Ghàidhealaich suaicheantas nan grùdairean is nan òsdairean.

Nis, tha cagar beag eile agam ri chur 'nur cluais—o'n is anns a' Ghàidhlig a tha mi bruidhinn, is nach tuig na Goill sinn—is e sin an droch chleachdainn so, eud á cach a chéile. Ma thuiteas gu'm faigh Gaidheal urram air son a thapachd, no ma dh' éirich e an inmhe is an cliù beagan nas àirde na chompanaich, an àite pròis a bhi air a luchd-dùthcha as a thapachd, 's ann a dh' fheuchas iad ri thoirt gu leathad ; agus ma tha urram no onair aca ri bhuileachadh air neach, siùbhlaidh iad seachd sgìreachdan an tòir air Gall no Sasunnach is bheir iad dhàsan an t-urram seach a thoirt d' am fear-dùthcha féin. Is ma dh' fhairtlicheas

orra Gall no Sasunnach fhaotainn, bheir iad an t-urram do 'n fhear-dùthcha sin is lugha gnìomh 's is lugha am bheil de fhearalas an fhìor Ghàidheil, ach is mò a chleachdas de chainnt bhrosgullaich, bhaoith, gun seadh, gun stéidh, anns a' chànain choimhich.

Tha ni eile ann, is tha na Goill fhéin a' toirt an àire dha, is e sin : an déidh na their na Gàidheil mu an spéis do 'n cànain féin—a' Ghàidhlig—gur e fìor bheag dhiubh a tha comasach air a' chànain sin a leughadh, gun ghuth air a sgrìobhadh. Ciod is aobhar dha so ach an dearg leisg. Na 'n robh iad cho déidheil air a' Ghàidhlig 's a tha iad a cumail a mach, ghabhadh iad an dragh iad féin fhòghlum anns a' chànain so.

Faodaidh sinn a bhi ag éigheach " Suas leis a' Ghàidhlig " gus an tig tùchadh 'sa mhuineal againn ; ach cha bhi e chum stàth air bith mur cleachd sinn a bhi labhairt, a' leughadh agus a' sgrìobhadh na seana chànain mhàthaireil.

Ach, a luchd-dùthcha, nach mithich a bhi sgur de 'n trod, agus a bhi teannachadh mo ròpain.

Tha mi 'n dòchas gu'n do rinn mi soilleir dhuibh uile gu'm bheil oighreachd luachmhor air a fàgail mar dhìleab aig na Gàidheil ; agus, a nis, ciamar a tha sinne ris an oighreachd so a shealbhachadh 'na h-uile lànachd ? Ann a bhi tagradh air a son cuimhnicheamaid gur e " bhi modhail, dàna lagh na cùirte." Ma théid againn air a dhearbhadh gur sinne fìor Chlanna nan Gàidheal, is gur i a' Ghàidhlig ar cànain, is leinne gu cinnteach an oighreachd. Mar na h-oighreachan dligheach air dìleab cho luachmhor, thig e dhuinn sinn féin a ghluasad gu h-uasal, glic, stuama, tuigseach, a' cuimhneachadh an t-seanfhacail : " Cha 'n fhaigh amadan oighreachd."

Is tric a tha e air a sparradh air a' Ghaidheal : " Cuimhnich air na daoine o'n d' thàinig thu ; " is cha 'n eil teagamh nach faod so sparradh a thoirt dhà air an t-slighe cheart ; ach is e their mise aig an àm so : cuimhnich orrasan a thig

'nad dhéidh, is dean buil cheart de na fhuair thu ; oir ma leigeas tu a dholaidh an oighreachd luachmhor so, éirigh ginealach eile as do dhéidh a mhallaicheas thu air son mar a chuir thu a dhìth oighreachd Chlanna nan Gàidheal.

Bho shean, nuair a bha na Gàidheil a' gabhail seilbh air fearann, bha e 'na chleachdadh aca a bhi losgadh " sop-seilbh " air earrainn dhe. Nach faod mi ràdh gu'm bheil sinne an so an diugh ag athnuadhachadh ar bòidean a bhi dìleas do ar Tìr is do ar Teanga, ar Ceòl is ar Cleachdainnean, is a' cur teine ri ar sop-seilbh aig a' Mhòd, mar dhearbhadh gur sinne Clann nan Gàidheal is gu'm bheil sinn ag gabhail seilbh air oighreachd phrìseil iarmaid Thìr nam Beann.

Ma bhitheas sinne dìleas d'a chéile, dìleas d'ar dùthaich, is dìleas d'ar cànain, 's a' cumail suas seana chleachdainnean nan Gàidheal, chì sinn a' Ghaidhealtachd fhathast 'na dachaidh ghreadhnaich aig na Gàidheil, is iad uile gu seasgair sona ag àiteachadh Tìr nam Beann ann Gleann 's nan Gaisgeach.

DOMHNULL-NAM-PRAT AIR A' GHALLDACHD.

Tha an sean-fhacal ag ràdh. " Am fear a bhios carach 'sa bhaile so bidh e carach 'sa bhail' ud thall " ; agus dhearbh Dòmhnull-nam-Prat fìrinn an t-sean-fhacail ; oir bha na pratan 'na lorg thall 's a bhos. Bliadhna bha sud, air do rathad do 'n Eaglais Bhric, thug thusa, Dhòmhnuill, siab do Ghlascho. Latha bha sin, thuit dha bhi ag amharc a stigh air uinneig bùth tàillearachd anns an robh clò eireachdail, agus deiseachan snasmhor ri'm faicinn. Anns an uinneig, air sorchan am measg a' chlò, bha an sanas so ann an litrichean òir—" *Thig a stigh agus laimhsich an*

clò air do shon féin ; gabhaidh sinn do thomhas air son deise ; bithidh i deas ann an cóig uairean an uaireadair ; agus mur a freagair i, gheabh thu nasgaidh i."

" Cha 'n eil sin gu h-olc idir," arsa Dòmhnull ris fhéin ; " b' àbhaist do 'n Tàillear Chrùbach a bhi brag gu 'n deanadh e briogais an ùine a bhiodh poit-bhuntàta 'goil ; ach bhiodh a' bhriogais mar sin fhéin—' greimeannan fada 'n tàilleir leisg '—có nach cuala iomradh orra. Is math a laigheadh deise chlò orm fhéin 's mi air mo rathad do 'n Eaglais Bhric. Ach 's ann *a nasgaidh* a dh' fheumas mi a faotainn. Agus is mairg a theireadh Dòmhnull-nam-Prat rium mur téid agam air a' char a thoirt as an tàillear spaglainneach so.

Ag ràdh so thog thusa, a Dhòmhnuill, a suas do ghualann chlì mar gu 'm biodh pait oirre, is ghabh thu stigh. Chuir e fàilte air an tàillear—duine caol, àrd, làn modh—is thòisich e air a' chlò a thaghadh 's a sheòrsachadh. An uair a thagh e eige a bha a réir a mhiann, dh' fheòraich e de 'n tàillear, saoil an rachadh aige air deise a dheanamh ann an cabhaig, a fhreagradh dhàsan. " Is ann againn a théid," ars an tàillear—" nach do leugh thu an sanas anns an uinneig—*mur a freagair i, gheabh thu nasgaidh i.*"

" Chunnaic mi sin," arsa Dòmhnull gu miodalach, " ach cha 'n eil duine pongail 'sam bith nach b' fheàrr leis pàigheadh air son deise a fhreagradh dha, na té nach freagradh dha a ghabhail a nasgaidh."

" Tha sin mar sin gun teagamh ; ach na gabh cùram nach dean sinne deise a laigheas ri d' chorp mar gu 'm biodh triubhas ann ; dheanamaid deise Ghàidhealach dhuit na 'n togradh tu."

" Cha 'n eil mi 'g ràdh nach deanadh," fhreagair Dòmhnull ; " ach cumaidh sinn ris a' bhriogais liath-ghlais an dràsd."

Cha robh tuilleadh mu 'n chùis ; ach ghabh an tàillear a chrios-tomhais, agus ghabh e tomhas Dhòmhnuill-nam-

Prat gu cùramach—gu sònraichte a' phait a bh' air a ghualainn chlì.

" Ni sin an gnothach a nis," ars an tàillear, 's e cur a chrios-tomhais seachad. " Thig air t' ais mu chóig uairean is gheabh thu 'n deise, bho na tha cabhag ort. Théid mise an urras gu 'm freagair i."

Dh' fhalbh Dòmhnull agus thaghail e air fear-eòlais no dhà ; 'nam measg Seumas Mór, mac an Drobhair Ruaidh, aig an robh tigh-òsda teann air an " Each Odhar." Co thachair a bhi a stigh ach An Gàidsear Ruadh, Iain Dhòmhnuill Bhàin, agus Teàrlach Bàn, mac do dh' Fhear " Thigh-na-Fead." An déidh leth-bhodach no dhà bha na fir a fàs blàth, is thòisich a' bhòilich. Chunnaic Dòmhnull-nam-Prat mar a bha cùisean a' seasamh, agus arsa esan ris A' Ghàidsear Ruadh—" Bha mi oidhche bha sud ann an Tigh-an-Droma agus bha seòid a staigh a cònsachadh mu roinn uisgebeatha. B' fheudar dhòmhsa falbh mu 'n do shocraich iad cùisean ; ach tha cuimhne agam gu gasda air a' cheist ; agus cha 'n eil teagamh agam nach téid agadsa air a fuasgladh, bho na tha thu daonnan am measg dibhe."

" Cluinneam i," arsa an Gàidsear, " agus bithidh i doirbh mur a téid agam air a fuasgladh."

" So mar a bha cheist a' dol," arsa Dòmhnull-nam-Prat :—" Fhuair dà fhear ochd galain uisgebheatha—ceithir galain am fear. Cha robh aca gu roinn ach buideal ochd, buideal cóig agus buideal trì. 'S i cheist : ciamar a chaidh aca air a roinn ? "

" Cha 'n eil an sin ach ceist air son nam pàisdean beaga," ars an Gàidsear ; " is mairg a theireadh ' gàidsear ' rium mur fuasglainn a' cheist taobh a stigh de cheithreamh na h-uaire."

" Chuala mise a' cheist roimhe so," arsa Teàrlach Bàn " agus chunnaic mi mi-fhéin agus m' athair a' feuchainn leis na buideil ris a' cheist fhuasgladh, agus dh' fhairtlich

oirnn. Is e mo bheachd nach gabh i fuasgladh. Cuiridh mi geall leth-bhodach nach fuasgail an Gàidsear i an taobh a staigh de dh' uair."

" Cuiridh mi geall leth-chruin gu 'm fuasgail," arsa an Gàidsear.

" Is cuiridh mise geall crùin nach fuasgail an Gàidsear a' cheist," arsa Fear an tighe-òsda.

Chuir so an Gàidsear 'na chabhaig ; thug e mach leabhar a bha 'na phòca is thòisich e ri cunntas gu dìl. Chùrnaich e duilleag an déidh duilleig, ach cha robh dol aige air. Bha an ùine ruith, is bha geall an déidh gill 'ga chur, 's an Gàidsear 'na fhallus a' cur ri cunntas. Mu dheireadh thall, thog an Gàidsear a cheann agus arsa esan—

" Cha ghabh a' cheist fuasgladh, feumaidh e bhi gu 'n do thog thu ceàrr i, a Dhòmhnuill."

" Is mi nach do thog. Tha an dà chuid a' cheist agus a freagairt agam ann am leabhar-pòca, agus nuair a shocraicheas sinn ciamar a tha na gill a' seasamh leughaidh mi an fhreagairt," arsa Dòmhnull-nam-Prat.

Chuir na seòid an òrdugh na gill agus leugh Dòmhnull-nam-Prat an fhreagairt mar a leanas :—

Lìon iad buideal nan trì galan, agus chuir iad sin ann am buideal a cóig. Lìon iad buideal a trì a rithis, agus an sin chuir iad dà ghalan ann am buideal a cóig leis an trì a chaidh ann cheana. Bha a nis aon ghalan air fhàgail ann am buideal a trì. Chuir iad an sin na cóig galain air ais ann am buidheal nan ochd galan, agus chuir iad an aona ghalan a bha air fhàgail ann am buideal a trì ann am fear nan cóig galan. Lìon iad an sin fear nan trì á fear nan ochd, agus chuir iad sin ann am fear nan cóig leis an aon a bh' ann. Bha an t-uisge-beatha a nis air a roinn aca, le ceithir galain ann am buideal nan cóig galan, agus ceithir eile ann am buideal nan ochd.

" Theagamh gu bheil sin ceart," arsa an Gàidsear, " ach cuiridh mise gu dearbhadh e am màireach."

Nuair a chaidh na gill a réiteach bha dà thasdan aig Dòmhnull-nam-Prat ri fhaotainn, a bharrachd air na dh' òl e de na chaidh òrdachadh le càch. Thog e air ann an cabhaig is thug e bùth an tàilleir air. Nuair a bha e dlùthachadh air a' bhùth, arsa esan ris fhéin—" Co so 'ghualainn air an robh a' phait nuair a ghabh an tàillear mo thomhas ? Tha e agam a nis, bha i air a' ghualainn chlì ; cuiridh sinn car tacan air a' ghualainn eile i ; is thug e sùil eile air an t-sanas a bha an uinneig a' bhùth, mu 'n deachaidh e stigh.

" Am bheil sibh deas air mo shon ? " arsa esan, 's e cur fàilte air an tàillear.

" Tha, làn deas," arsa an tàillear, " so agad do chòta ; feuch ort e."

Thilg Dòmhnull dheth a bhreacan 's a chòta, is dh' fheuch e air an còta ùr—an tàillear 'ga chuideachadh.

" O, leth na truaighe," arsa an tàillear, " chi mi gu 'n do chuir mi a' phait air a' ghualainn cheàrr. Nach mi-fhortanach mar a rinn mi ; ach ni mi còta ùr dhuit am màireach agus bheir mise m' fhacal gu 'm bi e ceart."

" Cha 'n eil ùine agam feitheamh gus am màireach ; feumaidh mi bhi aig faidhir na h-Eaglaise-Brice mu 'm blais an t-eun an t-uisge," fhreagair Dómhnull." Bheir mi leam an deise mar tha i, agus cuiridh Dùghall Tàillear againn fhéin ceart i ; tha e eòlach gu leòir air a' phait agamsa."

" Tha mi duilich mu 'n mhearachd a rinn mi ; ach ni mi còta ùr dhuit moch air mhadainn."

" Cha 'n fhaod mi feitheamh," arsa Dòmhnull, " ceangail a suas an deise mar tha i is bheir mi leam i."

" Cha 'n fhaod e bhi nach pàigh thu airson a' chòrr de 'n deise, co dhiùbh," arsa an tàillear, is e ceangal a suas na deise.

" Cha 'n e sin tha an sanas san uinneig ag ràdh," fhreagair Dòmhnull ; ach *' Mur a freagair i, gheabh thu*

nasgaidh i." Latha math leat an dràsd," is dh' fhalbh thusa, Dhòmhnuill-nam-Prat, 's an deise fo d' achlais.

Moch air madainn chuir Dòmhnull air an deise eireachdail a rinn an tàillear Gallda. Ged a bha mothas aodaich anns a' ghualainn chlì thilg Dòmhnull a bhreacan thar na gualainn sin, agus cha tug duine a bh' aig an fhaidhir an aire dé bha ceàrr ; 's ann a bha eud air an dròbhairean eile á deise Dhòmhnuill.

TAIGH LACHAINN FHAOIN.

Fhir a th'ann. Tha fhios nach b' aithne dhuit-se Lachann Faoin, leth-dhuine truagh a bha san sgireachd so ri linn do sheanar ; ged tha cuimhne agam-sa air an latha a chaidh a chàireadh fo'n fhòid an Cnoc-Aingeal. A chuid de Phàrras dha ! Ged a bha Lachann bochd cho faoin ris na feannagan, bha e gun lochd, is théid mise 'n urras gu'n robh ionndrainn mhòr air fad iomadh latha. Mus innis mi breug, cha 'n eil mi cinnteach có b'athair dha, no ciod bu shloinneadh dha ; ach ciod dheth sin ? An innis duine dhòmh-sa ciod bu shloinneadh do Abram no do na fàidhean ? Tha fhios aig an t-saoghal gu léir gu'n robh an duine ainmeil sin, Melchìsedec, gun mhàthair, gun athair 's gun sloinneadh; is an innis thusa dhòmhsa, ge eòlach thu am measg nan uaislean, ciod shloinneadh do 'n Rìgh a th' againn an dràsd fhéin ? 'S e mo bheachd fhéin nach robh sloinneadh aig Rìgh o'n a chaill sinn " Rìgh nan Gàidheal, Teàrlach Stiùbhart." Ach tha mi dol troimh m' naidheachd ; is fheudar tionndadh gu Lachann Faoin bochd. Bha e air an sgìreachd o'n is cuimhne leamsa, 's a' fuireach le Mòir Bharraich, aig an robh na h-uiread 'sa mhios o'n sgìreachd a chumail Lachainn seasgair, glan. Cha robh lòn Lachainn a' cosd mòran dhi ; agus idir cha robh e cur dragh air

fhéin ; oir cha robh tigh anns an sgìreachd nach tugadh tràth do Lachann. Bha Fear a' Ghlinne fuathasach math dha ; bha e toirt deise ùr agus paidhir bhròg do Lachann h-uile Samhainn ; agus cha robh seachdain nach robh Lachann a' taghal 'san Taigh Mhór. Dh' fhàs e cho bochail mu'n Taigh Mhòr, gu'n do bhuail e 'na inntinn gu'n togadh e fhéin tigh—tigh air am bitheadh turraidean àrda—gu math na b' àirde na 'n turraid a b' àirde air tigh Fir a' Ghlinne.

Nuair a bha'n latha fliuch no fuar gheibhteadh Lachann a' gabhail fasgaidh 'sa cheàrdaich, oir bha e fhéin agus an Gobhainn ro-mhór aig a chéile, agus cha 'n iarradh e ni b' fheàrr na bhi séideadh a' bhuilg. Latha bha sud, fhuair e cheàrdach falamh, agus dh' innis e an cagar do 'n ghobhainn gu'n robh e dol a thogail tighe—tigh mór le turraid a ruigeadh na speuran agus coileach gaoithe oirre.

" Glé cheart, a bhalaich ! " arsa an Gobhainn ; " 's ann tha thu gleusda. Is có tha ris a' chlachaireachd a dhèanamh ? "

" Cha 'n e sin tha cur dragh orm idir an drásd," arsa Lachann bochd, " ach c'áite 'm faigh mi coileach-gaoithe air son na turraid."

" Ma ta, bhalaich," arsa an Gobhainn, " cha 'n e h-uile fear a sheallas cho fada roimhe."

" Cha bhuidhinn mi clach," arsa Lachann, " gus am faigh mi 'n coileach-gaoithe."

" Ma ta, Lachainn," arsa an Gobhainn, 'ga chumail air a shaod 's e séideadh a' bhuilg dha, " tha thu cho comhstadhach a shéideadh a' bhuilg dhomh na'n d' fhuair mi trainge an Earraich seachad, 's ann is fheudar dhomh fhéin coileach-gaoithe a dheanamh dhuit, agus leigeil leat tòiseachadh air togail. Ach cha d' innis thu dhomh c'àite bheil thu dol a thogail an tighe."

" Innsidh mi dhuibhse an t-àite an cagar, ach cha 'n innis sibh do dhuine beò an iomachd, oir cha 'n eil anail

bheò ris an tigh fhaicinn gus am bi e réidh ; tha mi dol g'a thogail fo sgàile Thorr-a'-cheip, 's tha 'n coileach-gaoithe ri bhi dìreach cho ard ris an Tòrr—ruigidh mi air le dol air mo bheul, 's air mo shròin air bile na creige."

" Ma ta, a laochain, cha 'n innis mise facal mu'n chùis : agus cha 'n fhaic duine beò an tigh gus am bi e réidh, mar tha thu ag ràdh," fhreagair an gobhainn gu stòlda.

Cha robh an còrr mu'n chùis aig an àm ; ach an àm dùnadh na ceardaich, thuirt an gobhainn ri Lachann—" Thig thusa nall 'sa mhadainn a thoirt tacan air sèideadh a' bhuilg, agus mu'n tig am feasgar, cuiridh sinn troimh ar làmhan gach crann is cliath chliata a tha air urlar na ceàrdaich."

An ath mhadainn, bha Lachann bochd a' breabadh a chasan aig dorus na ceardaich mu'n robh a' ghrian ach a' faoisneadh as a mogull. Dh'fhuirich e leis a' Ghobhainn fad an latha, 's gun aige ach " faochadh gille 'ghobhainn : bho na h ùird gus na builg : " agus chum e'n Gobhainn ag obair gu dil rè an latha ; oir cha luaithe bheireadh an Gobhainn soc as an teine na sparradh Lachann coltar 'na àite ; agus b'eudar do 'n Ghobhainn a bhi èasgaidh, air neo bhiodh cuid dhiubh air an losgadh. Is e bh'ann aig crioch an latha gu'n tugadh lomadh math air ùrlar na ceardaich. A' dealachadh ri Lachann, thuirt an Gobhainn—" Cha chreid mi fhéin, a Lachainn, na'n robh aon latha eile againn nach fhaodamaid tacan a thoirt air a' choileach ghaoithe." Chuir so saod anabarrach air Lachann, agus gheall an duine bochd a bhi nall 'sa mhadainn nuair a shluigeadh e bhrochan.

Chaidh cùisean leis na fearaibh gu gasda an ath latha, gus an d'thàinig Dòmhnull an Achaidh mu mheadhon latha, le each 's le cairt làn de threalaich de gach seòrsa, a bha toil aige an Gobhainn a chàireadh gun mhòille. Cha do chòrd so idir ri Lachann bochd air bha fios aige nach biodh guth air a' choileach ghaoithe cho fad 's a bha'n trealaich so air ùrlar na ceardaich. An dèidh do Dhòmh-

null an Achaidh falbh, có thàinig a stigh ach seann Eóghan Ruadh ; Chunnaic e nach robh gean-math idir air Lachann, ged a bha e sèideadh a' bhuilg.

" An robh Dòmhnull an Achaidh a' tarraing conais asad, a Lachainn, nuair a tha thu cho neo-shunndach ? "

" Cha robh, ach dh' fhaodadh e fuireach aig an tigh leis an trealaich so gus an d' fhuair mise mo choileach-gaoithe."

" Do choileach-gaoithe : Dé 'n truaigh tha thusa dol a dheanamh le coileach-gaoithe ? " arsa Eóghan.

Chrom Lachann bochd a cheann is thàinig na deòir 'na shùilean. " An innis mi dha ? " arsa an gobhainn, " cha ghabh Eóghan diog air."

" Stadaibh, ma ta, gus an dùin mi dorus na ceardaich," arsa Lachann bochd.

Dh'innis an Gobhainn gu ciallach stòlda mu'n tigh a bha Lachann a' brath thogail.

" Ma ta " arsa Eóghan Ruadh gu coibhneil, " is bochd an gnothach gu'm feum cùisean seasamh gus an càirich an Gobhainn trealaich Dhòmhnuill an Achaidh. Fuirich ort, 'ille, tha fhios agamsa far am faigh thu coileach-gaoithe le sgiathan òir. Bithidh cuimhne aig a' Ghobhainn gu'n do bhuail an dealanach Eaglais an Torrain-Uaine an uraidh, is b' fheudar dhaibh an stìoball a leagail gus an anainn. Cha 'n eil iad dol 'ga thogail cho àrd an dràsda ; agus an aite coileach-gaoithe 's e crois a tha iad dol a chur air a mhullach. Tha an seann choileach-gaoithe aig Iain Bàn Clachair, is tha mi cinnteach, ma bhruidhneas an Gobhainn ris, gu'm faigh thu e ma thèid thu air a shon, a Lachainn."

" Tha thu ceart " arsa an Gobhainn. " Chi mise Iain Bàn Clachair an nochd fhéin aig Bòrd na Sgoile agus bruidhnidh mi ris. Thig thusa a nall 'sa mhadainn, a Lachainn, agus innsidh mi dhuit ciamar a chaidh dhomh. Cha 'n eil fhios agam nach ann a gheabh thu e am màireach fhéin."

Chunnaic an Gobhainn Iain Bàn Clachair, agus dh'innis e dha mar a bha e air a shàrachadh le Lachann Faoin, is e an geall air coileach-gaoithe.

" Matà, 's e làn a bheatha an coileach a bh'air Eaglais an Torrain-Uaine a thoirt leis, ma bheir e fhéin dachaidh e, cha leigeadh an leisg leam-sa a ghiùlan dachaidh. Cuir thu-sa Lachann air a shon am màireach, agus chi mise gu'm faigh e e."

Bha Lachann a' feitheamh a' Ghobhainn anns a' mhadainn, agus nuair chuala e gu'n robh e ri coileach-gaoithe eaglais an Torrain Uaine fhaotainn, cha bu ruith ach leum leis. Thog e air gu sùrdail air tòir a' choilich-ghaoithe ; gabh e rathad an fhraoich, is ràinig e an eaglais mu'n robh a' ghrian an àirde nan speur. Thug Iain Bàn Clachair an coileach-gaoithe dha, agus arsa esan ri Lachann, " Tha mi cinnteach gu'm faigh mi clachaireachd an tighe air son a' choilich-ghaoithe."

" Gheabh, gheabh, arsa Lachann, " ach chi sinn an toiseach ciamar fhreagras an coileach-gaoithe ; cha 'n eil duine ris an tigh fhaicinn gus am bi e réidh."

" Nach eil, nach eil," fhreagair an clachair. " Is fhada o'n a chuala mi ' Sealladh nach fhaic '—ach cha 'n fhaca mi fhathast e."

Thog Lachann air gu sunndach 's an coileach 'na achlais. Shuidheadh e an dràsd 's a rithis a leigeil analach, agus a bhruidhinn ris a' choileach. Ràinig e a' cheàrdach, ach cha rachadh e a steach gus an tug e sùil nach robh duine a steach ach an Gobhainn. Leig e fhaicinn an coileach do'n Ghobhainn, is e cho mór as fhéin is ged a gheibheadh e damh air adhairc.

" Nach ann a tha e grinn," arsa an Gobhainn. Cuin, a nis, a tha thu dol an cinnseal togaidh ? "

" Am màireach 'sa mhadainn," fhreagair Lachann gu foirmeil ; " bha mi bruidhinn ri Dùghall amadan, agus tha e tighinn leam moch 'sa mhadainn."

" An esan tha ri bhi leat ? " arsa an Gobhainn.

" Is e," arsa Lachann : " tha e cho fada 'sna casan."

" Tha, gu dearbh, ged nach eil e fada 'sa cheann," fhreagair an Gobhainn.

" Chì sibh-se an tigh nuair bhitheas e réidh,"

" Chi, chi," fhreagair an Gobhainn ; is dh'fhalbh Lachann dachaidh 's an coileach-gaoithe 'na achlais.

Thàinig an ath latha, 's an latha 'na dhéidh—ach cha d'thàinig Lachann a chòir na ceardaich. Bha an Gobhainn a' gabhail fadail nach robh e faicinn Lachainn, no a' cluinntinn ciamar a chaidh dha féin is d'a chompanach, Dùghall amadan. Bha a' mhadainn so fliuch, is có a shèap a steach do'n cheardaich ach Lachann. Thuit do'n Ghobhainn a bhi leis fhéin, agus thuirt esan ri Lachann. " Thig a steach, a laochain ; 's ann a bha eagal orm gu'n d'éirich sgiorradh dhuit. Tha mi cinnteach gu'n do chuir an t-uisge so stad air a' chlachaireachd."

Rinn Lachann bochd gàire faoin, agus arsa esan " Nach cuala sibh mar a dh'éirich do Dhùghall amadan ? Cha mhór nach do mharbh mi e," is rinn e gàire eile.

" Nach mi tha duilich air son Dhùghaill. Gabh t'ùine, is innis dhomh mar a dh'éirich dhuit o'n oidhche chaidh tu dhachaidh 's an coileach-gaoithe 'nad achlais, an tug thu an coileach a laidhe leat ? "

" Cha d'thug," fhreagair Lachann gu neo-chiontach. Cha leigeadh Mór Bharrach leam a thoirt fo'n aodach. Chuir i fo m' leapaidh e ; ach nuair a chuir i as an crùisgean, dh'éirich mise, chuir mi orm, mo bhriogais, is chaidh mi stigh fo'n leapaidh is chaidil mi leis a' choileach."

" Seadh," arsa an Gobhainn, 's e tarraing á Lachann. " Is cuin a thàinig Dùghall ? "

" Rinn e fead-ghlaic aig cóig uairean anns a' mhadainn ; dh'éirich mi 's thug mi leam an coileach, is chaidh mi fhéin is Dùghall gu Tòrr a' Cheip. Bha e car dorcha ; ach

chunnaic mi ged a bha Dùghall glé fhada 'sna casan, nach robh e idir cho àrd ri Tòrr a' Cheip."

'San do thill sibh dhachaidh ? " dh'fheòraich an Gobhainn gu stòlda.

" O, cha do thill," fhreagair Lachann. " Streap mise suas astar math, 's an coileach a'm làimh gus an d'ràinig mi sgeilp, agus an sin ghlaodh mi ri Dùghall clach-mhulaich na turraid a thogail agus a cur fo'n choileach-ghaoithe. Rinn Dùghall so, ach nuair a bha mise tighinn a nuas a chur na dàrna cloiche fo'n chloich a bha Dùghall a' cumail suas, dh'fhàs Dùghall sgith, is leig e as do'n chloich is thuit an coileach-gaoithe air cas Dhùghaill, is chaidh e buralaich dhachaidh."

" Is ciod a dh'éirich do'n choileach-ghaoithe ? " dh'fheòraich an Gobhainn.

" Thug mi dhachaidh e, 's tha e agam fo'n leapaidh."

" 'Snach eil thu dol a thogail an tighe idir ? "

" Tha 's mi tha ; ach toisichidh mi an ath uair aig bun Tòrr a' Cheip, is togaidh mi 'n turraid clach air muin cloiche gus am bi i cho àrd ri seilleanan Tir-Cheàrdaidh."

" Is dé cho àrd 's a bha sin, a Lachainn ? " dh'fheoraich an Gobhainn.

" Cho àrd 's nach cuireadh an diabhol saighead annta," fhreagair Lachann, is rinn e gàire. " Bha mi bruidhinn an diugh ri Iain Bàn Clachair, agus thubhairt e gu'n tigeadh e g'am chuideadhadh nuair a bhiodh ugh aig a' choileach Fhrangach."

" Bha sin glé laghach dha—feuch gu'n cum thu ri ghealladh e," arsa an Gobhainn.

Is iomadh fichead uair a dh' fheòraich Lachann bochd de 'n chlachair an robh ugh aig a' choileach Fhrangach, agus is iomadach leisgeul a bh' aig a' chlachair dha. Mu dheireadh, thuirt an clachair, is Lachann 'ga shàrachadh, " Tha eagal orm gur h-ann tha 'n coileach Frangach a' breith a mach. Dean thusa a bhuachailleachd, is nuair a

gheabh thu ugh coilich, théid mise leat gu togarrach a thogail an tighe."

Is iomadach latha fada, fuar a thug Lachann bochd a' buachailleachd a' choilich Fhrangaich, gus mu dheireadh, an do dhi-chuimhnich e gu buileach mu'n tigh a bha e brath thogail. Is ann goirid 'na dheidh so a chaochail Lachann.

Nis, their thu-sa, agus daoine glice eile, "nach b'e Lachann bochd a bha faoin." Tha mise ag ràdh riut gu'm bheil mòran dhaoine anns an t-saoghal so—seadh agus Comuinn cuideachd—a tha 'gam meas féin cho fada 'sa cheann is a bha Fionn 'sna casan, a tha ri obair a' cheart cho faoin is a bha Lachann ris—a' feuchainn ri tigh a thogail leis a' chloich-mhullaich a leagail an toiseach, an àite na cloich stéidh. Tha Lachann Faoin no dhà 'san t-saoghal fhathast; cha 'n eil teagamh nach aithne dhuit cuid dhiubh.

Is mise do charaid dìleas.

FIONN.

DA MHINISTEIR MAIDE.

LITIR A CEANN-AN-TUILM.

FHIR MO CHRIDHE,

Thoir dhomh do làmh aon uair eile. Is fhada o'n dà latha sin. Na bitheadh eagal ort gu'm bheil mi dol a thòiseachadh air na leisgeulan. 'S mi nach eil. Is fior an sean-fhacal, 'Cha leigheis bròn breamas,' ged nach abair mi nach eil firinn anns an ràdh, 'Thig math á mulad.' Ged nach robh thu faotainn fios á Ceann-an-tuilm cha bu mhòr do chall, oir 'Is math an naidheachd a bhi gun naidheachd,' agus gus a so fhéin cha robh ni ùr no annasach ag gabhail àite anns an sgìreachd, ré an t-Samhraidh. Ach

a mhic chridhe! ma bha sinn sìtheil, sàmhach roimhe so cha 'n ann mar sin a tha sinn a nis; 's ann a tha 'n sgìreachd air ghoil, a' toirt am chuimhne Coire-bhreacain. Cuiridh mi mo bhoineid ùr an geall ('s cha 'n e gu'm bu mhath leam a call) nach tomhais thu ciod is aobhar do'n bhuaireas so a tha cur campar air gach darna duine 's an sgìreachd, 'An galar 'sa bhuntàta.' Taing do 'n Fhreasdal cha 'n è. "Pòsadh mac Eòghain Chiotaich ri Màiri Chaluim Chrotaich." Cha 'n è idir, ged a bha uair 's chaidh gu leòir a ràdh mu 'n phòsadh neònach sin; ach chuir Calum Ruadh a' chlachmhullaich air a' ghnothach nuair a thubhairt e, "Ma phòsas mac an fhir chiotaich nighean an fhir chrotaich ciamar a nis a bhios an t-isean, ach gu misgeach, ciotach, crotach?" Coma leat cha 'n è sin is aobhar seanachais aig an àm so ach na ministeirean. Tha dhà no trì dhiubh am beul an t-sluaigh an dràsd agus théid mise 'n urras gu'm faod an cluasan a bhi teth. Tha beachd agad gu'n do chaochail am Ministeir Mòr a bha 'san Tom-uaine, deireadh an Earraich. Mo bheannachd leis! B'e sin an duine còir. Is math a bha fios agamsa nach bitheadh e furasda fear fhaotainn a lìonadh 'àite, agus tha bhlàth 'sa bhuil sin air cùisean an diugh. Ré an t-Samhraidh cha robh Dòmhnach nach robh 'Rìgh ùr air a' chathair,' mar a b' àbhaist dhuinn a ràdh anns a' chluich,—sgaoimire ùr anns a' chrannaig, gun fhios có bu leis e, no cia as a thàinig e; ach 's mòr m' eagal gur e

"Beannachd Chaluim Ghobha leat—
Ma thogair gar an till thu,"

a fhuair neart aca, agus cha 'n eil iongantas orm dhe sin. A nis ged nach toigh leam fhéin a bhi tabhairt breith air daoine airson an coltais,—mar a bha Eachann Mór ag ràdh. 'A' faotainn coire do dh'obair a' Chruthachaidh,' cha 'n abair mi nach math leam duine sultmhor mar mhinisteir, fear a lìonas a' chrannag; ach 's iad sud fir cho meanbh

's a chunnaic mo dhà shùil riamh ; am bheil ach an troich-lean bochd anns an fhear is coltaiche dhiubh. Cha robh ach an fhìrinn aig Seumas Og nuair a thubhairt e, " Sìochairean gun mhath gun rath, frabhas gun fhiach, dhìrinn a' Bheinn Mhòr 's am fear is fheàrr dhuibh air mo mhuin." Ach cha 'n e an coltas idir cuid is miosa. Droch Ghàidhlig aig an dàrna fear, 's droch Bheurla aig an fhear eile, agus a' h-uile h-aon diubh cho leibideach 's a chuala tu riamh ; an àite an darna fear a bhi na 's *fearr* na 'm fear eile, 's ann a tha 'n darna fear na 's *miosa* na 'm fear eile. Coma leat chaidh ' seotachan ' is ' tapachan ' a dheanamh de na chuala sinn agus cha 'n eil againn a nis ach ar roghainn de dhithis a ghabhail. Tha fhios agam gu'm bi iongantas ort nuair a chluinneas tu có iad so.

Tha fear dhiubh á Muile, ged is ann an I a rugadh e,— Dùghall Phara-nan-corp ; agus Nì-Math 'ga chuideachadh, Iain Chaluim, mac do Sheònaid-nan-uighean a bha 'san Oban Lathurnach. Nis tha 'n sgìreachd gu léir air a roinn mu'n dà ghiollan so, gus am bheil daoine a bha 'nan dlùth chàirdean air fàs 'nan dian naimhdean, agus cha 'n eil fear a thachras ort nach eil 'g a mheas féin làn chomasach air an fhear is feàrr a thaghadh, ma tha feàirrd orra. Ma théid thu do mhuilleann no do cheàrdaich cha chluinn thu guth air ni ach ministeirean an Tuim-uaine, agus tha daoine nach do chuir dragh air Eaglais o'n is cuimhne le duine, ann an teas na còrspaid, mar a tha Calum Braoisgeach nach robh an Eaglais o'n a chaidh a bhaisteadh, ma chaidh riamh uisge air 'aodann, 's gu dearbh cha 'n eil móran d' a choltas air. Thuit dhomh a bhi 'sa Cheàrdaich an latha roimhe 's co thàinig a stigh ach Eachann Ruadh agus Para Mòr. Is gann a fhuair sinn fàilte chur air a chéile nuair a thòisich an consachadh mu na ministeirean. Feumaidh tu a thuigsinn nach buin an Gobhainn do dh' Eaglais na sgìreachd, ach tha e na dhuine geur, cùiseil, agus dh' fheòraich mi fhéin deth ciod a bheachd air na

ministeirean òga a bha fa chomhair an t-sluaigh. "Cha 'n eil" ars esan, "ach 'a' bharail a bh' aig a' bhroc air a ladhran, barail bhochd.' Tha 'Dùghall cho math ri Iain, agus Iain cho math ri Dùghall,' cha 'n eil ann am fear air bith dhiubh ach an 'daor dhrolabhan,' mar a thuirt Niall Neònach ri reul na smùide a bh' againn am bliadhna, nuair a bha daoine 'ga coimeas ris an tè mhòir a bha ri fhaicinn fhichead bliadhna an ama so." "An e sin do bharail orra," arsa Eachann Ruadh, "shaoil leam gu'm bitheadh taobh blàth agad ri d' fhear-dùthcha." "Na'm b' airidh air e bhitheadh," arsa an Gobhainn, "ach ge nàrach ri ìnnseadh e, cha 'n eil Gàidhlig fhéin aige. Is fhada o'n a chuala mi 'Sasunnach a mhuinntir Mhuile,' ach cha 'n fhaca mi gus a' so e." "Is rìgh am Muileach làmh ris an Lathurnach," arsa Para Mòr. "Cha 'n eil mi cho cinnteach as a sin," ars Eachann, "an cuala tu fhéin riamh fear is miosa leughas am Biobull na 'm Muileach." "Dé tha ceàrr air an leughadh aige?" fhreagair Para Mòr. "A dhuine, dhuine, nach tu a chaill do chluasan 's do thuigse," arsa Eachann; "am bheil cuimhne agad air an t-searmoin a thug e dhuinn air 'dà ré gun ghoid' an àite 'da reithe gun ghaoid' (Ecsodus, xxix-i). "Tha gu math," fhreagair Para Mòr, "ach thuig a h-uile duine ciod a bha 'n a bheachd; ach ciamar thug an Lathurnach a mach an rann ud anns an dara-salm-deug thar an fhichead? "Na bi mar Mhuileach, no mar each," an àite 'muileid.'" "Ghabhainn a leisgeul air a shon sin," arsa Eachann, "bu mhath a laigh e air a' Mhuileach, ach tha bhochdainn uile air an Lathurnach anns a' Bheurla; tha Seònaid Ghòrach cho math ris." "Cha b' uilear ach dhuitse bruidhinn mu Bheurla, 's gun agad dhi na dh' iarradh deoch-an-uisge," fhreagair Para Mór. "Am bheil beachd agad air an latha a bha 'm Muileach a' bruidhinn air Iònah," arsa Eachann, nuair a theirig a' Ghàidhlig 's a thug e dhuinn an colamadh mosach?—'A! mo chàirdean,' arsa

esan, 'nuair a bha Iònah ann am brù na muice-mara cha robh e idir seasgair, oir bha, mar their sinn 'sa Bheurla *stagnant water* 'na broinn.' Nis nach bu bhòidheach a' chainnt sin á beul ministeir ? " " Thuigeadh daoine sin," arsa Para Mòr, " na's feàrr na Bheurla Mhòr a chluinneas sinn aig cuid ; ach 's fhada mu'n urrainn do d' charaid-sa móran d'a Bheurla a sheachnadh do mhuinntir na Gàidhlig."

Cha d' éisd mi ri tuille, ach chuala mi 'n déidh laimh gu'n do theab na seòid leum air a chéile mu na ministeirean. 'S ann mar so a tha cùisean anns gach oisinn de'n sgìreachd. Cha 'n eil fhios agad cò a chreideas tu na cò as a dh' earbas tuas, mar a bha Niall Neònach ag ràdh " Cha'n fhaod thu earbsa chur ann an duine beò, *even* eadhoin do bhràthair fhéin." Nach bochd an gnothach gu'm feum daoine a bhi strì 's a' cònasachadh mu chùisean de 'n t-seòrsa so, agus gu 'n tòisich iad air bàrdachd a sgrìobhadh mu na gnothaichean ud. Nach eil 'hùg ó ' aca air òran mu'n Mhuileach bhochd,—so agad rann no dhà dhe—

O, dhuine thàin' á Muile,
O, dhuine thàin' á I ;
O, dhuine thàin' á Muile,
Fuirich ann ad eilean fhìn.

Mur dean thu searmoin gun am paipear,
B' fheàrr dhuit a bhi' n arm an Rìgh,
O, dhuine thàin' á Muile, etc.

B' fheàrr dhuit a bhi 'g iasgach bhradan,
Seadh no sgadan an Loch-fin'.
O, dhuine thàin' á Muile, etc.

Sasunnach a' tigh'nn á Muile—
Leth-na-dunaich air an tìr !
O, dhuine thàin' á Muile, etc.

Cha 'n eil fios aig duine ciamar a théid cùisean, ach cha sheas an strì so fada ; agus cò air bith a gheabh àite a' Mhinisteir Mhòir cha bhi farmad agam ris, oir cha bhi e furasda dha dol am measg an t-sluaigh. Cha 'n eil mise ag ràdh gu'm bheil na ministeirean òga uile air an aon ruith, chionn tha fhios agam air atharrachadh. Is aithne dhomh na h-uiread dhiubh tha glé ghleusda an dà chuid ann am Beurla agus ann an Gàidhlig.

Gabh mo leisgeul aig an àm so, agus cha'n abair mi nach cluinn thu uam gu goirid a rithist. Tha sinn uile beò slàn. Ag guidhe d' fhaicinn slàn, is mi do charaid dìleas.

FIONN.

Oidhche Shamhna, 1881.

FAR AM BI AN TOIL BIDH AN GNIOMH.

RUAIRIDH MOR.—Madainn mhath dhuit, a Cholla ; tha toil agam turas a ghabhail an diugh, agus thàinig mi a dh' iarraidh tacain d' an làir bhàin agad.

COLLA BAN.—Gheabhadh tu sin le deadh dheòin agus le m' uile chridhe, ach tha agam fhéin ri dol an mhuileann air tòir mine do 'n mhnaoi.

RUAIRIDH.—Cha 'n eil am muileann a' dol an diugh ; chuala mi fhéin am muillear ag ràdh gu'n robh an t-uisge ro iosal.

COLLA.—Is ceàrr an gnothach sin. Feumaidh mi falbh do 'n bhaile-mhargaidh cho luath 's is urrainn domh, oir chuireadh mo bhean a mach as an tigh mi na 'm biodh an geàirneal falamh.

RUAIRIDH.—Caomhnaidh mise an dragh sin duit, oir tha pailteas mine agam ; bheir mi dhuit an coingheall na

chuireas seachad sibh gus an atharraich an t-sìd, agus am bi uisge ann air son a' mhuilinn againn fhéin.

COLLA.—Cha chòrdadh a' mhin agadsa ri m' mhnaoi-sa ; tha i ro dhuilich a toileachadh ann am min.

RUAIRIDH.—Biodh i cho àilleasach 's a thogras i, còrdaidh i rithe ; nach ann bhuait féin a cheannaich mi an sìol, agus thuirt thu rium nach robh na b'fheàrr riamh agad.

COLLA.—Ma's ann bhuamsa a fhuair thu an sìol feumaidh e bhi math ; cha robh droch shìol riamh am shabhal. Cha 'n eil duine air an t-saoghal, fhir mo chridhe, do 'm bu luaithe a nochdainn coibhneas no do'n deanainn comhstadh na dhuit fhéin ; ach dhiùlt an làir bhàn a ceannag fheòir an diugh 's a' mhadainn, agus is mòr m' eagal nach eil i comasach air falbh leat.

RUAIRIDH.—Na biodh eagal ort ; bheir mi fhéin dhi gu leòir de shìol air an rathad.

COLLA.—Tha choltas air an latha a bhi ceòthar ; bidh an rathad sleamhainn, agus cha 'n eil fhios agam nach rachadh tu fhéin agus an làir as an amhaich.

RUAIRIDH.—Cha 'n eagal dhuinn ; tha an làir bhàn math a chumail a cas—thoir a mach i.

COLLA.—Nach mi-fhortanach an gnothach gu'm bheil an diollaid air dol á sgaid ; agus tha an t-srian air falbh 'ga càireadh.

RUAIRIDH.—Tha an dà chuid diollaid agus srian agam fhéin.

COLLA.—Cha fhreagair do dhiollaid-sa do 'n làir bhàin.

RUAIRIDH.—Mur freagair gheabh mi coingheall diollaid Iain Thòmais.

COLLA.—Cha fhreagair diollaid Iain Thòmais na 's fheàrr na do dhiollaid fhéin.

RUAIRIDH.—Théid mi a suas do 'n tigh-mhòr ; is aithne dhomh fhéin an gille-stàbuill, agus tha fhios agam gu 'm faigh mi té am measg nam ficheadan a tha an sin a fhreagarras do 'n làir bhàin.

COLLA.—Cha 'n eil teagamh nach fhaigh, a charaid; cha 'n eil duine fo 'n ghréin do 'm bu deise mi gu comhstadh a dheanamh na thu féin, agus gheabhadh tu an làir bhàn le m' uile chridhe, ach cha deachaidh cìr air a gathmuinge o chionn mios, agus na 'm faiceadh daoine i anns a' bhaile mar tha i, bheireadh e a nuas a prìs gu mòr na 'n rachainn 'ga reic.

RUAIRIDH.—Cha 'n fhada ghabhas duine a' cur eich an òrdugh. Ni an sgalag agam fhéin a h-uidheamachadh ann am beagan ùine.

COLLA.—Cha 'n eil teagamh air sin, ach ma 's math mo chuimhne tha i am feum a cruidheidh.

RUAIRIDH.—Cha 'n eil a' cheàrdach fad as.

COLLA.—An e gu 'n leiginn-sa leis a' ghobhainn mhòr an làir bhàn a chruidheadh! Cha 'n earbainn m' asail ris. Cha leig mi le gobhainn sam bith ach fear an Tuimuaine an làir bhàn a chruidheadh.

RUAIRIDH.—Nach fortanach gu'm bheil agam ri dol seachad air dorus na ceàrdaich sin; gheabh mi a cruidheadh 's an dol seachad.

COLLA (*Agus e a' faicinn a ghille-stabaill aig ceann an t-sabhail*).—An cluinn thu, Iain.

IAIN.—Tha mi a' cluinntinn; 'd é b' àill leibh? (*Agus e a' tighinn a dh' ionnsuidh a mhaighstir*).

COLLA.—So agad Ruairidh Mór ag iarraidh coingheall d' an làir bhàin; tha fios agad gu'm bheil creuchd air a druim cho mór ri m' bhois. (*Chaog e ri Iain*). Seall an do leigheis i. (*Thuig Iain ciod a bu chiall do'n chaogadh agus dh' fhalbh e*). Tha mi a' smuaineachadh gu 'm bu chòir do 'n chreuchd a bhi slàn a nis. Tha mi toilichte gu'm bheil e am chomas comhstadh a dheanamh dhuit; feumaidh daoine a chéile a chuideachadh anns an t-saoghal so. Is briagh leam fhéin daoine fhaicinn càirdeil agus comhstach. Na 'n do dhiùlt mi thu an toiseach theagamh gu'n deanamh tusa a' cheart leithid ormsa aig àm eile.

Tha mise de nàdur cho soirbh nach urrainn domh caraid a dhiùltadh. (*Iain a' tilleadh as an staball*). Am bheil a' chreuchd air leigheas ?

IAIN.—Air leigheas ! Cha bhi craiceann slàn oirre an ceann mios. Thuirt sibhse gu 'n robh an lot mu mheud ur boise ; cho mòr ri beantaig a bu chòir dhuibh a ràdh. Cha chuir an làir bhàn cas foidhpe air a' mhios so.

COLLA.—Tha mi ro dhuilich, a charaid, gum bheil gnothaichean mar tha iad, oir bheirinn an saoghal air son do sheirbhiseachadh aig an àm so ; ach tha thu fhéin a' faicinn nach eil e am chomas.

RUAIRIDH.—Tha mi ro dhuilich a chluinntinn air do sgàth fhéin. Bha litir agam bho 'n àrd mhaor-choille ag iarraidh orm tighinn a stigh do 'n bhaile 'na choinneimh ; tha e dol a shuidheachahd gearradh na coille orm. B' fhiach so cuid mhath dhòmhsa, agus bha mi an dùil a' chairteireachd a thoirt duitse, agus b'fhiach sin leth do mhàil dhuit ; ach—

COLLA—Leth mo mhàil ! a dhuine chridhe !

RUAIRIDH.—Theagamh tuilleadh is sin ; ach bho nach urrainn duit an làir bhàn a thoirt dhomh is feàrr domh tadhal air Iain Mòr a dh' fheuchainn an toir e dhomh an t-each glas.

COLLA.—Nàraichidh tu mise ma ni thu sin ; stad, stad, agus gheabh thu an làir bhàn. An e gu 'n diùltainn an caraid is fheàrr a th' agam !

RUAIRIDH.—Ciod a ni thu air son mine do'n mhnaoi ?

COLLA.—Tha 'sa gheàirneal na dh' fhòghnas dhi gu ceann ceithir là deug fhathast.

RUAIRIDH.—Ach nach eil do dhiollaid á sgaid ?

COLLA.—Is i an t-seann té a tha mar sin. Tha té ùr agam air nach do shuidh duine riamh, agus gheabh thu a' chiad latha dhi le m' uile chridhe.

RUAIRIDH.—An cruidh mi an làir bhàn aig ceàrdach an Tuim-uaine anns an dol seachad ?

COLLA.—Cha robh cuimhne agam gu 'n d' fhuair mi a cruidheadh aig a' ghobhainn mhòr a dh' fhaicinn ciod an dreach a chuireadh e oirre, agus, a dh' innseadh na firinn, rinn e an gnothach na b' fheàrr na shaoil mi a dheanadh e.

RUAIRIDH.—Nach d' thuirt Iain riut gu 'n robh creuchd air a druim cho mòr ri beantaig ?

COLLA.—Cha 'n eil annsan ach an t-abharsair breugach. Cuiridh mi geall nach eil a' chreuchd na 's mò na ionga d' òrdaig.

RUAIRIDH.—Feumaidh i a cìreadh co dhiubh ; nach d' thuirt thu nach deachaidh cìr oirre o chionn mios ?

COLLA.—Mu thruaigh an gille-stàbaill mur cìreadh e i na h-uile latha !

RUAIRIDH.—Thoir dhi siol, ma ta ; nach do dhiùlt i a boitean maidne ?

COLLA.—Ma dhiùlt is ann bho 'n fhuair i gu leòir de shìol. Na biodh eagal ort ; falbhaidh i mar a' ghaoth. Tha an rathad math ; cha 'n eil coltas uisge no ceò air. Turas sàbhailte dhuit, agus soirbheachadh math dhuit fhéin agus do 'n mhaor-choille. Tog ort ; leum a suas !

AM FEAR A GHOID A' MHUC.

Bha ochd teaghlaichean a' fuireach anns a' Chlachan ri m' chiad chuimhne-sa. 'Nam measg so, bha Seumas Gobhainn, duine dàicheil, pongail, aig an robh bean bheag agus teaghlach mòr ; Calum Tàillear, seana-ghiollan cridheil, gleusda—òranaiche fonnar, agus fìdhleir barraichte—'na làn dhearbhadh air firinn an t-sean-fhacail—" Ciad tàillear gun bhi sunndach ; " Dùghall Ruadh Greusaiche, duineachan geur, sgairteil, gu math fada 's a' cheann ;

's cho làn phratan is feala-dhà 's a tha 'n t-ugh dhe'n bhiadh. Ged a bha ceum-crùbaich an Dùghall,

" Bha aigne cho reachdmhor ri breac ann am bùrn,"

agus bha e cho lùthmhor, làidir, ri duine gun ghaoid gun ghalar. Na 'n robh Dùghall cho teòm' air na *bròg*an 's a bha e air na *breugan*, dh' fhòghnadh sin, oir bhiodh neach gu math fada air a chur chuige air son " ciad greusaiche gun bhi breugach," a stiùradh a cheum an taobh a bha Dùghall Ruadh. Ach, mar a thuirt Seumas Mòr, " Tha na 's miosa na Dùghall ri fhaotainn, na 'n robh fhios c'àite 'm faighear iad." Bha aon fhear eile anns a' Chlachan air am feum mi iomradh a thoirt agus cha b'e bu chòir a bhi air dheireadh. Is e so Donnachadh Tiorram, dreangan de bhodachan crion crosda, peallach, cho seòlta ris an t-sionnach, agus cho spìocach 's gu'n reiceadh e a sheanamhathair air bonn-a-h-ochd, mar a chì sinn mu'n tig crioch air mo sgeul. A thuilleadh air a' cheathairne so a dh' ainmich mi, bha beagan theaghlaichean eile anns a' Chlachan—daoine còire, cneasda, le òigridh shunndach, thapaidh, agus iad gu léir fialaidh, càirdeal, 'nan dòigh.

Ri m' cheud-chuimhne cha robh teaglach dhiubh so nach robh a' cumail muice ; agus bha e na chleachdadh ionmholta 'nam measg, an uair a mharbhteadh muc, gu'n robh sgonn math de'n mhuic-fheòil air a bhuileachadh air gach tigh ; agus leis nach robh teaghlach gun mhuic, bhiodh iad uile air an aon ruith aig ceann na bliadhna, chionn bha sùil gu'n deanadh gach neach na àm féin, mar a rinn a choimhearsnach air thoiseach air.

Bliadhna bha sud—ma 's math mo bheachd is i a' bhliadhna thàinig an galar 'sa bhuntàta—cha robh e comasach do 'n chuid a bu mhò de na coiteirean muc a chumail, leis mar a ghrod am buntàta, agus cha robh ach ceithir mucan ri fhaotainn 'sa Chlachan. Bha té aig Dùghall Ruadh ; té aig Donnachadh Tiorram ; té aig Calum

Tàilleir ; agus seòrsa do mhuic-bhioraich gun earball, aig Seumas Gobhainn. Mar a bha bhochdainn 'sa chùis, bhàsaich muc an Tàilleir leis a' ghort, agus air madainn Latha Nollaig, bhàsaich muc bhiorach a' Gobhainn, le galar a' mhairt a bha 'm Port-Ascaig—"Am fuachd 's an t-acras còmhla." Cha robh, mar so, a nis ach dà mhuic 'sa Chlachan—té Dhùghaill Ruaidh agus té Dhonnachaidh Thiorraim. Mu'n Fhéill-Brìghde bha gach buntàta-carrach a bh' aig Donnachadh Tiorram a' fàs gann, 's mar bu dual, bha mhuc a' fàs reamhar. Chuireadh e a' chorc innte latha air bith, ach bha e ann an iomagain chruaidh ciamar a gheibheadh e thairis air an t-seana-chleachdadh a dh' ainmich mi. Cha robh toil idir aige a' mhuc a roinn air teaghlaichean a bha eu-comasach air a' phàigheadh air ais, ach bha eagal air mur cumadh e suas an seana chleachdainn mar bu nòs, gu 'n abradh daoine, gu'n robh e spìocach, neo-chàirdeil—rud a bha.

Bha e cho crìon cruaidh, 'na dhòigh 's gu 'n robh roinn na muice a' dol eadar e 's a chadal—bha i air inntinn ré an latha 's 'na aisling ré na h-oidhche. Cha robh madainn nach ruigeadh e fail na muice ; dh' amhairceadh e oirre gu geur 's thilleadh e dhachaidh. Madainn a bha sud, leum e fail na muice 's dh' fheuch e ri h-aisnean a' chunntas ; ach leis an t-saill a bh'air a' bhéisd cha'n amaiseadh e ach air a dhà no trì. " Th'air leam," arsa esan 's e bruidhinn ris fhéin, " gur e trì aisnean a b' àbhaist do gach teaghlach fhaotainn. Cha 'n eil fhios cia meud aisne a tha ann am muic ? Tha e agam a nis ; tha beachd agam air Paranan-each a bhi 'g ràdh gu'n robh suaip mhòr aig taobhstigh muice ri taobh-stigh duine " ; 's le so a ràdh, leum e mach á fail na muice ; dh' fhosgail e bhroilleach agus thòisich e air aisnean féin a chunntas gu stòlda. Dh' amais e air dusan air gach taobh. " Ma gheabh seachd teaghlaichean " arsa esan, " trì aisnean an t-aon, bidh an sin aisne-air-fhichead. Mo chreach 's mo sgaradh !

bheir sin bhuam an tromlach de'n mhuic. Gu dearbh b'e sin e! dol a thoirt seachad an rud ris nach urrainn sùil a bhi agam air ais—'s mi nach bi cho gòrach! Théid mi's gabhaidh mi comhairle a' ghreusaiche; bidh e fhéin 'sa cheart chur-chuige gu goirid." Thog e air gu tigh Dhùghaill Ruaidh, agus 's ann a bha e coltach ri fear air an robh na maoir an tòir—dh'amhairceadh e air gach taobh an dràsd 's a rithist, 's an sin bheireadh e sùil thar a ghualainn, feuch an robh duine air a luirg—mar thuirt an sean-fhacal, "tuigidh gach cù a chionta"—gus ma dheireadh, an d' ràinig e Dùghall Ruadh, 's leig e ris rùn a thurais. Ged e dh' fheuch e ri snas na fìrinn a chur air a' bhrèig thuig Dughall Ruadh an seud a bh' aige gu math, agus chuir e roimhe gu 'm biodh an spìocaireachd daor do Dhonnachadh Tiorram. "'S mi tha toilichte gu'n d' thàinig thu," arsa Dùghall; "tha mi faicinn gu soilleir nach bi ann ach gòraiche dhuinne aig am bheil mucan, an fheòil a roinn orrasan a the gun mhuic. Bha an riaghailt math gu leòir cho fada 's a bha muc aig gach teaghlach, ach dh' fhalbh sin is thàinig so, agus tha e mar fhiachaibh air gach duine a bhi dluigheil, cùramach m' an cuid féin. Air eagal 's gu 'n abair daoine gur e an cruas 's an spìocaireachd a thug ort an t-seana chleachduinn a leigeil gu tur air dhì-chuimhn', feumaidh sinn seòl a dheanamh air a' mhuc a chur as an rathad an latha théid a marbhadh." "Cuiridh mi 'falach i," arsa Donnachadh Tiorram, "agus their mi gu 'n deachaidh a goid." "A cheart nì," arsa Dùghall Ruadh; "nach tu tha fada 'sa cheann! Gheabh mise mo sgonn féin de'n mhuic àm sam bith." "Gheabh, gheabh," arsa Donnachadh Tiorram. "So agad mar théid thu mu'n chùis," arsa Dùghall Ruadh; "crochaidh tu closach na muice ann an tigh-nan-cairtean ré na h-oidhche; aig beul an là éirich agus cuir falach i, agus bòidich gu 'n deachaidh a goid á tigh-nan-cairtean." "Fòghnaidh sin a Dhùghaill," arsa Donnachadh Tiorram, "'s tu fhéin gille-

nan-car ; nach sinn a thachair air a chéile ! Bho 'n fhuair mi an gnothach so socraichte a réir mo mhiann, cha bhi saoghal na muice fada a nis, 's bidh i againn uile dhuinn fhéin—" Is feàrr eun 's an làmh na dhà air iteig." Slàn leat a Dhùghaill ; leigidh mi fios dhuit nuair a mharbhas mi a' mhuc."

Is gann a bha Donnachadh Tiorram a mach air an dorus nuair a thòisich Dùghall Ruadh—crùbach 's mar bha e —air Righle Thulachain a dhannsadh, gus an do theab e e-féin a chur as an amhaich am measg na bha do chip 's do sheana-bhròg an air an ùrlar ; oir bha de bhròg an air ùrlar Dhùghaill a' feitheamh càraidh, gu 'n saoileadh tu gu 'n robh ceithir chasan air a h-uile duine 's an sgìreachd. " Mac an fhir ud," thuirt Dùghall, an déidh dha dol troimh cheithir-chuir-fhichead Righle Thulachain, " creanaidh esan air a spìocaireachd ma bhois Dùghall Ruadh beò gu Diluain so tighinn, rud a bhitheas. Théid mise 'n urras gu 'n tuig Donnachadh Tiorram ciod is ciall do bhi call nam boitean agus a' trusadh nan siobhag. 'S fheudar dhomh Calum Tàilleir fhaicinn mu 'n gnothach so."

An uair a bha 'obair latha seachad, thog Dùghall Ruadh air gu tigh Chaluim Thàilleir, 's dh' innis e dha mar a bha cùisean a' seasamh. " An cealgair dubh," ars' an Tàillear. " tha mi tuigsinn a nis ciod am feum a bh' aige air mo chrios-tomhais an latha roimhe, na 'n robh fhios agamsa gur ann a' dol a thomhas na muice a bha e le m' chrios cha d' fhuair e òirleach dhe ; ach, fuirich ort—bidh ' car eile an adharc an daimh ' 's 'car ùr an Righle 'bhodaich ' ma 's fhiach sinne ar brochan, a Dhùghaill." Gun tuilleadh air no dheth, shocraich na seòid gu 'm bruidhneadh iad ri dhà no trì do dh' òigridh a' Chlachain agus gu 'n goideadh iad muc Dhonnachaidh Thiorraim á tigh-nan-cairtean.

Thàinig Di-luain ; mharbh Donnachadh Tiorram a' mhuc, chroch e i an tigh-nan-cairtean, agus chuir e fios a dh'

ionnsaidh Dhùghail Ruaidh mar a gheall e. An déidh beul na h-oidhche, thàinig Dùghall Ruadh an taobh a bha Calum Tàilleir, agus goirid as a dhéidh, thàinig na seòid a bha ri dol leò a ghoid na muice, 's iad cho àrd-inntinneach agus toilichte 's ged a bhiodh iad dol gu banais. Nuair shaoil leò Donnachadh Tiorram a bhi 'na shuain chadail, thog iad orra gu sèimh, socair, ghoid iad a' mhuc á tigh-nan-cairtean 's thug iad i gu tigh an Tàilleir, " Ciod a ni sinn ris a' bhéisd mhòir, reamhair ? " arsa Seumas Gobhainn. " Ciod " arsa an Tàillear, " ach a roinn air muinntir a' Chlachain mar is còir. Mur leig an spìocaireachd le Donnachadh Tiorram an t-seana chleachdainn ionmholta a chumail air aghaidh, ni sinn e ge b' oil leis." " Glé mhath," arsa Dùghall Ruadh ; " cha 'n eil beul 'sa Chlachan nach gabh dùnadh le slios de mhuic-fheòil. Moire, 's math a laigheas i air cuid aca an dràsd fhéin, 's an t-annlann cho gann." " Tha thu ceart," arsa Seumas beag-nam-breug, " 's math an glomhar aisne de mhuic mhòir Dhonnachadh Thiorraim." Cha robh tuilleadh air ; chaidh closach na muice a ghearradh 'n a piosan agus a roinn an oidhche sin fhéin air teaghlaichean a' Chlachain, agus an earaileachadh gun diog a ghabhail orra gu 'n d' fhuair iad a leithid. Nuair a bha a' mhuc roinnte, chaidh na seòid dhachaidh gu modhail, sìobhalta.

Aig bristeadh fàire, mu 'n do bhlais an t-eun an t-uisge, dh' éirich Donnachadh Tiorram agus a mhac, a chur na muice am falach, mu 'm biodh duine 'sa Chlachan air an cois. Ged a bha mac Dhonnachaidh a h-uile buille cho crion, spìocach ri 'athair, cha robh e idir toilichte a bhi air a dhùsgadh am meadhon na h-oidhche mar so, 's ged a dh' éirich e cha robh e idir fonnmhor. Nuair a dh' fhosgail iad dorus tigh-nan-cairtean cha robh a' mhuc ri fhaicinn. " Leith na Truaigh ! " arsa Donnachadh Tiorram, " Thàinig an fheala-dhà gu da-rìreadh—tha mhuc air a goid gun teagamh. Co air an t-saoghal a dheanadh so ? " " Nach deanadh na ceàird a tha 's an Uaimh Mhòir," arsa Donn-

achadh òg ; " cha 'n e h-uile latha a gheabh iad cothrom cho math." " Clann an fhir ud ! " arsa Donnachadh Tiorram, " bheir mise orr' e "—'s shìn e as gu Uamh-nan-ceàrd, a bha mu leth-mhìle air falbh, 's bha leis gu 'n robh fàile cùbhraidh muic-fheòil ròiste air a ghiùlan air oiteig na maidne. Nuair a ràinig e 'n uamh 's e 'na fhuil 's 'na fhallus, cha robh aige ach ' an gad air an robh an t-iasg ' —cha robh ceàrd no bana-cheàrd ri fhaotainn air ùrlar na h-uaimh—'s b' fheudar dha tilleadh dhachaidh mar a thàinig e—gu muladach, aimhealach. Cha b' fhada gus an do ràinig e Dùghall Ruadh. " Am bheil thu gu cridheil an diugh, a Dhonnachaidh," arsa Dùghall Ruadh. " S mi nach eil," arsa Donnachadh Tiorram ; " nach deachaidh a' mhuc a ghoid." " Sin thu, Dhonnachaidh, cum thusa sin a mach," arsa Dùghall. " Air m' fhacal, gu 'n deachaidh a goid," arsa Donnachadh.

DUGHALL.—" Sin thu rithist ; bòidich thusa sin 's creididh daoin' thu."

DONNACHADH.—"Air m' fhacal fìrinneach, gu 'n deachaidh a goid."

DUGH.—" Dhuine, dhuine, 's briagh théid agad air cuirmar-fhiachaibh ; fhaic thu, chreidinn fhéin do sgeul mur biodh fhios agam air atharrachadh."

DONN.—"An e nach eil thu 'gam chreidsinn ! Cho cinnteach 's a tha mi beò gu 'n deachaidh a goid."

DUGH.—" Nach briagh nàdurra thig na breugan duit ; cum thusa sin a mach 's creididh a h-uile duine thu."

DONN.—" Nach neònach, thu, a Dhùghaill. Cho fìor ris a' bhàs gu 'n deachaidh a' mhuc a ghoid—leis na ceàird."

DUGH.—" Nach briagh a laigheas a' bhreug air na ceàird —co nach creid thu nis—cha 'n eil teagamh nach robh ceàrd no dhà mu ghoid na muice."

DONN.—" Cha 'n eil feum a bhi bruidhinn riutsa, cha chreid thu an fhìrinn—smior na fìrinn. Latha math dhuit."

Le so a ràdh, dh' fhalbh Donnachadh Tiorram dachaidh,

's cha robh e idir toilichte. Chunnaic e nach robh feum a bhi bruidhinn ris a' ghreusaiche mu ghoid na muice, 's ged nach do leag e riamh amharus air Dùghall Ruadh, bidh latha 's bliadhna mu 'n gabh e a chomhairle a rithist.

Tha mi toilichte a chluinntinn gu 'm bheil an t-seana chleachdainn air a cumail air chois anns a' Chlachan fhathast, agus nuair a bhios fonn-dannsaidh air an òigridh 's a ghleusas Calum Tàillear còir—sean 's mar tha e,—an fhidheall, no thòisicheas Dùghall Ruadh air canntaireachd, is e so am port is dòcha leò a ghleusadh,—

" Dh' fhalbh mi fhéin is cearthrar ghillean,
Dh' fhalbh mi fhéin is cearthrar ghillean,
Dh' fhalbh mi fhéin is cearthrar ghillean,
Ghoid na muice biadhta.

" Ghoid sinn i am beagan ùine ;
Roinn sinn i ri solus crùisgein :
Bha i reamhar mar an t-ùilleadh—
Fhuair sinn cùmhradh ciatach ! "

Is tric, gus an latha 'n diugh, nuair a tha sgeul fir sam bith air a chur an teagamh, a gheabh e mar achmhasan, *Cum thusa sin a mach, mar thuirt am fear a ghoid a' mhuc.*

COMUNN DEASBAIREACHD.

LITIR A CEANN-AN-TUILM.

FHIR MO CHRIDHE.—Nach i so an aimsir ! Fàgaidh i daoine cho dis ris na cait. A dh' innseadh na fìrinn duit tha sinn uile air fàs 'nar cait-ghrìosaich. Their iad nach Geamhradh e gu Nollaig 's nach Earrach gu Féill Pàruig, ach thàinig is dh' fhalbh an t-àm sin 's tha e cho geamhrail 's a bha e Latha Nollaig. Tha 'n sean-fhacal ag ràdh

nach loisg sgana-chat e fhéin, ach 's mòr m' eagal gu 'n do loisg an cat cam againne e fhéin a' feuchainn ri dol eadar "Osgar" donn a' Bhuachaille-bhàin agus an teine.

Is fada o'n a gheall mi duit litir, ach tha fhios agad féin "An rud anns an téid dàil théid dearmad," 's mar so cha 'n fheuch mi ri m' leisgeul féin a' ghabhail. Tha fhios agad nach eil mo sheòrsa déidheil air a chléit; bu mhòr a b' fheàrr le m' leithid a bhi cùl a' chroinn na bhi cùl a' phinn—mar a thuirt Dòmhnull-nan-dos e nuair a dhiùlt e 'ainm a chur ri urras Eòghain Oig—a' gabhail air nach b'urrainn da 'ainm a' sgrìobhadh, "Cha d' fhuair mi fhéin a' bheag de 'n sgoil riamh, 's e 's lugha dragh." Gun tuilleadh dàlach ma ta—

"'S mithich dhòmhsa tòiseachadh
Is m' òran chur an céill,
Oir 's fhad' o'n a bu chòir dha
Bhi ann an òrdugh réidh."

Tha nì sònruichte 'na uallaich air m' inntinn agus bheir e faothachadh mòr dhomh, ma gheabh mi a' bhrùchdadh a mach. Cha 'n eil mi idir cho déidheil air a chumail 's a bha Iain Mòr air na bha 'na ghoile nuair a bha e gun chlìth le tinneas-fairge, 's a bha chàirdean a' comhairleachadh dha a cheann a chur thar cliathaich na luingeis agus cur a mach. Is e an fhreagairt a fhuair iad, "'N e gu 'n tugainn do na bodaich-ruadha an rud air an do phàigh mi gu daor." Mìle mathanas! tha mi dol troimh mo naidheachd. Is e bha uam ìnnseadh dhuit mu Chomunn Gàidhlig, seadh Comunn Deasbaireachd ma 's e 's feàrr leat, a chaidh a chur air bonn 's an sgìreachd so, 's tha e 'n déidh daoine òga fhàgail cho dalma, ladarna ri tarbh mòr Iain Dòmhnuill. Is mòr m' eagal gu bheil an Comunn so an déidh na h-òigridh fhàgail 'nam peasain mhiobhail, gun mhodh gun oilean. Is ann a chuireas na garraich so an aghaidh barailean agus bheachdan sheann daoine còire aig am bheil barrachd

toinisg 's a th' aig a' Chomunn gu lèir. Tha na h-iscanan le'n tiolpadaireachd 's le 'n gearra-ghobachd cho sgiolta 'nan cainnt is gu 'm fag iad daoine tuigseach pongail mar a tha Fear Choir'-an-t-sith agus Fear Chùl-na-coille, dall, bodhar. Ma thuiteas dhuit a bhi ann an cuideachd anns am bheil cuid de dh' òganaich a' Chomuinn so, cha 'n fhaigh thu do ghuth a shìneadh leò. Cha 'n eil a chridhe agad do bharail a thoirt air ceist air bith nach feum iad stad is grapadh a chur air do sheanachas. Glaoididh fear "Ceist," 's fear eile "Dearbh d' fhacal," 's bha cho math dhuit feuchainn ri stad a chur air toirm a chaochain aig an Steallaire-Mhòir, ri glas-ghuib a chur air na fearaibh so.

Cò 's duine 's is dithis 's a' Chomunn so ach Seumas Beag, aig am bheil an aon sruladh cainnt is clise a chuala tu riamh. Chunnaic mi e féin agus am Muillear Donn air sgailc an rathaid-mhòir an latha roimhe, is cath-labhairt fuasach aca. Bha Seumas Beag 's a làmh chlìth aige sìnte mach 's e a' dol thairis air gach meur le corraig na laimhe deise mar a b'abhaist do Mhinisteir fada an Tuim-uaine a dheanamh. Dh' fheumadh ceithir chinn agus co-dhùnamh a bhi aig a' Mhinisteir anns gach searmoin; ceann mu choinneimh gach meòir agus an co-dhùnadh air son na h-òrdaig. Be'n lùdag a "cheud àite," màthair na lùdaig "ar dara h-àite," a' mheur mheadhoin "an treas àite," a chorrag "an ceathramh àite," agus an òrdag "facal no dhà anns a cho dhùnadh ma cheadaicheas an ùine." Bha 'n clachair beag ag ràdh—ged a chaidealadh e neart de 'n ùine a bha am Ministeir a' labhairt, gu'n robh fhios aige co dhiubh a bha e dlùth air a' cho-dhùnadh no nach robh leis a' mheur a bha am Ministeir a' cumail a mach mu choinneimh an t-sluaigh—agus air latha fuar Geamhraidh bha e 'g ràdh gu'n robh e coma ged a rachadh dà no trì mheòir a shiodadh bharr lamh chlìth a' Mhinisteir, agus an sin cha bhiodh an t-searmoin cho fada, chionn cha bhiodh aige ach dà "cheann" agus "co-dhùnadh." Ach

's fheudar tilleadh a' dh' ionnsaidh a' Chomuinn so. Thuit dhomh a bhi anns a' chlachan an oidhche roimhe agus faicear solus ann am " Fàrdach a' Ghliocais " mar a theirear ris a' bhothan anns am bheil an Comunn so a' cruinneachadh ; agus air dhomh a bhi déidheil air a' Chomunn fhaicinn le m' shùilean féin, ann an comhairle cruinn, shèap mi suas air mo chorra-beag gu uinneig chùil na Fàrdaich agus chunnaic mi 'n sin gach lòchran Fìrinn agus crùisgein Eòlais a bhuineas do 'n Chomunn.

A dhuine, dhuine, b'e sud an leigheas léirsinn ! Bha iad an sud beag is mòr, dubh is donn, glas is ruadh. Cò bh' ann am broilleach na cuideachd ach Aonghas Og, Braighe-bhaile, agus Pàruig na Seann-laraich ; 's mur do mheall mo shùilean mi 's e ceann a' Bhuachaille-bhàin a bha mi faicinn ann an oisinn na Fàrdaich. Leis nach eil mi eòlach air a' bheag de sgaoimirean òga na sgìreachd, cha d' athnich mi mòran de na bha ri fhaicinn ; mar thuirt an calman ris a' chlamhan " Cha 'n ann de m' chuideachd thu." Thuig mi nuair a bha mi ri farchluais gu 'm b' i so a' cheist a bha 'n Comunn a deasbaireachd, "An d' fhalbh linn nam Bàrd Gàidhealach ? " An cuala tu fhèin riamh a leithid de cheist amaideich ? " Nach eil fios aig gach duine aig a bheil làn meurain de dh' ean-chainn gu 'n d' fhalbh linn nam Bàrd, agus nach eil anns na ràpairean labhrach a th'againn a nis 's a their bàird riutha féin ach ròcaisean lonach, cho easbhuidh ciùil is bàrdachd ri clag sgàinte eaglais na Cille-mòire. Ged is i so mo bharail-sa, agus tha mi 'n dòchas do bharail-sa cuideachd, cha robh cuid de na h-òganaich a bha 'sa Chomunn de 'n bheachd so. Có bha air a bhonnaibh a' seasamh gu dàn, dalma bàird na linn so, ach Aonghas Og, 's e gun nàire ag ràdh nach robh ann am bàrdachd nan linntean a dh' fhalbh ach facail gun suim gun seadh air an càrnadh a suas air chor 's nach robh air an t-saoghal na thuigeadh iad. Cha luaithe shuidh mo laochan na

dh'éirich Pàruig-na-Seann-laraich agus sheas e na seana bhàird 's am bàrdachd gu daingean. Air m' fhacal gu 'n do labhair e gu réidh deas-bhriathrach agus dh' aithris e rann an déidh rainn de sheana bhàrdachd a bha air leth taitneach. Thug e dhaibh an rann so á "Moladh Beinn Dòrain"—

Tha leth-taobh na leacainn
Le mais' air a chòmhdach,
'S am frith-choirean creagach,
'Na sheasamh 'ga chòir sin ;
Gu stobanach, stacanach,
Slocanach, laganach,
Cnocanach, cnapanach,
Caiteanach, ròmach,
Pasganach, badanach,
Bachlagach, bòidheach.

Am bheil fhios agad am feadh a bha e ag aithris nam facal gu 'n do dhì-chuimhnich mi c' àite 'n robh mi, agus glaodh mi àird mo chinn. "'S math a fhuaras tu, Phàruig, thig oirnn a' rithist." Thàinig so air a' Chomunn mar chloich as an adhar 's mu 'n abradh tu seachd, bha na bha stigh am mach as mo dhéidh. Thàr mi as an deannaibh nam bonn, 's cha do sheall mi thar mo ghualainn gus an do ràinig mi a'chagailt. Bheir mise m' fhacal gu 'm bi latha 's bliadhna mu 'n glacar mise ri farchluais a rithist.

Eadar thu féin agus mise, cha'n abair mi nach faodadh an Comunn so tighinn gu feum na 'n robh duine math aig a cheann—fear a stiùradh iad air taobh an fhuaraidh de cheistean gun mhath mar a tha co dhiubh is feàrr bò mhaol, odhar na bò odhar, mhaol ?

Feumaidh mi nis tarraing gu crìch, tha tòir orm a thoirt buntàta a slugan na bò bàine 's i 'g a tacadh. Is mi do charaid dìleas.

FIONN.

LATHA CAILLICH, 1879.

CEILIDH AN CEANN-AN-TUILM.

Nuair a thàinig mi fhéin dhachaidh o m' obair-latha an oidhche roimhe cha robh fhios agam ciod a theirinn nuair a choinnich gach cuman, fiodhan is poit a bha 's an tigh mi, eadar an dà dhorus. Thagh mi mo cheum mar a b' fheàrr a dh' fhaodainn am measg na straighlich so, ach cha b' e ni b' fheàrr a bha air thoiseach orm nuair a ràinig mi dorus-a'-chatha. Bha gach ball eàrnais air an càrnadh air muin a chéile agus gach ni a bh' ann mar gu'm biodh iad sìobta o bheul an làin. Air a dà ghlùin bha Màiri gu deanadach ag glanadh an ùrlair. Anns an oisinn bha Màiri bheag agus am Buachaille bàn, craidhleag de bhuntàta eadar iad, agus iad a farpuis cò bu mhò a' sgrìobadh ; am Buachaille bàn gu sùrdail a' canntaireachd,—

" 'S coma leam buntàta carrach,
Mur a bi e sgrìobta ;
'S coma leam buntàta carrach,
Mur a bi an t-im air."

Nuair a chunnaic mi fhéin an aimhreit a bha dol, dh' fheòraich mi do Mhàiri ciod idir a bu chiall da. " Nach eil cuimhn' agad," arsa ise 's i togail a cinn, "gur ann an nochd a gheall na seòid tighinn air chéilidh, agus cha 'n eil ach do dh' eagal orm gu 'n tig iad mu 'm bi àird air an tigh 's orm féin. 'S feàrr dhuit-sa dol agus an fheusag a thoirt dhiot agus thu féin a chur ann an uidheam." Cha robh mi cho teòma air na leisgeulan 's a bha Eóghan Mòr nuair a dh' fheòraich am ministeir dhe c'arson nach robh e 'ga fhaicinn 's an Eaglais, 's e an fheagairt a fhuair e—" tha 'n fheusag so agam-sa cho draghail, ged a bheir mi dhiom i feasgar Di-sathuirne, tha mo bhus cho dubh madainn na Dònach, 's gu 'm bheil nàire orm dol do 'n Eaglais." Chuimhnich mi an sean-fhacal, "An toil féin

do na h-uile, 's an toil uile do na mnathan," agus rinn mi mar a chaidh iarraidh orm. 'S gann a bha mi ann an uidheam nuair a chuala mi nualan na pioba a' tighinn air oiteig an fheasgair. "An cluinn thu sin," arsa Màiri, 's i glanadh a h-aodainn, "mur eil mo chluasan 'g am mhealladh 's e Teàrlach Og Chreagan-an-Fhithich a tha cluich 'Gillean an fhéilidh;'—a dhuine chridhe nach ann aige tha 'n lùdag!" Chaidh mi fhéin am mach gu ceann an tighe agus thuig mi gur e Teàrlach Og a bh' ann 's gu 'n robh dithis 'na chuideachd. "Ge b'e cò th' ann thoir mu 'n cuairt an aitreabh iad car tiota gus am bi mise deas air an son," arsa Màiri rium féin, agus aig a' cheart àm chuir i am Buachaille bàn agus Màiri bheag air tòir muinntir nan tighean-gu-h-àrd. Cò bha le Teàrlach ach Pàruig-na-Seann-làraich agus Aonghas Og. Chuir mi fhein fàilte orra uile, agus ghabh sinn ceum mu 'n cuairt gu cùl an t-sabhail. "Nach briagh an oidhche th'ann?" arsa Pàruig, "seadh," arsa Aoghas Og, "nach bòidheach a' chuibheall a tha mu 'n ghealaich?" "Seadh gu dearbh," arsa Pàruig, 's e 'g amharc 's an speur, ach mu 'n abradh tu seachd bha e fodha thar beul-nam-bròg ann an eabar an dùnain. "Mhoire, Mhoire! c' àite bheil mi?" ghlaodh Pàruig àird a chinn. "Tha far nach bu chòir dhuit a bhi," arsa Aonghas Og, "sin agad thu féin 's do speuradaireachd." "Is fhada o'n a chuala mi, 'Thuit e 's an dùnan 's a shùil air a' ghealaich,'" arsa Teàrlach. Anns a' bhruidhinn a bh' ann cò thàinig a mach ach Màiri a smàd sinn uile airson Pàruig a leigeil ann an lub-an-dùnain. Thug i stigh Pàruig 's chuir i cas-bheirt thioram air, agus cha b' fhada gus an do dhi-chuimhnich e an tubaist a thachair dha. An ùine ghoirid cò thàinig oirnn ach Mac Aoidh á Cùl-na-coille, Fear Choir'-an-t-sìth, Donnachadh-nan-dàn, Silis bhàn, Màiri Eóghain, Iain Dhonnachaidh Theàrlaich, Seònaid is Mórag, dà nighinn na bantraich 's na tighean gu h-àrd. Dòmhnull-na-croite bige, Ealasaid a nighean, agus a ghiollan

buachaille. Shuidh sinn uile mu 'n cuairt na cagailt, chaidh am Buachaille bàn agus buachaille ruadh Dhòmhnuill-na-croite-bige a chur ann an cùil-na-mòna, agus chaidh na seann ràdh a sparradh orra, "Am fear a tha 'sa chùil cumadh e shùil air an teine." Ge b'e pratan a bha an dà bhuachaille ris, ghlaodh Donnachadh-nan-dàn, "An cluinn thu mise 'ille bhig na gruaige ruaidh, mur fan thu sàmhach cuiridh mi teas anns na cluasan agad." "Na'm biodh a' chridh agad," arsa am buachaille, "cuimhnich 'd é dh' éirich do 'n Mhaighstir-sgoil air an t-seachdain so chaidh airson sgleog a thoirt do mhac a' Bhàillidh." "Cha mhac Baillidh thusa ged a tha," arsa Donnachadh; "có nach cuala 'Is cam 's is dìreach an lagh,' agus bha e 'n latha ud cho ceàrr ri 'lagh Sgir-mo-Cheallaig, a dhìt an gearran 's a' mhòd.'" "Nach ann air an t-saoghal a thàinig an 'dà latha' nuair nach faod duine sgleog a thoirt do bhalach buachaille," arsa Fear-Choir'-an-t-sìth, "Tha an fhìrinn agaibh an sin" arsa Iain Dhonnachaidh Theàrlaich, "ciamar so tha 'n seanfhacal ag ràdh, 'ma bhuaileas tu cù no balach, buail gu math iad,' agus tha cuimhne agamsa air rann a b' àbhaist do Chailean Siosal còir a bhi 'g aithris, a bha leigeil ris na dòigh a bh' aig na daoine o'n d' thàinig sinn air seòid de'n t-seòrsa so a thoirt fo smachd, ciamar so bha i dol?—

"Faodaidh fear bhios fuar falamh
Fead a thoirt air cluais balaich
Mur a bi e réidh ris.'"

"Fanaibh sàmhach sibh féin 's bhur lagh, bu mhòr a b' fheàrr leam sgeulachd mhaith a chluinntinn," arsa Màiri, "am bheil naidheachd agad Aonghais?" "Tha Aonghas Og cho stacach 's a bha Calum Bodhar," arsa Pàruig. "Cha 'n eil mi bodhar," fhreagair Aonghas, ach cha 'n eil sgeulachd agam is fhiach aithris, agus ged, a bhitheadh tha tuille tuigse agam na dol an aghaidh an t-seann-fhocail,

' a cheud sgeul o fhear-an-tighe 's gach sgeul gu latha o'n aoidh ' ;—ach có 'm fear a bh' ann an Calum Bodhar ris an robh thu 'g am choimeas ? " " Bha duine gleusda a bha 'san sgìreachd so o chionn fhada ach tha e nis, mu 'n d'thubhairt Seònaid ghòrach e, ' a' cadal am mach,' tha e fo'n fhòid o chionn iomadh bliadhna," fhreagair Pàruig. " An duine coir, ' b' fhasa chriathradh na chur air muin eich,' mar a their iad," arsa Fear-Choir'-an-sìth, ach cluinneamaid sgeulachd fir-an-tighe, 's ann aige fhéin a tha na naidheachdan."

CALUM BODHAR 'S AN T-UIRCEIN.

SGEULACHD FIR-AN-TIGHE.

O'n a thuit dhuibh tighinn air Calum Bodhar, tha mi coma, ma chuidicheas mo mheamhair leam, ged a bheir mi dhuibh sgeul beag aighearach mu 'n duine chòir so. Mo bheannachd leis, a chuid de Phàrras dha ! Ged a theirte " Calum Bodhar " ris, bha mòran 'sa bheachd nach robh Calum idir cho maol 'sa chlaisteachd 's a bha e cumail a mach, ach gu 'n robh e cho bior-chluasach 's gu 'n cluinneadh e am feur a' cinntinn, na 'n robh fàs an fheòir chum a bhuannachd fhéin. Chuala mi fhéin Eòghan-nan-còrn ag ràdh, 's iad a bhi bruidhinn air daoine stacach, gu'n cluinneadh Calum Bodhar cagar na mhà-sìth, na 'n d' thubhairt i, " an gabh thu deur, a Chaluim ? " Abradh iad an rud a thogaras iad, tha'n sean-fhacal ag ràdh "Cluinnidh am bodhar gleadhar an airgid," agus cha b'e h-aon no dhà a dh' ionndrainn Calum bochd nuair a chaidh a chàireadh fo 'n fhòid ann an Cnoc-Aingeal. Ach 's fheudar teannadh ri m' sgeulachd. Bha Calum fuathasach pongail, cùramach 'n a dhòigh, 's cho cinnteach 's gu 'm faodadh duine a chuid de 'n t-saoghal earbsa ris. Ri m' cheud chuimhne-sa, agus is fada bho'n dà latha sin, b' e Calum a b'aon ghille-gnothaich eadar Baile-nan-leac agus

an t-Oban Lathurnach, a bha mu dheich mìle o chéile. Cha robh seachdain 'sa bhliadhna nach faicte Calum 's an Oban cho cinnteach 's a thigeadh madainn Di-màirt, a mhàileid thar a ghualainn agus cuaille de bhata daraich 'n a laimh. Bha muinntir an Oban cho eòlach air 's a bha iad air " Tigh Tiolam " 's cho toigheach air 's nach d' fhàg e riamh an t-Oban air feasgar Di-màirt gun ghloinne no dhà 'n a ghoile agus sè-sgillean 'n a phòca a chasgadh iota nuair a ruigeadh e " Tigh-a'-Phuirt " a bha eadar e agus Baile-nan-leac. Ma bha màileid Chaluim seang a ruigeachd an Obain cha 'n ann mar sin a bha i an àm fàgail, 's ann a bhiodh cruach is mullach orra de gach gnè bhathar. Coran do Eòghan-an-Achaidh, tàirngnean do Phara-nan-sliseag, tì is siùcar do Mhàiri mhòr, tombaca do Dhòmhnull Og, paipear-naidheachd do'n Mhaighstir-sgoil, agus ciad rud eile nach gabh ainmeachadh. Bha gach nì air a chur cho òrdail anns a' mhàileid 's gu'n rachadh aige air an cuid féin a thoirt do gach neach gun iad a dh' fhaicinn ciod a bha an coimhearsnaich a' faotainn, 's bha Calum " cho obdhar ris na gobhair 's an fhoghar," nuair a dh' fheuchadh daoine ri fhaotainn a mach ciod a bh' aige 'sa mhàileid. Is tric a dh'fheuch guanagan Tigh-a'-Phuirt ri Calum a cheasnachadh nuair a bhiodh e a' feitheamh an aisig ach cha do chuir na fhuair iad riamh as, mòran ri 'm fòghlum.

Latha bha sud chuir Seònaid Theàrlaich Oig poca le Calum anns an robh e ri uircein a thoirt dhachaidh dhi á faidhir an Obain. Ràinig Calum an t-Oban, cheannaich e an t-uircein, chuir e anns a' phoca e agus dh' fhàg e am poca 's na bh' ann an Tigh Tiolam, feadh 's a bha e ceannach nan gnothaichean eile a bha ri dol 's a' mhàileid. Mu 'n am ghnàthaichte thog Calum air, a' mhàileid air an darna gualainn 's am poca anns an robh an t-uircein air a' ghualainn eile. Nuair a ràinig e Tigh-a'-Phuirt bha bàta-'n-aisig air an taobh eile 's chaidh e stigh a leigeil analach, a' fàgail a' phoca anns an robh an t-uircein taobh

an doruis. Mar a bha 'n t-olc ann an guanagan Tigh-a'-Phuirt, de rinn iad ach gu 'n tug iad an t-uircein as a' phoca agus gu 'n do chàireich iad cat mòr dubh 'n a àite. Thàinig am bàta, thog Calum am poca air a mhuin, mhothaich e mar a shaoil leasan an t-uircein a' sporathail, agus bha an duine bochd cho bodhar nach robh e cluinntinn mialaich a' chait. Mu bheul an fheasgair, chunnaic Seònaid Theàrlaich Oig Calum a' teannadh ris an tigh, 's chuir i an fhàilte so air, "An d' thàinig thu Chaluim a laochain ?" "'S mi a thàinig," arsa Calum. "Thig a stigh," arsa Seònaid, "tha mi làn chinnteach gu'n d'rinn thu do ghnothach gu pongail." "Moire ! 's mi rinn," arsa Calum, "fhuair mi uircein beag, *bàn*, cho bòidheach 's a chaidh riamh ann am poca, cha robh a leithid eile air an fhaidhir." Le so a ràdh dh' fhosgail Calum beul a' phoca 's mu 'n abradh tu seachd, leum cat mòr, *dubh* a mach as a' phoca 's chaidh e as an t-sealladh fo 'n leabaidh ann am prioba na sùla. "Ni Maith 'gar dìon !" arsa Seònaid, "tha an Donas anns a' mhuic." "Cha b' e cheud uair a bha," arsa Calum 's e toirt breab do 'n phoca. "Am bheil thu cinnteach gur e uircein a cheannaich thu ?" arsa Seònaid 's i air chrith leis an eagal a fhuair i. "Moire 's mi a tha !" arsa Calum, "agus tha fhios agam a nis ciamar a thachair an gnothach. Cuiridh mi geall gur iad na seòid a bha 'n "Tigh Tiolam" a chuir an cat anns a' phoca 's a ghléidh an t-uircein." "Nach bu pheacach dhoibh a leithid a dheanamh," arsa Seònaid. "Cha tugainn bonn-a-h-ochd air a' pheacadh," arsa Calum, "na 'n d' fhàg iad agam an t-uircein ; agus thusa a mhic an fhir ud "—'s e toirt duibh-leum a bheireachd air a' chat a bha nis an déidh tighinn a mach fo an leabaidh—" théid thu air d' ais anns a' phoca so gu madainn am màireach agus bheir mise an sin thu do'n tigh ainmeil sin as an d' thàinig thu,—" Tigh Tiolam " ; nach ann agam a bha 'n droch obair do ghiùlan cho fada 's cho cùramach." An ath mhadainn rinn Calum moch-èirigh mhòr, 's bha e

fhéin 's an cat dubh air an rathad do 'n Oban mu'n do bhlais an t-eun an t-uisge. Cha do thachair anail bheò air gus an do ruig e Tigh-a'-Phuirt. Ged a bha cabhag air Calum cha deanadh ni feum le Ailein Tigh-a'-Phuirt ach gu 'n tigeadh e stigh 's gu'n innseadh e dhoibh an cleas a chaidh dheanadh air 's an Oban. Nuair a bha Calum bochd ag aithris a sgeòil chaidh Màiri Ruadh agus sgioblaich i leatha do 'n t-sabhal am poca, anns an robh an cat dubh, a chaidh fhàgail eadar an dà dhorus, agus chuir i uircein Sheonaid Theàrlaich Oig anns a' phoca. Bha h-uile h-aon a' toirt bàrr air a chéile, agus Màiri Ruadh a' toirt bàrr air na h-uile, ann a bhi gabhail truais de Chalum agus a' càineadh nan abhaistearan a bha tadhal " Tigh Tiolam."

Chuir Calum am poca aon uair eile thar a ghualainn, ghabh e 'n rathad cùil 's cha do leig e anail gus an d' ràinig e " Tigh Tiolam." " Sin agad do chat," arsa esan, 's e toirt urchair do 'n phoca gu taobh eile an tighe. Thug an t-uircein bochd sgiamh cruaidh as, a chuala Calum e fhéin, bodhar 's mar bha e, 's cha robh fhios aige air uile beatha an t-saoghail ciod a theireadh no a dheanadh e. Ghlaodh e mu dheireadh 's e air chrith air a chasan, —" Tha 'n Donas anns a' phoca ; bha e'n riochd uircein an dé, riochd cait an raoir, agus Ni Maith 'g ar teàrnadh ! tha e 'na uircein an diugh a rithist." Shaoil " Tiolam " gu'n robh Calum an dèidh a chiall a chall, agus chuir i fios gun dail air an Doctair Bhàn a bha glè eòlach air Calum Bodhar. Thàinig an Doctair an deannaibh nam-bonn 's chuir e 'n fhàilte so air Calum " 'D é so 'ille, an deach-aidh tu dhachaidh an raoir idir ? " " 'S mi a chaidh," arsa Calum, " 's cha b' ann do m' thoil a thill mi an diugh." Dh' aithris e 'n so gu réidh, ciallach gach ni mar a thachair, ach aig crìoch a sgeòil cha robh an Doctair Bàn no " Tiolam " na bu ghlioca na bha iad roimhe. Cha robh fhios 'd é dheanta, bha Calum cho purpail, pongail, 's a bha e riamh,

ach cha robh 's an Oban na bheireadh air an t-uircein a ghiùlan a rithist. 'S e 'thainig as gu 'n d' fheum "Tiolam" mac-a-pheathar a chuir áir ais le Calum agus an t-uircein. Bhòidich Calum an latha sin nach rachadh uircein air a dhruim gu bràth tuille agus ghléidh e a bhòid gu latha a bhàis. Ged a lean Calum air tadhal ann an Tigh-a'-phuirt cha robh a chridh aca aideachadh gur i Màiri Ruadh a thug an t-uircein as a phoca. Phòs Màiri Ruadh fear Dhoire-na-Cuthaige 's cha deachaidh Calum Bodhar riamh an rathad nach do thadhail e aig Màiri, agus 's iomadh làn beòil math a fhuair e uaipe. Ràinig Calum aois mhòr bha e streap ri deich is ceithir-fichead mu'n do chaochail e, ach dh' fhalbh e 's bu laghach e, shiubhail e 's bu chiùin e.

"Nach bu treun Calum," arsa Pàruig-na-Seann-laraich. "Bha e na bu phongaile na Ailein Ruadh a chuir an ti 's an siùcar 's an aona phoca ris an uircein a bha e toirt a faidhir an Obain do 'n Ghleann-Mhòr," arsa Aonghas Og. "A dhuine chridhe nach ann an sin a bhiodh am brochan-càil!" arsa MacAoidh. "Cha chreid mi fhéin," arsa Dòmhnull-na-Croite-bige, "nach faodadhmaid duanag bheag, bhòidheach éisdeachd a nis, an toir thu dhuinn òran a Sheònaid." "Tha mo chuimhne cho dona 's nach eil thar thrì no ceithir de rannan agam de dh'-òran air bith," arsa Seònaid. "Ciamar so their iad?" arsa Aonghas Og,—

> "Ceithir cheathramhan 's am fonn,
> Deadh sgonn òrain."

"Ma bhios sibh toilichte le òran goirid, feuchaidh mi ri duanag bheag a sheinn," arsa Seònaid, "'s ma 's e 's gu 'n téid 'an ceol air feadh na fidhle,' cha 'n ann agam-sa a bhios a' choire, cuimhnichibh. So agaibh òran ùr a rinn fear-an-tighe ma 's math mo bheachd."

AN GILLE DUBH.

Sheinn Seonaid an sin :—

AIR FONN—" *'Se luath-bheul na h-ighinne duibh*
Chuir gruaim air mo leannan rium."

SEIS.—Mo thruaigh mi 's mar tha mi'n diugh,
Mo thruaigh mi 's gur muladach ;
'Se 'n gaol a thug mi 'n ghille dhubh
A rinn an diugh mo leònadh.

Gu 'n tug mi spéis do 'n armunn
Am bothan beag na h-àiridh,
'S e cuimhneachadh an dràsd' air
A dh' fhàg mi dubhach, brònach.
Mo thruaigh mi, etc.

Mur faigh mi e mar chéile,
Ni tuireadh 's bròn mo léireadh,
'S gun nì 's an t-saogh'l ni feum dhomh
As eugmhais gaol an òigeir.
Mo thruaigh mi, etc.

Ged tha mi nis gu cràiteach
'S a' caoidh o'n rinn thu m' fhàgail
Gur tric a bha mi làmh riut,
'S mo chridhe snàmh an sòlas.
Mo thruaigh mi, etc.

O, thug mi gràdh nach caochail
Do dh' òigear an fhuilt-chraobhaich,
'S a nis mur dean mi fhaotainn,
Gur neoni 'n saoghal dhòmhsa.
Mo thruaigh mi, etc.

Gur tric a bha sinn mùirneach
Ged tha mi dràsd gu tùrsach,
'S ma 's e 's gu'n tug e cùl rium
'S an ùir bidh m' àite-còmhnuidh.
Mo thruaigh mi, etc.

"Gu ma fada beò thu ghalad," arsa Teàrlach, "cha 'n iarrainn crioch a thighinn air òran cho binn" ged a bhitheadh e na b' fhaide cha bhitheadh e searbh." "Bha e fada gu leòir," arsa Aonghas Og, "'s beag orm fhéin na driamlaichean òran a chluinneas daoine aig cuid, 's ann a bheir iad an aileag air an fhear is feàrr anail,—cùl mo làimhe riu gu buileach."

Anns a' bhruidhinn a bh' ann chuala sinn "Osgar" donn a' tabhannaich gu garg, agus dh'iarr mi féin air a' Bhuachaille bhàn dol a mach agus an cù a chasg, agus fhaicinn cò bha tarraing conuis as. Nuair a dh' fhosgail e an dorus chuala sinn fear-eigin ag ràdh, "Cò leis an cù?" "Tha le mhaighstir," fhreagair am Buachaille bàn. "Nach tu tha tapaidh mo ghille math, am buin thu do 'ghearra-ghobaich Mhucàrna?'" "Nach eil thu coma," fhreagair am Buachaille bàn. "Am bheil do chù cho mi-mhodhail ris a h-uile duin'-uasal a thig a dh' ionnsaidh an tighe so"? "U! cha 'n eil, tuigidh e uaislean seach ceàird," fhreagair am Buachaille bàn. "An ann ag ràdh ceàrd riumsa tha thu, a ghasain?" "Cha d'thuirt mise co dhiubh, fàgaidh mi sin eadar thu féin 's an cù," fhreagair am Buachaille bàn; "ach ma tha mise 'ga d' léirsinn ceart tha thu eòlach gu leòir air an àite anns am bi na ceàird—a' cheàrdach—nach tu Iain Bàn Og an gobhainn? Gabh mo leisgeul cha do thuig mi cò thu an toiseach. Thig a stigh." "'S tusa am Buachaille bàn, nach tu? Thoir dhomh do làmh mo ghille math," is chuir iad fàilte air a chéile. Nuair a chuala sinn gur e Iain Bàn Og a thàinig fo theanga ghéir a' Bhuachaille bhàin, bha sinn air ar

nàrachadh beò, agus dh'éirich a h-uile duine a dheanamh àite dha. "Na caraicheadh duine air mo shonsa,—'am fear a thig gun chuireadh suidhidh e gun iarraidh,' nach math an oidhche air an d' thàinig mi, nuair tha 'n còmhlan cruinn." "'S math dhuinne sin cuideachd," arsa Mac Aoidh, "cha bhi dìth òrain oirnn a nis." "Tha thu ceart" fhreagair Aonghas Og, "tha mi cinnteach gu 'm faigh sinn fear no dha o Iain Bàn Og." "Nach neònach sibh uile," arsa Màiri "nach leig sibh leis 'anail a tharraing, feumaidh e greim bidh an toiseach, tha mi cinnteach gu'm bheil e air tolladh leis an acras." "Cha 'n eil idir," fhreagair Iain Bàn Og, "'s ged a bhitheadh tha a' chuideachd cho math 's gu 'm fuadaicheadh i fuachd is acras." "Fhad 's a bhios an t-suipear a' dol air dòigh," arsa Dòmhnull-na-croite-bige "dh' fhaodadh am Buachaille bàn òran aighearach a ghabhail." "Nach neònach leam thusa a Dhòmhuill a bhios a' toirt misnich do 'n Bhuachaille bhàn 's fhios agad gu'm bheil e dàna gu leòir cheana," arsa Màiri; "nach cuala tu cho ladarna mi mhodhail 's a bha e ri Iain Bàn Og an nochd." "Nach ann agam fhéin a bha choire 's mi a thòisich an toiseach," fhreagair Iain Bàn Og, "agus bidh mi glè thoileach duanag éisdeachd bhuaith." "Ma leigeas sibh le Buachaille na croite-bige mo chuideachadh,' arsa am Buachaille bàn, "bheir sinn duibh rann ma seach." "Tha mi cinnteach gu 'm bi a' chuideachd làn toilichte" thuirt mi féin, "reachaibh ris 'illean." Thòisich buachaille Dhòmhnuill mar so—

MO RUN GEAL DILEAS.

"Mo rùn geal, dìleas, dìleas, dìleas,
Mo run geal dìleas nach till thu nall;
Cha till mi féin riut, a ghaoil cha 'n fhaod mi,
'S ann tha mo ghaol-sa 'na laighe tinn."

Thog an sin am Buachaille bàn a ghuth mar so—

Mo run geal dìleas, dìleas, dìleas,
Mo run geal dìleas nach till thu nall ;
Mur till an rìbhinn bidh mi fo mhì-ghean,
'S an crodh 's an dìosgadh 'sa bhail' ud thall.

" Is truagh nach robh mi an riochd na faoilinn
A shnàmhadh aotrom air bhàrr nan tonn ;
Is bheirinn sgrìobag do 'n eilean Ileach,
Far bheil an ribhinn dh'fhàg m' inntinn trom."

Is truagh nach robh mi an riochd na sgliùraich,
An lub-an-dùnain am measg nan dràchd ;
Is shnàmhainn aotrom air bhàrr a' chaochain.
Is dheanainn maorach aig ìsle tràigh.

" Is truagh nach robh mi 's mo rogha céile,
Air mullach shléibhte nam beanntan mòr,
'S gun bhi 'g ar n-éisdeachd ach eòin na speura,
'S gu 'n tugainn fhéin di na ceudan pòg ! "

Is truagh nach robh mi 's mo rogha céile,
Air bhàrr an t-sléibhe a' cuallach àil ;
Sinn as air léine fo sgàil nan geugan,
Mar Adhamh 's Eubha 'sa ghàradh-chàil.

" Thug mi còrr agus naoi miosan,
Anns na h-Innsean a b' fhaide thall ;
'S bean bòidhchead d' aodainn cha robh ri fhaotainn
'S ged gheabhainn saoghal cha 'n fhanainn ann."

Bho 'n 's i 'n fhìrinn is còir dhomh ìnnseadh,
Cha robh mi 'n Innsean an Ear no 'n Iar ;
Ach bean do bhòidhchead o d' bhonn gu d' sgròban,
Cha 'n fhaca Dòmhnull am measg nan ciad.

"Cha bhi mi strì ris a' chraoibh nach lùb leam,
Ged chinneadh ùbhlan air bhàrr gach géig ;
Mo shoraidh slàn leat ma rinn thu m' fhàgail,
Cha d'thàinig tràigh gun mhuir-làn 'na déidh."

Cha bhi mi strì ris a' choille chrìonaich
Ged chinneadh figis air bhàrr gach géig ;
Ach gaoth a d' ghiùran ma thug thu cùl rium,
Bidh mise stiùradh mo chùrsa féin.

"Is coma leam ged a shil an latha
Is coma leam ged a laigh a' ghrian
'S ceart coma leam ged a robh mo leaba
Gu fada, fada, 's an àirde 'n Iar."

Is coma leam ged a shéid a' ghailleann,
'S ged reub i 'n t-adhar 'na leathrach-iall,
Is miosa chùis nach éil greim am splùcan
Is cnuimh am chùlaig 'g am chur á m' chiall.

"Cò air an t-saoghal a rinn an t-òran sin ?" chaidh fheòraich de 'n Bhuachaille bhàn. "Rinn fear d' am b' aithne," fhreagair esan,—"am Bàrd luideagach." "Cò esan ?" arsa Donnachadh-nan dàn, "cha chreid mi féin nach eil a h-uile bàrd a th' againn luideagach gu leòir." "Is math tha fhios aig Aonghas Og cò e,—cha 'n eil fhios agam nach ann bhuaithe a ghoid e am beagan bàrdachd a th' aige ?" fhreagair am Buachaille bàn. Chuir Màiri stad air a' bhruidhinn a bh' againn ag ràdh "suidhibh a stigh ris a' bhòrd a nis—ged nach eil e ach beag,—math 's mar tha na h-òrain cha tig daoine beò orra." "'S feàrr bòrd beag làn, na bòrd mòr falamh," arsa Aonghas Og. Chaidh a h-uile duine ris a' bhuntàta phronn gu gleusda, oir bha cabhag orra a chluinntinn nan òran. "Tha thusa a Theàrlaich coltach ri carball an t-seana-mhairt," arsa

Aonghas Og, " daonnan air dheireadh." " Is fhada on a chuala mi 'Am fear a bhios air deireadh beiridh a' bhiasd air,' " arsa Mac Aoidh. " Nach eil mi coma," arsa Teàrlach,—" gach dìleas gu deireadh." " Tha mi cinnteach," arsa fear-an-tighe " gu 'm faigh sinn òran a nis o Iain Bàn Og." " Cha 'n eil mi ro mhath air a' cheòl an uair is feàrr a tha mi, ach tha droch fhuachd agam, agus feumaidh sibh mo leisgeul a ghabhail," fhreagair Iain. " Thoir dhuinn rud-éigin," arsa Pàruig. " C' àite an d' fhàg thu ' Cumha Dhà'idh,' is math tha cuimhne agamsa air an latha a chaidh Dà'idh fhuadach do Mhuile ? " Dh'aithris Iain Bàn Og an Cumha a rinn e do Dha'idh mar a leanas.

CUMHA DHA'IDH.

Le Iain Macillebhain.

" 'S ann tha 'n eachdaireachd ghàbhaidh,
Nis mu ais-eirigh Dhàbhaidh,
'S e 'tighinn dachaidh 'n a stàirneanach treun."—
—Rob Donn.

[Dà'idh, fear-bàta barraichte a dh' fhalbh leis fhéin á Eisdeal ann an geola air latha àraidh. Dh' éirich gaoth mhòr an déidh dha seòladh ; chaidh 'fhògaradh a nunn do Mhuile, far an robh e latha no dhà ri port, agus daoine ri iasgach agus iarraidh-mhairbh air aig an tigh.]

A mhuinntir Eisdeil, Luinge 's Shaoil,
Is sibhs' 'tha chòmhnuidh aig na Caoil,
Gach duine beò o Rudh'-na-Maoil '
Gu ruig an Garbh,
O, guilibh leam, a shluagh an t-sao'il—
Tha Dà'idh marbh !

Ar bròn cha 'n urrainn teanga luaidh,
Oir dh' fhuilinn sinne deuchainn chruaidh,
A thug na deòir a nuas ar gruaidh,
'N an tuiltean searbh ;
Dh' fhalbh esan air an robh gach buaidh—
Tha Dà'idh marbh !

Fo 'n fhairge tha e nis 'n a shuain,
'S cha 'n fhaic sinn e gu latha-luain ;
Fear-bàta b' fheàrr a sheòl air cuan,
No dh' iomair carbh ; *
Tha 'm Bàs neo-iochdmhor air thoirt uainn—
Tha Dà'idh marbh !

Gu 'n tachradh so bu bheag a dhùil,
A' mhadainn 's an do thog e shiùil,
'S a dh' fhàg e Eisdeal air a chùl ;
Ach ciod an tairbh,
Ged chaitheamaid, le deòir ar sùil—
Tha Dà'idh marbh !

Ghrad mhùth an là gu oidhche dhuibh,
Is shéid a' ghaoth, is chas an sruth,
Is dh' éirich suas na tonna tiugh,
Gu h-éitidh garbh ;
Chaidh 'm bàta fodha—'s trom mi 'n diugh !
Tha Dà'idh marbh !

" Tha cothrom agam ort an tràths',
Ged chaidh thu as o iomadh càs ;
Cha teich thu nuair so," thuirt am Bàs ;
" Cha teich gu dearbh !
Oir, ann am ìnean tha thu 'n sàs,
Is bidh tu marbh."

* *Carbh*—Bàta.

Bu chruaidh a ghleachd e féin 's an Nàmh—
Aon uair fo 'n uisge 's uair a' snàmh—
Le teann ghreim-bàis aig' air an ràmh,
'S e strì gu doirbh ;
Mu dheireadh, chaill e greim a làmh,
'S bha Dà'idh marbh !

Nuair chunna 'm Bàs gu 'n tug e buaidh
Air fear a theich cho minic uaith,
Do ghlaodh e mach le bùraich chruaidh,
Coltach ri tarbh,—
" Cluinneadh gach neach an taobh so 'n uaigh,
Tha Dà'idh marbh ! "

Chuala an t-iasg e de gach lì,
Is sheinn iad fonn le aiteas crìdh',—
"Ar nàmhaid dian tha nis gun chlì—
Mo thruaigh a chairbh !
Nis gheabh sinn saorsa agus sìth ;
Tha Dà'idh marbh ! "

Bha gàirdeachas am measg nan eun,
Gu 'n d' fhuair iad saor 's an sealgair treun ;
Bho 'n iolair gus an trèan-ri-trèan—
Stàirneal gu sgarbh,
Gach aon diubh sheinn air fonn da fhéin,—
" Tha Dà'idh marbh ! "

Bu mhór a chliù—ach ciod an stàth,
Ged dh' fhaodainn mòran tuilleadh ràdh ;
Aon duine a ni coimeas da,
Cha 'n fhaigh sinn soirbh ;
Mo bheannachd leis a nis gu bràth—
Tha Dà'idh marbh !

ATH-FHIOS.

Tog de d' bhròn, 's na cluinneam tuilleadh ;
Fhuair Dà'idh as o 'n Bhàs gun bhuille ;
Cha robh 's an sgeul ach breugan uile—
Na creid an sgleò ;
Chaidh fhaotainn sàbhailt' ann am Muile—
Tha Dà'idh beò !

" Nach grinn sin ? " arsa Aonghas Og, " Có their gu'n d' fhalbh linn nam Bàrd Gàidhealach a nis ? " "An toir thu dhuinn an ath òran a Mhòrag ? " dh' fheòraich mi fhéin. " Cha 'n eil agamsa ach feadhainn a chuala sibh uile roimhe so." " 'S ann agad a tha," arsa Donnachadh-nan-dàn, " 'de so 'm fear a bhios agad a' bleoghan a' chruidh ? " " Fear a chuala mi aig a' Bhuachaille bhàn, cha 'n eil fhios agamsa nach e fhéin a rinn e." " Seinn e mata, 's gu 'n cluinn sinn e."

MO CHEIST AM FEAR BAN.

AIR FONN.—*Mo nighean chruinn, donn.*"

O, mo cheist am fear bàn,
Miann gach òg-bhean ;
O, mo cheist am fear bàn,
Mo cheud leannan 's mo ghràdh,
'S e nach d' fhuair e mo làmh,
Fàth mo leoin-sa.

'S truagh nach robh mi mar bhà,
Cridheil sùnndach ;
'S truagh nach robh mi mar bhà
Mu 'n do dhiùlt mi 'm fear bàn,
'S cha bhithinn an dràsd
Cianail, tùrsach.

'S bochd nach robh mi a ghaoil,
Teann ri d' ghualainn ;
'S bochd nach robh mi a ghaoil
'Nis a' siubhal ri d' thaobh,
Ann an gleannan an fhraoich,
Taobh nam fuaran.

'S tric an deur air mo shùil,
Caoidh mar tha mi ;
'S tric an deur air mo shùil,
'S mi ri bròn ann an cùil,
O 'n a thug mi riut cùl,—
Oigeir àlainn.

B' annsa leamsa bhi tàmh,
Le mo cheud ghràdh ;
B' annsa leamsa bhi tàmh
Air taobh nam beann àrd,
Gun bhrata, gun sgàil
Ach na speuran.

Mìle marbh'aisg air an òr,
Cùl mo làimh ris !
Mìle marbh'aisg air an òr,
'S goirt a rinn e mo leòn,
'S air gach ùmbaidh gun treòir,
'S mòr a' ghràin iad !

Ciod an stàth dhomh bhi bròn,
Anns na cùiltean ?
Ciod an stàth dhomh bhi bròn,
Oir ged shileas mo dheòir
O ! cha 'n fhaod mi bhi d' chòir
Oigeir rùnaich.

"A nis a Phàruig de bheir thusa dhuinn ?" "O, 'n truaigh !" arsa Pàruig, "cha 'n eil duanag no òran agamsa, feuchaibh Aonghas Og." "An e gu 'n téid sinn an aghaidh cùrsa na gréine ? Thoir dhuinn mìr taitneach á bàrdachd Oisein air am bheil thu cho eòlach 's a tha ladar air a' phoit." "Seadh, seadh ma ta, so cunntas air laighe gréine a tha ann an "Carraig-thura."

LAIGHE GREINE.

An d' fhàg thu gorm astar nan speur
A mhic gun bheud a's òr-bhuidh' ciabh ?
Tha dorsan na h-oidhche dhuit féin
Agus pàillinn do chlòs 's an iar ;
Thig na stuaidh mu 'n cuairt gu mall
A choimhead fir is glainne gruaidh,
A' togail fo eagal an ceann
Ri d' fhaicinn cho àillidh 'na d' shuain.
Theich iadsan gun tuar o d' thaobh ;—
Gabh-sa codal ann ad chòs
O ghrian ! is till o d' chlos le h-aoibhneas.

"A Mhàiri bhig, an toir thusa dhuinn 'Ged tha mi gun chrodh gun aighean,' fonn cho bòidheach 's a tha ri fhaotainn, agus 'n a dhéidh sin gheabh sinn freagairt an òrain o'n Bhuachaille bhàn." Sheinn Màiri bheag mar so :—

GUN CHRODH GUN AIGHEAN.

SEIS.—Ged tha mi gun chrodh gun aighean,
Gun chrodh-laoigh gun chaoraich agam ;
Ged tha mi gun chrodh gun aighean,
Gheabh mi fhathast òigear grinn,

Fhir a dh' imicheas thar chuantan,
Giùlan mìle beannachd uamsa,
Dh' ionnsaidh, òigear a' chùil dualaich,
Ged nach d' fhuair mi e dhomh fhìn.

Fhir a dh' imicheas am bealach,
Giùlain uamsa mìle beannachd ;
'S faod 's tu ìnnseadh do mo leannan,
Gu 'm bheil mi 'm laighe so leam fhìn.

Fhleasgaich thàinig nall á Suaineart,
Bu tu fhéin an sàr dhuin'-uasal ;
Gheibhinn cadal leat gun chluasaig,
Air cho fuar 's 'g am biodh an oidhch.'

Nàile ! 's mis' tha dubhach, deurach,
'N seòmar àrd a' fuaigheal léine ;
Chaidh mo leannan gu *Jamaica*,
'S ciod am feum dhomh bhi 'g a chaoidh ?

An sin sheinn am Buachaille bàn mar so:—

FREAGAIRT.

Le Fionn.

Seis.—Ged tha thu gun chrodh gun aighean,
Gun chrodh-laoigh gun chaoraich agad ;
Ged tha thu gun chrodh gun aighean,
Bidh tu 'd leannan agam fhìn.

Cha 'n e airgiod tha mi 'n tòir air,
'S cha 'n eil agam feum air stòras ;
'S e mo mhiann-sa caileag bhòidheach
A bheir dhòmhsa gaol a crìdh'.

Rìbhinn òig leig dhiot bhi dubhach,
Siab do dheòir is bi leam subhach ;
Fair do làmh dhomh nis gu lurach,
'S ni mi fuireach leat air tìr.

Ged a sheòl mì thar nan cuantan,
'S ged a bha thu fada bhuamsa,
Cha robh là nach robh thu 'm smuaintean,
'S bha mi bruadar ort gach oidhch'.

'S ged a chaidh mi greis air faontradh
Gu ruig cladach cian an t-saoghail,
Dhuit-sa bha mi dìleas daonnan
'S air mo ghaol cha 'n fhaicear crìoch.

Mar a thilleas breac á sàile
Dh' ionnsaidh 'n uillt 's an d' fhuair e 'àrach,
Thill mi fhéin air ais gu m' mhàldaig,
Is gu bràth cha 'n fhàg mi i.

" Cha chreid mi fhéin," arsa Iain Dhonnachaidh Theàrlaich, " nach b' fheàirrde-mid port air a' phìob ; tha na h-òrain math, is glè mhath, ach ' fòghnaidh na dh' fhògh-nas ged a b' ann do dh' aran 's do dh' im.' " Cha d' iarr Teàrlach an darna cuireadh 's bha h-uile duine air bhioda gu bhi air an ùrlar. Fhuair sinn ' Righle Thulachain ' agus gach righle eile chleachd sinn tùs ar n-òige. 'S coma leam fhéin an dannsa Gallda a tha dol an dràsd ; fear a' putadh is a' slaodadh té mu'n cuairt an ùrlair mar gu'm biodh e toirt stalacach gu faidhir—cùl mo làimhe ris an dannsa ghrànnda ; mar a thuirt fear a' Ghlinn-mhóir e,—

" Droch bhàs air *jigs, quadrilles, and waltz*
A thug a' ghràisg a nall á *France,*
God save the Queen ! she likes to dance
Righle mór Strathspé.

" Cluich ' Tulach-gorm ' dhuinn, rìgh nam port,
Na ' Tulaichean ' is Drochaid Pheairt,'
Is dannsaidh sinn le 'r n-uile neart
Righle mór Strathspé."

Nuair a thug na bha air an ùrlar thairis, chluich Teàrlach am port tiamhaidh sin ' Cumha-Mhic-an-Tòisich,' agus cha 'n eil uair a chluinneas mi e nach toir mi orm féin a chreidsinn gu'm bheil a' phìob le a pongan tùrsach ag aithris nam facal,

Och nan och, leag iad thu,
Och nan creach leag iad thu,
Och nan och, leag iad thu
Am bealach a' ghàraidh.

Leag an t-each ceann-fhionn thu,
Leag an t-each ceann-fhionn thu,
Leag an t-each ceann-fhionn thu
Dheadh mhic á Aros.

An déidh an dannsaidh dh' iarr mi fhéin air Aonghas Og duanag a thoirt dhuinn, té d' a fheadhainn fhéin, agus thug e dhuinn an té so.

FOGRADH NAN GAIDHEAL.

LE AONGHAS MAC-EACHARN.

FONN—" *Muile nam Mor-bheann.*"

Cha mhacnas no gàir tha 'n dràsd air m' aire,
Gu 'n iarrainn mo chlàrsach 'thàr am fagus ;
Cha chluinnear mo dhàn am fàrdaich aigheir
'S mi 'n dràsd gun chaidreamh sòlais.

Marbh'aisg air an làimh 'chuir sgànradh fada
Thar monaidh is sàil' fo shàir nam beannaibh ;
Bu shona mo là an gràdh nan gallan,
Nach fàiltich carrant' ni 's mò mi.

Fhuair mi na làraich fhàsail, fhalaimh,
An àiridh 's an b' àbhaist tàmh a ghabhail,
Gun sealgair, gun bhàrd, gun nàmh a' bhradain,
B'e fàth lan-aighear bhi còmhl' riu.

'S na doireachan dlùth 'n robh sùgradh 's aiteas,
Cha 'n fhaicear le sùil ach cùirt gach tighe,
Gun eilid air stùc—is crùnaidh m' airsneul—
Luchd-ciùil nam beannaibh air fògar.

Gach sruthan is allt 's a cheann le bruthach,
Gach tulach, gach meall 's gach gleann a' tuireadh ;
Tha còisir nan crann gun rann, gun luinneig,
Bho 'n chaill iad buidheann nan òran.

Ach 's éighinn dhomh triall, tha ghrian a' laighe,
'S ag éirigh 's an iarmailt fiamh na gaillinn',
Tha smaointean ro chianail lìonadh m' aigne,
'S mi 'm bliadhn' gun charaid ni m' fheòraich.

'Na dhéidh so fhuair sinn sgeulachd o Mhac Aoidh, mu na Fineachan Gàidhealach, a bha air-leth taitneach, is air am bheil e cho eòlach 's a bha Maois air clann Israel, ach bheir mise mo bhòid nach robh sinne cho sgìth de na Fineachan aig Mac Aoidh 's a bha Maois de chlann Israel anns an Fhàsach.

Ghlaodh mi fhéin air Donnachadh-nan-dan air son an ath òrain—" 'N e mise," arsa Donnachadh, " cha 'n eil òran agam." " Mur am bheil dean fear, cha b'e chiad uair ; c' àite am bheil an t-òran a rinn thu do'n mhaighdinn

cireachdail a tha 'n Gleann-urchaidh ? Tha thu agam a nis agus cha 'n fhaigh thu as, gus an cluinn sinn cliù na h-ainnir." " Nach tu tha teann orm " arsa Donnachadh, " 's e duine cunnartach a th' annad-sa, tha do chuimhne cho math 's do mheamhair cho treum, ach mar a thuirt Calum Mor mu'n phòsadh e, " Ged is cruaidh e 's fheudar ann."

ORAN GAOIL.

LE D. MAC-A'-PHEARSAIN.

AIR FONN :—*"Cha 'n ol mi deur tuille."*

Nach brònach leibh mise 's mi brònach gun ise,
Nach brònach leibh mise 's mo chridh' oirr' an geall ;
Mo shùil ris a' mhullach, gu taobh eile mhunaidh,
'S ann tha mo ghaol lurach a' fuireach 'sa ghleann.

Cha choimeas an eala air gilead do m' leannan,
Na neòinean an gleannan, 's driùchd meala mu 'cheann,
Cha d' aithris iad àireamh do d' mhaise 's do t-àilleachd,
'S gach duanag tha 'n Gàidhlig, le bàrdaibh nan gleann.

Gur mis' tha gu truagh dheth, tha càch ga m' chur suarach,
'S tric sileadh le m' ghruaidhean mar fhuaran troimh ghleann ;
An raoir bha mi bruadar bhi 'm chadal ri d' ghualainn,
Nuair dhùisg mi á m' shuain b' fhada uam thu 's an àm.

M' aighear, 's mo ghaol ort de òighean an t-saoghail,
'S tearc tha ri fhaotainn té t-aogais 's an àm ;
Mo chrìdh' air a lìonadh le t-ìomhaigh ro sgiamhaich,
'S tric smaointeanan dìomhain ruith dian ann am cheann.

Gun chron ort ri àireamh o d' mhullach gu d' shàiltean,
Deas, cumadail, àillidh, gun fhàillinn, gun mheang ;
Mar ùr-ròs a' ghàraidh, is fàilean an fhàsaich,
No eilid nan àrd-bheann bhios làmh ri damh seang.

Na 'n robh agam sgiathan gu astar a dheanamh,
B' e m' aighear 's mo mhiann bhi le m' chiall anns a' ghleann,
Ort Anna tha mi 'g iomradh, mo ghaol ort gu h-iomlan,
'S thu thall an Gleann-urchaidh nan tulman 's nam beann.

Bho 'n dh' fhuairich do ghaol dhomh, 's o'n chaochail do thlachd dhomh,
Mar leaghas gaoth aiteamh an sneachd anns a' ghleann,
Ma thug thu dhomh 'n rathad, gu'n iasgaich mi fhathast,—
Cha d' thàinig á Atha nach eil cho math ann.

An déidh dhuinn greis a thoirt air na sean-fhacail cha deanadh ni feum leis a' chuideachd ach gu'n seinninn fhéin òran, cha ghabhadh iad cur dheth agus thug mi dhoibh am fear so.

LEANNAN MO GHAOIL MAIRI BHOIDHEACH.

SEIS :—Leannan mo ghaoil, Màiri bhòidheach,
Leannan mo ghaoil mo chridhe 's mo ghaoil,
A dh' fhalbh mar a ghaoith 's a rinn seòladh,
Leannan mo ghaoil Màiri bhòidheach.

Oidhche Nollaig 'sa sgoil-dannsaidh,
Ghabh mi tlachd is geall ro mhòr dhiot.
Leannan mo ghaoil, etc.

Tha do ghruaidhean mar an caorann,
Mala chaol air aodann bòidheach.
Leannan mo ghaoil, etc.

Tha do shùil mar dhriùchd na maidne,
'S tha do chneas mar shneachd air màmtich.
Leannan mo ghaoil, etc.

Tha do phògan mar an siùcar
Ged nach dùirig thu gin dhòmhsa.
Leannan mo ghaoil, etc.

Ach mur dean thu mise phòsadh,
'S ann fo 'n fhòid bhios m' àite còmhnuidh.
Leannan mo ghaoil, etc.

Bha e nis a' fàs anmoch agus ged nach robh fadal air duine bha stigh, bha an t-àm a bhi bruidhinn air dol dachaidh.

" Cha chreid mi fhéin nach faodamaid rannan-dealachaidh a sheinn còmhla mu'n tog sinn oirnn," arsa Teàrlach Og, " 'de an fheadhainn a ghabhas sinn ?—an dean iad so feum," 's e a' toirt a ghàirdein do Ealasaid dhonn.

Bheir mi hó robha hó
'S mithich dhuinn éirigh
Mo nighean donn.

'S mithich dhòmhsa dol dachaidh,
Tha mi fad' air mo chéilidh.
Mo nighean donn.

" Tha an t-òran sin gle mhath," arsa Paruig, " ach c'iamar so tha 'm fear so dol ? "

" 'S feàrr bhi fuireach na bhi falbh
Ged a bhiodh an turus searbh,
'S fheudar dhomh bhi togail orm "—

" 'Dé an cagnadh mallaichte th' agad air an òran bhòidheach sin," arsa Donnachadh-nan-dàn, " fan sàmhach 's leig le daoine d' an aithne e a sheinn ; so a nis Aonghais reach ris."

'S FHEUDAR DHOMH BHI TOGAIL ORM.

'S fheudar dhomh bhi togail orm,
Fuireach cha dean feum ach falbh ;
Bidh mi nis a' tagoil orm,
A dhìreadh nam fuar-bheann.

Rìgh gur mise tha fo bhròn dheth,
Air an tulaich so 'n am ònar,
Fath mo mulaid thu bhi pòsda
Og-bhean a' chuil-dualaich.

Do na h-Innsean 's tric a sheòl mi,
'S anns gach caladh tha mi eòlach,
Té ni coimeas riut am bòidhchead
Gus a so cha d'fhuair mi.

Ach cha mhaise rùin 's bha bhòidhchead,
A chuir mi cho mór an tòir ort,
'S e mi bhi riut tric a' còmhradh,
Is eòlach air do ghluasad.

'S ann an uair bha sinn ri mireadh,
Air an àiridh am braigh' ghlinne,
Chaidh na saighdean ann am chridhe
A nighean donn na buaile.

Nuair chì mi 'n gleann 's an robh sin còmhla
Buain nan sòbhraichean 's nan neòinean,
'S sinn le chéile aotrum, gòrach,—
Ruithidh deòir le m' ghruaidhean.

Dheanainn iomadh rud nach saoil thu,
Anns an àm ged mheas thu faoin mi,
Mharbhainn fiadh air àird an aonaich,
Coileach-fraoich is ruadh-bhoc.

Dé na'n robh mi pailt an stòras
'S agam feudail air mo lòintean,
Cha 'n eil Griogaireach 's an Eòrpa
Gheibheadh còir de 'm luaidh sa.

Dh' fhàg thu mise so gu brònach,
H-uile latha o'n a sheòl thu,
'S ged a théid mi measg nan òighean
Bidh mo chòmhradh fuar leo.

Ach c' uime am bithinn-sa fo smalan
Is mo liontan air a' chladach,
'S iasg cho math an grunnd na mara
'S a thainig riamh an uachdar.

" Nach bòidheach an t-òran sin," arsa Teàrlach. " Tha e dìreach taghta math," arsa Fear Choir'-an-t-sith, " ach ma tha sibh uile deas bheir Fear-an-tighe dhuinn rannan-dealachaidh."

Sheinn mi fein an sin " Na Làithean a threig " (faic t.d. 149). Dh' fhàg sinn beannachd aig a' chéile, agus gheall sinn dol air chéilidh gu goirid do Chùl-na-Coille. Sin agaibh a nis eachdraidh na céilidh a bha an Ceann-an-tuilm, is bithidh fadal oirnn gus an till a' chuideachd thaitneach a bha againn air an fheasgar ud.

PARA BAN.

Is iomadh deuchainn chruaidh a th'aig a' mhuinntir sin a chaidh a thogail 'sa Ghàidhealtachd air beò-shlainte fhaotainn air a' Ghalldachd. Dh' fhairich Para Bàn agus Mòrag a bhean so nuair a ràinig iad Glaschu. Cha do rinn Para Bàn ni riamh ach obair fearainn, rud nach robh ri fhaotainn anns a' bhaile mhòr, 's mar so cha robh e idir

furasda dha cosnadh fhaighinn. Rachadh e mach 'sa mhadainn air tòir oibre, agus thilleadh e 's an fheasgar airtneulach, fann, o nach d' fhuair a soirbheachadh. Mu dheireadh fhuair e stigh ann am muileann-cotain, ach mar a bha am mi-fhortan 'sa ghnothach, chaidh am muileann ri theine oidhche bha sin, agus chaidh thusa Phara Bhàin a thilgeil á obair. Cha robh atharrachadh air. Bha Para bochd a' deanamh a dhicheill, ach cha robh obair ri fhaotainn. Feasgar a bha sin thàinig e stigh 's e sgìth air a chasan, agus ro ìosal 'na mhisnich; thilg e e-fhéin anns a' chathair-mhòir a bha taobh an teine; chuir e a dhà laimh a suas ri 'aodann agus thòisich e air e fhéin a thulgadh air ais 's air aghaidh.

"An d' fhuair thu soirbheachadh an diugh?" dh' fheòraich Mòrag.

"Cha d'fhuair mi, 's cha b'e dìth allabain no iarraidh," fhreagair Pàra bochd, 's na deòir a' tighinn 'na shùilean.

"Ma ta," arsa Mòrag, 'bha Peigi Chaimbeul, bean a' *Pholiceman*, an so an diugh, agus bha i ag ìnnseadh dhomh gu'n robh daoine a dhìth orra anns a' *Pholice*, 's am bheil dad a chumadh tusa gun dol air d' aghaidh?"

"Cha 'n eil, cha 'n eil," fhreagair Para Bàn gu siobhalta, "ach am bheil thu cinnteach an gabh iad mi?"

"C'arson nach gabh?" arsa Mòrag, "tha mi cinnteach gu'm bheil thu cho trom, cho dìreach, agus cho coltach anns gach dòigh ris an duine aig Peigi Chaimbeul."

"Cha 'n abair mi," fhreagair Para Bàn, "nach eil mi cho dìreach, agus theagamh cho trom ri Seumas Caimbeul, ach tha aon nì a their mi agus is e sin, nach eil mi cho *àrd* ris-san; agus cha ghabh iad fear 's am bith a tha fo chòig troighean 's naoi òirlich, agus tha òirleach am dhìth-sa dhe sin."

"Falbh, falbh," arsa Mòrag "'dé 's fhiach òirleach?" tha mi cinnteach na'n robh thu toileach gu 'm b' urrainn dhuit thu féin a dheanamh an àirde a tha feumail."

" Ni Math 'gar gleidheil ! am bheil thu as do riaghailt buileach ? " ghlaodh Para Bàn. " Nach eil cuimhne agad mar tha am Biobull ag ràdh,—Cò agaibh le mòr-chùram a dh' fheudas aon làmh-choille a chur r'a àirde féin."

" Tha, tha," fhreagair Mòrag. " Bha sin math gu leòir-'san àm sin ach cha robh am *Police* ann 's na làithean ud, no feum orra. Fhaic thu, tha thu tur aineolach air gnothaichean de 'n t-seòrsa so. 'Nuair a bha Dùghall mo bhràthair-sa an geall a chridhe air dol do 'n arm, ged a bha e dà òirleach fo'n àirde cheart, 'dé shaoil thu rinn iad ris ? "

" Cha 'n urrainn domh a bhreithneachadh," freagair Para Bàn.

" Ma ta innsidh mise dhuit," arsa Mòrag, " thug iad leò e a stigh do sheòmar anns an robh griosach mhòr de theine a róstadh damh ; shuain iad e ann an trì plaideachan, agus chuir iad 'n a shìneadh mu choinneamh an teine so e gus an robh e tais le fallus, an sin an uair a bha gach féith is cnaimh a bha na chorp bog leis an teas, thòisich iad air agus shlaod iad a mach e gus an robh e mu dheireadh glé dhlùth air an àirde cheart. Ach bha aithneachadh beag fhathast 'ga dhìth nuair a rug fear a bha sin air slacan agus thug e sud do Dhùghall anns a' chnuaic 's thog e cnap air mullach a' chinn cho mòr ri ugh circe,—a thilg leth-òirleach os cionn na h-àirde riaghailtich e, agus ghabh iad 'san arm e gu réidh, glan, farasda."

" 'S an robh thu brath a' cheart chleas fheuchainn ormsa ? " dh' fheòraich Para Bàn 's e air chrith leis an eagal.

" C' arson nach feuchadh," fhreagair Mòrag. "Am bheil thu ach òirleach gann de 'n àirde cheart, agus ma bhios e 'na mheadhon air cosnadh fhaotainn dhuit, a chumas do bhean 's do chlann gu'n dol a dholaidh, cha 'n fhaod e bhi gu 'n diùlt thu an seòl ud fheuchainn. Na 'n bu mhise a bh' ann leiginn leò mo shlaodadh 's mo splonadh gus am biodh mo chnàmhan 'san dìosail."

" Tha eagal orm, a Mhòraig, arsa Para Bàn, " nach téid agad air."

" 'Dé am fios a th' agad gus am feuch sinn," fhreagair Mòrag " faigh an t-slat-thomhais gus am faic sinn de 'n fhior àirde a tha thu."

Chaidh an t-slat-thomhais fhaotainn, chuir Para Bàn dheth a bhròqan, chuir a dhruim ris a' bhalla, ghabh Mòrag an t-slat-thomhais, 's rinn i mach gu'n robh e mar leud ròinnein do chòig troighean is ochd òirlich.

" Seadh ma ta," arsa Mòrag, " cuiridh mise geall gu 'm bi thu còig troighean 's naoi òirlich mu 'n tig àm dol a laighe ! "

" Nach fhaod e bhi gu'n crìon 's gu 'n crup mi mu'n tig a' mhadainn ? " dh' fheòraich Para Bàn, 's eagal a bheatha air.

" Tha thu glè cheart," fhreagair Mòrag, " 's mar sin leigidh sinn leis gu madainn ; an sin théid thu dìreach as a' so gus an àite anns am bheil iad a' cur muinntireis air na daoine, agus 'g an tomhas, 's cha 'n fhaod e bhi gu'n dean thu crìonadh no crupadh air an rathad."

" Gu dearbh cha rachainn an urras air a' sin," fhreagair Para Bàn, " is neònach an rud nach crup 's nach searg, ris an reothadh so."

" Nach cuir thu do chòta-mor ort, agus do bhreacan mu d' mhuineal 'g ad chumail seasgair, blàth, agus bi 'g ad shior shìneadh féin, 's a' cumail do chinn ri adhar, 's a' sìneadh a mach d' amhaich mar chirc a chitheadh clamhan 's an speur," arsa Mòrag.

Mar so shocraich iad cùisean ; agus moch air madainn dh' éirich Mòrag gu spéideil ; chuir i an t-aodach leapa gu cùramach mu ghuaillibh Phara Bhàin ; an sin chàrn i air a mhuin a h-uile bad aodaich air an ruigeadh a làmh gus an robh an duine bochd 'na shruthlaichibh falluis, 's a sin thòisich an slaodadh an da-rìreadh.

Shlaod is splon is shlaod i a rithist, gus an robh eagal

air an fhear a bha 's an leapa gu 'm biodh e as na cruachain.

"Air d' athais, a Mhòraig ! air d' athais ! " ghlaodh e àird a chinn ; " cuimhnich nach e eige chùrainn anns a' mhuileann-luathaidh a tha thu a' slaodadh. Stad a ghaol a' Mhaitheis ! biodh cuimse air do laimh, cha 'n fhàg thu cnaimh slàn am chorp ! "

" Cha 'n eagal dhuit ! " fhreagair Mòrag 's i gabhail greim ùr air mu chaol nan cas, 's a' cur a casan féin am forcadh ri posta na leapach, " gabh thusa greim daingeann air ceann aghairt na leapach 's bi a ghnàth ag iarraidh a suas nuair a tha mise ga d' shlaodadh a nuas, agus cha bhi sinn tiota ga d' dheanamh fada gu leòir. Sin a nis," arsa ise, 's i 'g a leigeil féin a sios le splaid ann an cathair, a leigeil a h-analach, " cum na plaideachan gu teann mu'n cuairt ort air eagal gu 'm faigh thu fuachd, 's thig agus cuir do dhruim ris a' bhalla aon uair eile."

Bha Para Bàn ùmhal, freagarrach, is rinn e mar a chaidh iarraidh air.

" Leth na bochdainn," arsa Mòrag, tha mu leth-òirleach ga d' dhìth fhathast ; thoir an leapa ort cho luath 's a bheir do chasan thu air eagal gu 'm fuaraich thu 's gu 'n caillear am beagan a' bhuidhinn sinn."

Thòisich Mòrag air an t-slaodadh aon uair eile ach bha i làn mhothachail gu'n robh a saothair diomhain. Coma co dhiubh, cha b' e dòigh Mhòraig an rud air an robh i an geall a ghéilleachdainn gu 'n fhios c' arson. Ciod a rinn i ach gu'n d' fhuair i sgeòd do paipear làidir glas, agus leis an t-siosar-mhòr gheàrr i as cho math ri dusan bonn air cumadh coise Phara Bhàin. An sin rinn i sailleann de bhuntàta fuar agus ghabh i bonn an déidh buinn agus leag i iad air casan an fhir a bha 's an leapa.

" So a nis," arsa ise, " tarraing ort do chas-bheairt, 's cuir ort do sheana bhròg an,—tha iad mò is mór dhuit co dhiubh,—bi mach an dorus, 'sa ghaol a' Mhaitheis na till gun chosnadh."

Thog Para Bàn air, agus an ùine ghoirid bha é aig an àite anns an robh iad a' seotadh agus a' tapachadh na muinntir sin a bha ag iarraidh air a' *Pholice.* An déidh fheòraich dhe, c' ainm a bh' air, dh'iarr iad air tighinn a' leth-taobh 's gu 'm faiceadh iad an robh e an àirde riaghailteach.

" Cuir dhiot do bhròg an," arsa an Ceannard.

" Nach feuch sibh mi mar a tha mi," fhreagair Para Bàn gu ciùin, sìobhalta, " cha 'n eil sàiltean mo bhròg an ach iosal.

" Cha 'n fheuch, cha'n fheuch," fhreagair an Ceannard, " dhiot iad gu h-eallamh."

Cha robh aig Para Bàn ach deanamh mar a chaidh iarraidh air, ach cha robh e 'g a mhothachainn féin comhfhurtachail.

" Seas a nall an so a nis," ghlaodh an Ceannard, " agus cuir do dhruim ris a' bhalla."

Nuair a thòisich Para Bàn ri chasan a chur fodha, mhothaich e gu 'n robh na buinn phaipear aig Mòrag an déidh dol nam brochan leis an teas 's leis an fhallus, 's mu'n abradh tu seachd shleamhnaich a chasan 's chaidh a ladhran os a chionn ; a' fàgail luirg fhliuch air leacan an ùrlair.

" Ciod air an t-saoghal a tha ceàrr air do chasan ? " ghlaodh an Ceannard bho thaobh thall an tighe.

" Cha 'n eil ni, le 'r cead, ach am fallus," fhreagair Para Bàn, 's e 'g éirigh mar a b' fheàrr a dh' fhaodadh e.

" Fallus," arsa an Ceannard, " tha iad cho fliuch 's ged a bhoidh tu dol troimh 'n eabar air cheana do chas-bheairt.

" Cha 'n eil fhios agam nach eil mo bhròg an car aodionach cuideachd," fhreagair Para Bàn, " ach buinidh casan fallusach do'n teaghlach againne bha iad aig m' athair ; ach tha mise cho cinnteach á m' chasan, 's co lùth-mhor ris gach darna duine nuair a tha mo bhròg an orm."

" Cha 'n fhaca mi duine riamh," arsa an Ceannard, " aig

an robh casan cho fallusach a so. Cuir dhiot do stocainean 's gu 'm faic sinn do ladhran."

Bha fichead leisgeul aig Para Bàn bochd. Mur bhith an t-eagal a bh'air gu'n sleamhnaicheadh e a rithist 's gu'n tuiteadh e air a bheul 's air a shròin, bha e a dh' aon leum a mach an dorus. Cha ghabhadh an Ceannard leisgeul no diùltadh 's mu dheireadh tharraing Para Bàn dheth a stocainean 's bha sgaoth de na buinn phaipeir-ghlas aig Mòrag, air an ùrlar.

Chrom Pàra Bàn bochd a cheann ri làr. Bhrùchd fallus fuar a mach air, o mhullach a chinn gu bonn a' choise. Dh' fheuch an Ceannard ri amharc miothlachdach, frionasach, ged a bha fèath-ghàire ri fhaicinn air a ghnùis, agus aoidh uile 'n a shùil. Mu dheireadh rinn e glac mòr gàire, agus an sin dh' fheòraich e do Phara Bàn ciod a thug air an cleas ud fheuchainn; nuair a chuala e mar a bha cùisean a' seasamh, gu'n robh bean is teaghlach an crochadh ris, agus gu'n robh e fada mach á obair, thubhairt e gu coibhneil :—

"A dhuine bhochd tha mi duilich air do shon, cha'n eil e comasach dhòmhsa àite fhaotainn dhuit air a' *Pholice*, ach tha mi tuigsinn gum bheil gille-gnothaich a dhìth air an t-Siorram, agus bruidhnidh mi ris air do shon."

Bha an Ceannard cho math ri fhacal agus ann an latha no dhà chaidh muinntireas a chur air Para Bàn mar ghille do 'n t-Siorram, le tuarasdal math, 's le obair aotrom.

Tha Mòrag ann an làn bheachd gur ise a fhuair cosnadh do Phara Bàn, chionn tha i ag ràdh mur cuireadh ise na buinn phaipear 'n a bhròg an nach cuala e riamh gu'n robh gille a dhìth air an t-Siorram, agus tha Para Bàn cho taingeil, socharach 'n a dhòigh is gu'n leig e leatha a bhi 'sa bharail sin—mar a tha an sean-fhacal ag radh—"An toil féin do na h-uile 's an toil uile do na mnathan."

An uair mu dheireadh a chunnaic mise Para Bàn bha e gu luath làidir, gun ghaoid gun ghalar, 's cho cinnteach

á chasan ri aon ghobhar a bha riamh an Diùra. Ach cha 'n eil uair a théid e mach air ghnothach do'n t-Siorram, le bhriogais ghoirid 's le chòta-dearg nach bi na balaich a' toirt spiolaig as agus a' glaodaich, " Para Bàn nan cóig-troighean-gu-leth : am bheil do chasan fallusach an diugh a Phàruig ? "

Eadar. le FIONN.

CURAIDHEAN-TEALLAICH.

LITIR DO DH'IAIN BAN OG.

IAIN, A LAOCHAIN.—Chuala tu an sean-fhacal " Is obair latha tòiseachadh," agus mar so cha bhi mi cur seachad ùine ann an goileam air bheag seadh, ach bheir mi dhuit mo sgeul gun roimh-ràdh air bith. Cha 'n ann an diugh no 'n dé a chuala mi gur ioma rud a chì an duine a bhios fada beò, agus ged nach eil mi féin idir am sheana bhodach gun ghruag, chunnaic mi rud no dhà ann am latha nach robh sùil agam ri fhaicinn. Cha b' ann a' bruidhinn air thuaiream a bha Donnachadh Theàrlaich nuair thuirt e " Is mòr a chì duine mu'n téid e air a chuthach ; " 's mur bhith gu'n robh mo chiall féin air a dheadh stéidh-eachadh, chunnaic is chuala mi rud no dhà air a' bhliadh-na so a bheireadh bhuam e. Tha fhios agam gu math gu'm bi iongantas ort a chluinntinn ciod e an nì ùr no annasach a chaidh eadar mi agus mo chadal an dràsd. Tha 'r leam gu'n cluinn mi thu 'g ràdh " Theagamh gu'n deachaidh ' Fionn ' a thaghadh leis an sgìreachd mar aon de'n chòmhlan tha ri amharc as déidh nan sgoilean." Moire, 's mi nach deachaidh ! Cha robh iarraidh agam air. Cha 'n e nach eil mi theagamh cho math ri cuid de na chaidh a thaghadh. Ged nach eil mi cho làn sgoil ris an fheadhainn a chaidh a thaghadh cha'n abair mi nach eil

barrachd toinisg agus tùr agam, agus tha iad 'nan àite féin a cheart cho feumail ri sgoil agus Beurla-mhór. Is fada o'n a thuirt an sean-fhacal "Cha 'n i 'n ro-sgoilearachd is feàrr," 's mur eil fhios agam cia meud cànain a th' anns an t-saoghal tha fhìos agam cia meud latha th' anns na h-Iuchair-shamhraidh, agus tha so na 's feumaile dhòmhsa no ged a rachadh agam air gach cànain dhiubh labhairt gu fileanta. Ach cha 'n e so tha cur dorrain orm aig an àm so ach rud cho gòrach, amaideach 's a chuala tu riamh. Ciod th' agad air no dheth ach gu'm bheil iad an déidh buidheann de *Volunteers* a chur air chois anns an sgìreachd so. Cha 'n eil fhios agamsa am bheil gnothach aig an ni so ri ana-creidmheach mòr a bha 's an Fhraing aig aon àm air an cuala mi 'm ministeir-mór a' bruidhinn: ma's math mo bheachd 's e *Voltaire* a b' ainm dha. Ach biodh sin mar a thogras e cha 'n e aon duine math a chuir na *Volunteers* do'n sgìreachd so. Nis cha 'n eil duine eadar Maol-Chintìre agus an Rudha-garbh is dìlse do'n Chrùn na mise, ach air a shon so uile cha 'n eil mi faicinn ciod air an t-saoghal am feum a th' anns an arm-fhuasgailte so. Mo chreach 's mo sgaradh! Is truagh leam-sa a' Bhàn-righ nuair a dh' fheumas i i-féin earbsa ris na curaidhean-teallaich so. Na 'm faiceadh tu féin na gaisgich! Cha robh an leithid riamh an Sgairinnis ged is iomadh càineadh agus di-moladh a chaidh a dheanamh air na laoich a bha sin—'s iad na "cearcan-mara" a bh' aig a' Bhàrd Mac 'Ille-Sheathannaich orra—

"Cha 'n eil iad òrdail
'S cha ghluais iad còmhla,
'S cha 'n eil iad bòidheach,
Aon dòigh 'g an gabhar iad."

Thachair a' cheart leithid do shaighdearan na sgìreachd so. Is fhada o'n a chuala mi an t-seann riaghailt Ghàidhealaich, "Leathan ri leathan is caol ri caol"; ach Moire

cha 'n ann mar sin a chaidh na laoich so a chur an òrdugh. Gheabh thu fear beag màganach coltach ri stòp leth-bhodaich, agus an sin fear slim fad-chasach cho àrd ri crann giubhais 's cho caol ri snàthaid-mhòir. Fear cho maoth ri puinneig sheilich 's cho dìreach ri saigheid, 's fear eile ri ghualainn cho cruaidh croganach ri seann racan daraich. Fhuair iad Ceannard a h-uile ceum á Sasunn 'gan teagasg—duine glas-neulach odhar le "casan fada caol, is corp goirid fann," Mur eil mo chluasan 'g am mhealladh 's e *Captain Attchew* a their e ris féin, oir cha 'n eil duine 's an sgìreachd a gheabh a theanga m' a ainm. 'S e 'n dòigh air an dlùithe thig thu air, snaoisein a ghabhail, agus nuair a thig sreobhart ort their thu ainm an laoich so gun taing dhuit—"*Attchew.*" Tha Beurla an duine so cho Sasunnach, agus labhraidh e i cho luath 's gu'n robh e cho math dhuit feuchainn ri coileach Frangach an tighe-mhòir a thuigsinn, agus 's e thàinig as a' ghnothach gu 'n deachaidh fios a chur air Dòmhnull Saighdear mar eadar-theangair. Tha beachd agad air Dòmhnull: ma chreideas tu e féin cha robh cath bho Chuil-fhodair gus a' so nach robh e 'n a theis-meadhon—a' buidhinn cliù dha féin agus da dhùthaich—gu sònraichte dha féin; ach a dh' innseadh na fìrinn dhuit cha robh Dòmhnull riamh an cath a bu mhiosa na nuair a leum e féin agus Seumas Mòr air a' chéile ann an Tigh-a'-Chaolais; agus air son e bhi 's an arm, bha e mios anns an Fhreiceadan-dubh, ach theich e, 's bha cho beag meas aca air 's nach b' fhiach leò cur air a shon, ged a bha e 'ga fhòlach féin fad mios fo 'n leaba an déidh dha tighinn dachaidh, air eagal 's gu'n tigeadh iad air a thòir. Ma's math mo bheachd 's e *dissenter* no *deserter* thuirt am Maighstir-sgoil ris nuair a thàinig e air ais. Ach coma leat so, ghabh Dòmhnull Saighdear os làimh na gaisgich so a chur roimh 'n teagasg agus théid mise 'n urras nach leth-obair a th' aige 's an ni so. B' fhiach dhuit dol astar math á d' rathad

g' a fhaicinn 's g' a chluinntinn 'gan cur an òrdugh 's 'gan teagasg. Tha cheann cho àrd 's ged a b'e Tighearna Chluaidh, agus lùb air an comhair a chùil leis cho dìreach 's a tha e. So agad mar tha e dol an ceann a' ghnothaich. "Nis fhearaibh," their esan, "nuair their mise *Halt*, stadaidh sibhse. Nuair their mise *Stand at ease*, leigidh sibhse 'ur n-anail. 'S nuair a their mi *Right about face*, théid sibhse cùl-air-bheul-thaobh."

Cha 'n eil mise faicinn ciod air an t-saoghal am feum a tha 's an obair so, a' toirt dhaoine òga air falbh o'n obair agus a' lìonadh an cinn làn amaideachd. Dh' fhalbh an latha anns am feumar cliù ar dùthcha a chumail suas le neart a' chlaidheimh. Ma tha na h-òganaich deònach air cliù a bhuidhinn dhaibh fèin agus urram an dùthcha a chumail a suas, faodaidh iad so a dheanamh ann an dòigh no dhà. Seasadh iad dìleas air son na fìrinn; gluaiseadh iad gu modhail, stuama; ionnsaicheadh iad an cànain féin a leughadh agus a sgrìobhadh; biodh iad duineil misneachail air taobh a' Cheartais; agus seachnadh iad gach nì a bheireadh orra claonadh á slighe na fìrinn agus na stuamachd—a dh' aon fhacal gabhadh iad mar am facal-suaicheantais, "Mo Dhia agus mo Dhùthaich," agus ma bhios iad fìrinneach d' an suaicheantas, cha 'n fhaighear iad ann an droch still, ach bithidh iad 'n an cliù dhaibh féin agus 'n an onair d' an dùthaich. Cha 'n urrainn domh na 's feàrr a dheanamh aig an àm so no na rannan a leanas a thoirt duit :—

'S BEAG IS MO LEAMSA CIOD A THEIR IAD.

LEIS AN LIGHICHE MAC LACHAINN.

Tha triallairean Albann ri aimhreit an dràsd',
Ach 's beag is mò leam-sa ciod a their iad;
A' siubhal gach dùthcha, 'g an dùsgadh gu feirg;
Ach 's beag is mò leam-sa ciod a their iad:

Fadadh-cruaidh air an gruaidh suas anns na crannagan,
Sùil chlaon air gach taobh glaodhaich gu farumach,
Mur aontaich sibh leinne bidh sibh sgriosta gun dàil.
Ach 's beag is mò leam-sa ciod a their iad.

Aig an Athair tha brath air an aidmheil is feàrr,
Ged is beag is mò leam-sa ciod a their iad;
Co 'n t-aon a tha ceart, no có e tha ceàrr—
Ged is beag is mò leam-sa ciod a their iad ;
'S ann their luchd aidmheil ri chéile, " Cha 'n eil stéidh ann ad theagasg,—
Tha sgriobtur 'sa Bhìobull, ag innseadh gun teagamh.
Gur mise tha ceart, agus thusa tha ceàrr ; "
Ach 's beag is mò leam-sa ciod a their iad.

'S e m' athchuing 'sa mhadainn air Athair nan gràs,—
Ged is beag is mo leam-sa ciod a their iad.
E chumail mo chridhe gun smal air gu bràth,
Ged is beag is mò leam-sa ciod a their iad,—
Le seirc is truas, iochd do 'n t-sluagh, 's a bhi gun uaill spioradail,
Dùilean breòit' a tha fo leòn fheòraich an trioblaid,
Ged theireadh gach fear dhiubh gu'n robh mi gun ghràs,
Gur beag is mò leam-sa ciod a their iad.

Leig fios dhuinn gu goirid ciamar a tha dol duit. Tha sinn uile beò slàn, gun dìth gun deireas.—Is mi do charaid dìleas.

FIONN.

CEILIDH.

LITIR DO DH'IAIN BAN OG.

" Throid mo bhean 's gu'n do throid i rium,
Ghabh i miothlachd agus diumb ;
'S chionn nach b' àbhaist dhi trod rium,
Throid mi rì, mar a throid i rium."

IAIN, A LAOCHAIN,—Gabh mo chomhairle agus cum air taobh an fhuaraidh de na mnathan ; cha 'n eil iad cneasda. Cha'n ann an diugh no'n dé a fhuaradh so a mach. Is e mo bheachd féin nach ann de na b' fheàrr a' cheud té ; agus, bho sin gus a' so, fhuair iad droch ainm, agus tha e brath leantainn riu. Tha beachd agad mar tha 'n sean-fhacal ag ràdh " Far am bi bó bidh bean, agus far am bi bean bidh mallachadh," agus fear eile,—"A thoil féin do gach duine agus an toil uile do na mnathan." An déidh a' h-uile rud a th' ann cha 'n eil mi 'g ràdh nach eil na mnathan mar tha buntàta nan coimhearsnach—math is olc.

Cha'n eil teagamh nach eil iongantas ort ciod a thàinig eadar mi féin is Màiri nuair a tha mi a' leigeil ruith do m' theangaidh air an dòigh so mu na mnathan. 'S beag sin, fhir mo chridhe, ach cluinnidh tu gun mhòran maille, oir so Màiri tighinn agus bheir mi dhuit a sgeul 'na facail féin, oir gheall mi innseadh dhi an uair a bhithinn a' sgriobhadh ad ionnsaidh a chionn 's gu'n robh toil aice guth beag a ràdh riut. Tha i nis aig mo ghualainn agus feumaidh mi gach facal a chur a sios mar dh' iarras ise, air neo cuiridh i teas anns na clusan agam. Tha i ag ràdh—" Their thu ris a' ghille chòir ma bha an crùisgein a' dol as a dhìth ùillidh nuair a bha thu a' criochnachadh na litreach mu dheireadh, nach ann a chionn 's nach robh gu leòir a dh' ùilleadh a stigh ; ach a chionn 's gu'n robh thusa tuilleadh 's leisg a dhol air son a' phige, no nach leigeadh an spòrs

leat do làmh a shalachadh." Tha i air falbh a nis leis an làn a bha 'n a sgiathan, 's faodaidh mi nis an ni thogras mi ràdh. Cha 'n abair mise a bheag tuille mu ghalunn an ùillidh. Tha 'n crùisgein làn an nochd, agus tha am " Buachaille Bàn " agam ga bhrosnachadh, 's cha 'n fhaod e bhi nach dean mi litir mhor, fhada réidh, a chur an òrdugh ; ach 's fada o'n a chuala mi nach e " gogadh nan ceann a ni 'n t-iomram." Is ann againn féin tha 'n crùisgein air an fhiach a bhi 'labhairt ! So agad rann no dhà a th'aig a' Bhuachaille Bhàn 'gan aithris—

Tha crùisgein, tha crùsgein,
  Tha crùisgein aig Màiri ;
Tha crùisgein 's an dùthaich
  A tha mi 'n dùil a phàigheas.

Tha gob air a chùlthaobh,
  'S fear ùr air a bheulthaobh,
Is lasaidh e gun ùilleadh,
  Le sùgh a' bhuntàta.

Chaidh mi feadh na dùthcha
  A sgrùdadh mo chàirdean,
Fhuair mi cuinneag ùillidh,
  'S cha chùirnicheadh e mhàs dhomh."

Nach e mo laochan am Buachaille Bàn, 's nach foghainteach an crùisgein a th' againn an Ceann-an-tuilm.

Ach cha 'n fhaod mi bhi cur seachad ùine le goileam gun seadh, oir tha mòran agam ri innseadh agus is tric a chuala mi mo mhàthair ag ràdh, " Cha dean corrag mhilis ìm, 's cha dean ' glucam-oirre ' càise."

Gheall mi sgeul goirid dhuit air a' " chéilidh" a bh' againn 's an tigh so o chionn ghoirid. B'e chiad fhear a thàinig oirnn Mac Aoidh o Chùl-na-coille agus, aig a shàil

bha Pàruig na Seann-làraich agus Aonghas á Bràighe Bhaile, Dòmhnull Art, Teàrlach Og, agus h-aon no dha eile nach aithne dhuit. Chuir sinn Màiri bheag a mach a dh' iarraidh Sheumais Mhòir 's a dhà nighinn, agus chaidh Iain Alasdair do na tighean-gu-h-àrd a dh' iarraidh nigheanan na Bantraich. Nuair a bha 'n còmhlan cruinn dh' iarr mi féin air Dòmhnull Art duanag a thoirt dhuinn, agus mar d' fhuair sinn sin ; oir cha 'n eil iad ann a bheir bàrr air Dòmhnull ann an seinn nan òran. Thug e dhuinn —" C'àite 'bheil an comunn àbhach " (faic t.d. 117). Chòrd an t-òran so gu ro-mhath ris a' chuideachd agus fhuair sin an ath fhear o Mhàiri Bheag, a sheinn gu binn, bòidheach, an t-òran so air am bheil thu gle eòlach—

Ged tha mi gun chrodh gun aighean,
Gun chrodh-laoigh, gun chaoirich agam ;
Ged tha mi gun chrodh gun aighean
Gheabh mi fhathast òigear grinn.

Fhir a dh' imicheas troimh 'n bhealach,
Giùlain bhuam-sa mìle beannachd,
'S faodaidh tu innseadh do mo leannan
Mi bhi 'm laighe 'n so leam féin.

Fad na h-ùine bha Màiri a' seinn an òrain bhòidhich sin bha mo laochan am Buachaille Bàn 'n a chrùban thall ann an cùil-na-mòna agus cha luaith a sguir Màiri na chualas e a' réiteachadh a mhuineil agus a' tòiseachadh mar gu'm biodh e ag ailis oirre ann an guth trom, tùchanach—

" Ged tha mi "—

" Sguir, a gharraich ! " arsa mise, " Moire ' 's fàs a' choill as nach goirear ! ' Gu'm biodh an aghaidh agadsa feuchainn ri òran a sheinn ! agus gu seachd sònraichte gu'n togadh tu do ribheid reasgaich an déidh mo Mhàiri bheag

laghach." Coma co dhiubh ghlaodh a' chuideachd gu léir, "Oran bho'n Bhuachaille Bhàn," agus cha robh feum cur 'nan aghaidh. An taice an òrain chaidh am Buachaille mar so—

Ged tha mi gun bhreac gun sgadan,
Gun mhac-làmhaich gun chnùdan agam ;
Ged tha mi gun bhreac gun sgadan,
Gheabh mi fhathast bodach-ruadh.

Fhir a dh' imicheas do 'n ghealaich,
Feuch gu 'n till thu ruinn gu h-ealamh ;
'S feuch gu 'n ìnns' thu do na balaich,
Sgadan salach bhi 'sa chuan.

Nuair a' chaidh sinn thun a' chnùdain,
Rìgh gur mise nach robh sùrdail ;
Bha na mùsgan ann am shùilean ;
Chaidh mo dhùsgadh tuilleadh 's luath.

Nuair a ruig sinn Sgeir-nan-crùban,
Bha mi 'm shìneadh air a h-ùrlar
Anns an taoim am measg nam mùsgan
Agus mùrlach fo mo chluais.

Ged tha mi gun slat, gun mhaorach,
Cha 'n eil mi gun ràmh gun taoman ;
Gheabh mi slat 'sa Choille-chaorainn,
Agus maorach taobh nan stuadh.

Ged tha mi air bheagan beairteis,
Gheabh thu bhuam-sa h-uile ceartas ;
Pailteas ghròiseidean is dhearcan,
Uighean chearc, 's buntàta fuar.

Cha mhòr nach do laigh sinn a' gàireachdaich air òran a' Bhuachaille Bhàin.

Thug an sin Mac Aoidh sgeulachd dhuinn rud a rinn e gu deas-bhriathrach, àlainn mar is math is aithne dha.

Bha fonn-dannsaidh a nis air a' chuideachd agus ged nach robh inneal-ciùil againn dhanns sinn gus an robh sinn tais le fallus, oir tha fhios agad—

" Gur tric a bha sinn, fhir mo chridhe,
Gun phìob gun fhidhil a' dannsa."

Chuir sinn am Buachaille Bàn a channtaireachd, agus 's e chiad " phort-a-beul " a thug e dhuinn

---

AM MUILEANN-DUBH.

Tha 'm Muileann-dubh air bhogadan,
Tha 'm Muileann-dubh air bhogadan,
Tha 'm Muileann-dubh air bhogadan,
'S e togairt dol a dhannsa !

Tha nead na circe-fraoiche,
'Sa Mhuileann-dubh 's a' Mhuileann-dubh ;
Tha nead na circe-fraoiche,
'Sa Mhuileann-dubh o Shamhradh !

Tha ioma rud nach saoil sibh,
'Sa Mhuileann-dubh 'sa Mhuileann-dubh,
Tha ioma rud nach saoil sibh,
'Sa Mhuileann-dubh o Shamhradh !

Tha gobhair is crodh-laoigh,
Sa Mhuileann-dubh, 'sa Mhuileann-dubh ;
Tha gobhair is crodh-laoigh,
'Sa Mhuileann-dubh o Shamhradh !

Shaoil leam gu'n robh snaoisean,
'Sa Mhuileann-dubh 'sa Mhuileann-dubh ;
Shaoil leam gu'n robh snaoisein
'Sa Mhuileann-dubh, 's gun deann ann !

Fhuair sinn an sin " 'S ann an Ile bhòidheach," agus na dhéidh sin—

Righlidh na coilich-dhubha,
'S dannsadh na tunnagan ;
Righlidh na coilich dhubha,
Air an tulaich làmh rium.

Air an tulaich agam fhéin,
Air an tulaich urad ud ;
Air an tulaich agam fhéin,
Air an tulaich làimh-rium.

An uair a shuidh sinn a sios an déidh an dannsaidh dh' iarr mi air Pàruig na Seann-làraich stiall de bhàrdachd Oisein a thoirt dhuinn. An déidh beagan coiteachaidh agus misnich thug e dhuinn h-aon de Sgeulachdan na Féinne cho mìn, réidh, 's a rachadh tu féin no mise tròimh " Mhurachan is Mearachan," oir tha e mion eòlach air bàrdachd Oisein. Their iad rium-sa—agus ma's breug bhuam e's breag chugam e,—gu'm bheil Pàruig cho déidheil air a bhi leughadh Oisein 's gu'm bheil e aige air sorachan mu choinnibh nuair tha e gabhail a' bhrochain, 's gu'm bheil làn spàine de bhrochan, 's làn sùla de dh' Oisein aige mu seach. Cha'n eil fhios nach abair thusa uime so mar a thuirt Gobhainn Mor Bhaile-nan leac mu Phara Rothach, "Am burraidh bochd, b' fheàrr dha 'n Leabhar Shalm a bhi aige." Is e thug air a' Ghobhainn so a ràdh mu 'n duine chòir, stòlda ; daoine bhi ag ràdh gu'n robh Pàra Rothach a' toirt leis nam paipearean-naidheachd gu obair agus 'gan leughadh an sin.

An uair a dh' aithris am Buachaille Bàn dhuinn, "Murachan is Mearachan" agus "Lùr-a-pocan," thug sinn tàcan air "Bualadh a' bhuilg," air am b' àbhaist dhomh bhi glé dhéidheil nuair bha mi 's an sgoil; agus an déidh sin chaidh sinn troimh 'n "Mhart Bhradach" agus "Capall Phearsain air chall," oir cha 'n eil sinn a' leigeil nan seana chleasan Gàidhealach air dhi-chuimhn' ann an Ceann-an-tuilm. Thug Aonghas Og dhuinn òran gaoil a rinn e fein, 's air m' fhacal gu'n robh e binn, bòidheach. Gheall e a sgrìobhadh dhomh, agus nuair a ni e so cuiridh mi ad rathad e. Chaidh ioma rann neònach is òran binn aithris air an fheasgar sin, air nach eil cuimhn agam-sa, oir chuir sinn seachad feasgar cho cridheil, càirdeil, agus neo-lochdach, 's a chunnaic thu riamh. Is ann an tigh Mhic-Aoidh an Cùl-na-Coille, tha an ath "Cheilidh" mhór ri bhi, agus ma tha e 'n dàn domh dol ann, cò aige tha fios nach innis mi dhuit cuid de na chì 's de na chluinneas mi an sin. Tha fhios agad mar tha 'n sean-fhacal ag ràdh, "Is e crioch gach comuinn dealachadh" agus thàinig an t-àm dhuinne dealachadh agus air dhuinn oidhche mhath a ghuidhe d'a chéile, ghabh gach aon a rathad féin dachaidh.

Tha sinn uile beò slan aig a' bhaile so. C'uin a gheabh sinn litir as a' Cheardaich? Tha sinn a' gabhail fadail air a son. Ag guidhe d' fhaicinn slàn. Is mi do charaid dìleas.

Ceann-an-tuilm, FIONN.
Oidhche Nollaig, 1878.

BARDACHD NEONACH.

FHIR MO CHRIDHE,—Ged tha mi cur dragha ort gu tric tha fhios agam nach bi thu 'n gruaim rium aig an àm so nuair dh' innseas mi dhuit gur e mo leisgeul, gàire a thoirt

dhuit air òran éibhinn a sgriobh am Buachaille Bàn. So agad mar a thachair an gnothach. Co thuit tighinn an rathad air feasgar Di-màirt co chaidh ach Aonghas Og, Bràighe-'bhaile, agus shuidh e féin agus mise fad an fheasgair anns an t-sabhal a' còmhradh ri chéile. Am measg rudan eile air an d' rinn sinn aithris thug sin tarraing air a' bhàrdachd—tha Aonghas cho làn bàrdachd 's a tha 'n t-ugh de 'n bhiadh—agus thuit dhuinn bruidhinn gu sònraichte air duanagan agus òrain an Eireannaich mhòir sin *Tomas Moore,*—an aon bhàrdachd is mìne 's is gaolaiche a leugh duine riamh. "Saoil, thu," thuirt mi féin ri Aonghas, "nach gabh rian Gàidhealach cur air cuid dhiubh?" "Cha 'n eil teagamh nach gabh," fhreagair Aonghas. "So agad ma-ta, thuirt mise, "duanag bheag, bhòidheach, agus feuchaidh sinn de ghabhas deanamh rithe 's 'mur dean sinn spàin cha mhill sinn adharc,' oir fàgaidh sinn an duanag mar a fhuair sinn i, 's cha bhi fios aig duine beò gu'n d' fheuch sinn ri spàin a dheanamh."

THE MINISTREL BOY.

The minstrel boy to the war is gone,
In the ranks of death you'll find him;
His father's sword he has girded on,
And his wild harp slung behing him.
"Land of song!" said the warrior bard,
"Though all the world betrays thee,
One sword at least thy rights shall guard,
One faithful harp shall praise thee!"

The Minstrel fell!—but the foeman's chain
Could not bring his proud soul under:
The harp he lov'd ne'er spoke again
For he tore its chords asunder;

And said, " No chains shall sully thee,
Thou soul of love and bravery !
Thy songs were made for the pure and free,
They shall never sound in slavery ! "

So agad an oidhirp a rinn sinn air rian Gàidhealach a chur air an duanaig laghach so.

AN GILLE CLARSAIR.

Chaidh 'n Gille-clàrsair dh' ionnsaidh bhlàir,
'S gu dàn do theas na tuasaid ;
Tha claidheamh athar aig' 'na làimh,
'S a chlàrsach thar a ghualainn.
"A thìr nam Bàrd ! " 's e thuirt an sàr,
" Ged bhrathas càch 's an uair thu,
Aon lann bith'dh dìleas dhuit gu bràth,
'S aon chlàrsach bith'dh a' luaidh ort ! "

Ged 'thuit an Clàrsair, 'chaoidh do nàmh
A spiorad àrd cha ghéilleadh :
A chlàrsach dh' fhàg e balbh gu bràth
Oir gheàrr e aisd' na teudan,
Ag ràdh, " Cha deanar ortsa tàir,
O, anaim graidh is saorsa !
'S ann measg nan treun bha ceòl do theud,
'S co ghleusadh thu an daorsa ! "

An uair a bha mi féin agus Aonghas a' cur na duanaig so air dòigh bha 'm Buachaille Bàn am mach 's a stigh do 'n t-sàbhall —cho luaineach ri circ ag iarraidh nid—ach cha robh sinne am beachd gu 'n robh e gabhail suim air bith de na bha sinn ag ràdh no deanamh ; ach Moire 's e bha !

An uair thog Aonghas air a dh' fhalbh chaidh mi féin ceum an rathad leis, 's a' dol seachad air tigh-nan-gamhna thuirt esan " Ciod air an talamh mhór an sgriobhadh a th' agad air an dorus so ? " An uair sheall mi féin bha 'n dorus air a chùirneachadh o mhullach gu iochdar, le bàrdachd, sgriobhte leis a' chailc uaine a bh' againn a' comharrachadh nan caorach seasg. Ciod a bha 'n so ach obair a' Bhuachaille Bhàin ! An uair a leugh mi féin agus Aonghas na rannan cha mhor nach do laigh sinn leis a' ghàireachdaich. Bha am Buachaille Bàn a' magadh air gach fuaim agus facal a bh' againn ann an duanag a' Ghille-chlàrsair, mar a chì thu. Sgriobh Aonghas Og rannan a' Bhuachaille Bhàin na leabhar-pòca 's tha iad aige cho cùramach ri litir o' leannan. So agad mata facal air an fhacal mar a bha air dorus tigh-nam-gamhna.

GILLE 'N TAILLEIR.

Chaidh gille 'n tàileir moch Di màirt,
Do ghàradh-càil an tuairneir ;
Bha bioran-tomhais aig' na làimh,
Is gràpadh thar a ghualainn.
"A thìr a chàil ! " 's e thuirt Iain Bàn,
" Ged theireadh càch gur fuar thu,
Tha mise 'g ràdh gu 'n cinn an càl
Cho àrd ri cas na sluasaid ! "

Ged chuir Iain Bàn an gàradh-càil
Cha d'thug iad dhà na gheall iad,
'S gun tuille dàlach spion e 'n càl,
Gach bun is bàr, 's b' e 'n call e,—
Ag ràdh, " Cha deanar ormsa tàir
Le bodach grànnda, braoisgeach,
A chaill a dheud ag ìnnseadh bhreug,
'S a ghoideadh treud de chaoirich."

Is e mo bheachd gu 'n abair thu gu 'n d' rinn am Buachaille Bàn gu treun 's gu'm bheil a ranntachd pailt cho Gàidhealach agus h-uile buille cho mìn ris an oidheirp a rinn Aonghas Og agus mise. An uair dhealaich mi ri Aonghas aig Bealach-a'-choin-ghlais shìn e air na h-òrain mar is gnàth leis, 's cha'n eil teagamh nach e'm Buachaille Bàn a bha na aire nuair thog e am fonn so,—

" Tha ho-ró mo phropanach, mo ghille maol,
C'àite 'm faigh mi bean dhuit air an gabh thu gaol !
Tha ho-ró mo phropanach, mo ghille maol ! "

Tha sinn uile beo, slan. "An latha chi's nach faic," is mi do charaid dìleas.

FIONN.

Ceann-an-tuilm,
An fhéill Breanainn, 1879.

MAR A THAGH SINN AR MINISTEIR.

C'IAMAR a thagh sinn ar ministeir ?

Matà, innsidh mise sin dhuibh-sa, a dhuine chòir, agus mur eil mo shùilean 'g am mhealladh, buinidh sibh do 'n eaglais Shasunnaich braigh'-a' bhruthaich. Cead dhuibh-sa, buinidh mise 's mo chompanaich an so do'n eaglais Bhaistich. Tha sinne, iasgairean bochda, fad na seachdain fo smachd an sgiobair, gun chothrom againn air ar cinn a thogail no ar guth a shìneadh ; nis na'm buineamaid do 'n eaglais ud shuas cha bhiodh meas no urram oirnn Di-dòmhnaich seach là eile, 's cha bhiodh dreuchd no ùghdarras againn mu'n eaglais, ach anns na Baistich tha gach fear againn fo mheas agus ann an dreuchd. Tha mi fhéin agus Dòmhnull Mór an so 'nar foirbhich, agus

b'fhiach dhuibh tighinn 'g ar faicinn Di-dòmhnaich, mar a bheir sinn leinn a dh' aona sgrìob, dà thaobh na h-eaglais leis na ladair. Is e mo bhrathair-céile an so, is fear-ciùil anns an eaglais, agus 's e mo bheachd nach robh Daibhidh féin, an latha b' fheàrr a bha e, na bu bhinne na esan air seinn nan Salm. Gabhaibh mo leisgeul, tha mi'n déidh ruith a leigeil do m' theangaidh agus dol troimh mo naidheachd—bha e uam innseadh dhuibh mar a thagh sinn ar ministeir.

Anns an eaglais againne nuair a tha sinn a' fàs sgìth d' ar ministeir, tha sinn a' toirt cead a choise dha—a' toirt dha na bàirlinn, mar a their sibh, tha sinn a' taghadh fir eile 'na àite. Cha 'n eil na ministeirean idir gann, is tha iad coltach ri buntàta nan coimhearsnach, math is meadhonach. A' bhliadhna so chaidh bha an eaglais bàn, 's cha robh ach ministeir ùr a h-uile seachdain againn, agus a dh'innseadh na fìrinn dhuibh-sa chuala sinn tuilleadh 'sa chòir, agus bha sinn a' fàs tòrmasach. Dòmhnach a bha sin le driod-fhortan a thaobh-eigin, thuit gu'n robh triùir dhiubh air ar làmhan, agus thug so gnothaichean gu aonacheann, agus 's e bh' ann gu'n d' rinn sinn a suas ar n-inntinn gu'n taghamaid aon de 'n triùir. Bha 'n seannduine Lachunn Liath, mac do Lachunn Cam, a bha aon uair 'na cheisteir 's 'na sheorsa ministeir ann an Colla, ri searmonachadh roimh mheadhon-latha ; bha Eachann Bàn, ogha do 'n bhàrd ghagach a bha 'n Cadaldan, ri a ghuth a shìneadh an déidh mheadhon-latha ; agus anns an fheasgar, bha an gille caol dubh—'s cha b' aithne dhuinn có 'n sliochd tighe 'g am buineadh e—ri searmonachadh. Tha mise 'g ràdh ruibh gur e latha mór a bha ri bhi againn.

Có thachair orm aig dorus na h-eaglais ach seana Chalumnan-long—nach robh anns an eaglais bho Bhliadhna-na-braoisg—agus arsa esan—

" Gabh beachd air m'fhacail a charaid, chì thusa seòladh teann air a' ghaoith an diugh. Ach 's e mo bheachd gu'n

dean am bodach liath, a tha eòlach air gach sruth is saobh-shruth, falach-cuain air an dithis eile. Cha bhi seòl mór no seòl biodach nach bi aige ri crann."

" So agad e tighinn," arsa mise, agus mi 'ga fhaicinn a' teannadh oirnn le a charaid Seumas Ceisteir—iar-ogha bràthar a mhàthar—a thug aoidheachd dha air sgàth seann eòlas. Thàinig e an taobh a bha sinn, is chuir e fàilte oirnn gu mìn miodalach—bha fhios aige gur ann againn a bha na liabagan r' an roinn. 'S e duine fìor stòlda coltas a th' ann an Lachunn Liath, le ceann mór sgailceach agus aghaidh mhór bhàn. A dhuine chridhe, 's ann aige a bha an sgioladh cainnt anns a' chrannaig. Shearmonaich e fad dà uair an uaireadair air roimh-òrduchadh. Dhearbh e dhuinn le Greugais, Eabhra, agus Laidinn gu'm b'e so an creideamh ceart—agus creideamh ar n-eaglais-ne anns na linntean dorcha. Cha chreid sibh an drùdhadh a rinn a' Ghreugais agus an Eabhra air cuid.

'San tighinn a mach thuirt mi fhéin ri Calum nan-long, " Sud agad cainnt."

" Cainnt òirdhearc, agus teagasg fallain," arsa Seumas, a tha daonnan, ma 's fhìor e fhéin, eudmhor air son a' chreidimh.

Chaidh Lachunn Liath dhachaidh le Seumas Ceisteir, 's iad le chéile anns an làn bheachd gu'n robh an latha leotha.

An déidh mheadhon latha chaidh Eachann Bàn a suas do 'n chrannaig—le fhalt slìogach dubh, a nuas m' a ghuaillean mar nach robh bearradair 'san aon dùthaich ris. Thug e mach a cheann-teagaisg agus dh' innis e dhuinn dealbh nan cruitean-ciùil a th' aig na naoimh air neamh agus mar a ghleusar iad. Ma bha a cheann slìogach a' dol do 'n chrannaig, cha robh e fada innte nuair a bha e pabach gu leòir, oir chuir e dheich meòir troimhe agus thug e nuas m' a shùilean e. Dh' aithris e rann an déidh roinn de bhàrdachd, agus an sin dh' fhàs a ghuth critheanach agus ghuil e gu

goirt gus an robh mu dheireadh taoim anns a' chrannaig. An àm tighinn a mach có bhean ri m' uilinn ach Dòmhnull nan Dàn á Lagan Mór.

"Nach ann an sud a bha bhàrdachd?" arsa esan. "Nach e a chaidh ri sheanair, Bàrd Chadaldan. Cha chualas a leithid o laithean Oisein."

Anns an fheasgar chaidh an gille òg sgafarra dubh, a bha 'na choigreach dhuinn uile, a suas do 'n chrannaig. Bha móran 'sa bheachd gu 'n robh e tuille 's òg air ar son, ged a dh' fhaodadh e bhi tapaidh. Ged a bhlàthaich mo chridhe ris an òganach air son cho pongail, tapaidh 's a bha e, aig a' cheart àm bha fhios agam nach robh e coltach gu'n rachadh a chur air thoiseach air an dithis eile. Thug e mach a cheann-teagaisg, "Do gach neach a réir a chomais." Thuirt e nach robh Dia ag iarraidh air neach air bith ach na bha 'na chomas. Cha robh sinn ri bhi seasamh aig na h-oisnean 's ar làmhan 'nar pòcannan gus na h-uilnean, a' feitheamh gus am faiceamaid gniomh mór maiseach, r' a dheanamh a choisneadh cliù dhuinn ann an sùilean dhaoine ach ris gach uile dhleasdanas a dheanamh gu deas, ealamh —dìreach ri seasamh aige agus ar dleasdanas a dheanamh do Dhia agus do dhaoine gun sùil ri moladh an t-saoghail. Bha an t-searmoin pongail, òrdail, 's cha robh neach an sin nach do thuig a h-uile facal dhi.

An déidh na searmoin bha cruinneachadh beag againn anns an tigh-sheisein a chur ar cinn r' a chéile, agus cha robh ach dà bheachd 'nar measg—co dhiubh a thaghamaid am bodach liath, le chainnt 's le fhòghlum, no Eachann Bàn le a bhàrdachd. Cha d'thubhairt duine facal as leth a' ghille òig a bh'againn 'san fheasgar.

Air Di-ceudain bha coinneamh ri bhi againn anns an eaglais gus an gnothach a chur an darna taobh, ach bu bheag a shaoil sinn nuair a sgaoil sinn feasgar na Sàbaid de cho luath 's a thaghamaid ar ministeir.

Is e mo bheachd nach bi am feasgar Sàbaid sin air dhi-

chuimhn' anns an sgireachd so cho fad 's a sheòlas bàta a mach as a' chamus, no cho fada 's a tha iasgair a' fuireach mu na cladaichean—oidhche na stoirm mhòir theirteadh rithe, nuair a chaidh an long *San Pedro*, as an Spàinnt, 'na clàraibh air na Sgeirean Dubha.

Is seann seòladair mise a sheòl an cuan mór, agus tha e 'na chleachdainn agam sùil a thoirt a mach air an iarmailt gach feasgar mu 'n gabh mi mu thàmh. Air an oidhche so chunnaic mi long mhór anns an Linne Sheilich, agus cha bu toil leam idir coltas nan speur, oir bha na baideil dhubha a' ruagadh a chéile agus roth mu'n ghealaich.

Ged a chaidh mi laighe cha b'ann gu cadal, oir mhothaich mi gu 'n d' éirich a' ghaoth agus bha mi cluinntinn nan tonn feargach a' sadadh air na creagan. Chuimhnich mi air an luing a chunnaic mi a' fiaradh na linne, chuir mi orm m' aodach agus ghabh mi mach.

Dia 'g ar teasraiginn b' e sin an oidhche! Am bheil sibh a' faicinn na sgeire duibhe ud? Cha 'n fhaca sibhse an làn thairis oirre o 'n a thàinig sibh do 'n sgìreachd, agus faodaidh sibh a bhi bliadhnachan an so gun an sealladh sin fhaicinn; ach air an oidhche ud bha na tuinn a' dol thar a cinn, agus a' sadadh air a' cheadha. Cha robh reult ri fhaicinn—

> " Shéid a' ghaoth is chas an sruth,
> Is dh' éirich suas na tonna tiugh
> Gu h-éitidh garbh."

Bha tein-adhair is tàirneanach ann nach fhacas 's nach cualas riamh a leithid. Cha robh fear no bean anns a' bhaile nach robh aig a' chladach—ag gabhail seòrsa fasgaidh aig bun a' cheadha. Ann an soillse uamhasaich an dealanaich chunnaic sinn an long eireachdail 'ga h-iomain leis an stoirm gus na Sgeirean Dubha. Cha robh air thalamh na b'urrainn a teàrnadh a nis. Dia 'gan cuideachadh! Bha na mnathan a' gul 's a' caoineadh air

son nam fear treun a bha dol gus am bàs, 's air son nam mnathan a bhitheadh gu goirid 'nam banntraichean, agus nan teaghlaichean maoth a bhitheadh air am fàgail 'nan dilleachdain.

Las an speur aon uair eile le tein-adhar agus leis a' bhaoillsgeadh chunnaic sinn an *San Pedro* a' bualadh air na sgeirean, agus dh' éirich glaodh bho na bh' air bòrd nach d' fhàg riamh mo chluasan. Dh' fheoraich sinn de chéile, "An gabh dad idir deanamh?" Bha an cuan a' goil, agus cha robh bàta air a' chladach a sheasadh anns an stoirm re seal. Cha robh e cneasda do neach feuchainn ri snàmhadh a mach, ged a bha ropa deas againn aig ceann a' cheadha. Bha a' ghealach a nis air éirigh, agus mar sin bha e comasach dhomh fhaicinn dé bha dol air aghaidh air tìr. Aig bun a' cheadha bha na mnathan 'sa chlann 'nan cròilean, agus teann orra, eadar iad is sinne, bha Lachunn Liath agus Eachann Bàn 's iad ceann-ruisgte. Bha Lachunn Liath ag ràdh gu'n robh na bha iad a' faicinn air òrduchadh o'n a leagadh bunaitean an domhain, agus dh'innis "Beul na Firinn," Peigi Mhór, dhomh nuair a bhuail an long air na creagan gu'n do thoisich e ri aithris na laoidh—

An dòighean diomhair gluaisidh Dia,
Thoirt 'iongantais mu'n cuairt;
Mar charbad dha tha 'n doineann dhian,
'S tha lorg a chois 'sa chuan.

An doimhneachdan de ghliocas sìor,
Tha 'rùintean taisgte suas;
Is cuirear leis a thoil an gniomh
Mar 's miann leis fhéin gach uair.

Bha leam gu'n robh a h-uile duine 'san sgìreachd air an oidhche ud aig bun a' cheadha, ach cha robh mi 'faicinn a' ghill' òig a shearmonaich air an fheasgar ud, cha robh mór iongantas orm, oir chuala mi gu'n deach e dh' fhuireach

le caraid dha a mach air an dùthaich, ach direach nuair bha e 'nam bheachd, chunnaic mi e nuas an ceadha 's e 'na fhuil 's na fhallus. Sud e tighinn, a ghnùis a' dearrsadh le soillse iongantaich.

" Seasaibh a thaobh, a mhnathan." Gu stòlda, ciùin, dh' òrduich e as an rathad iad.

Nuas an ceadha ghreas e seachad air Lachunn Liath is Eachann Bàn, gus an d' ràinig e sinne aig gob a' cheadha. Thilg e dheth a bhròg an 's a chòta, 's ag glacadh ropa 'na làimh, arsa esan, " Nis, 'illean ! "

Dh' fheuch sinn ri chumail air ais, le làmhan fhéin cheangail e an ropa m' a mheadhon. A' toirt aon sealladh air an luing a bh' air na sgeirean agus sealladh eile air neamh, thuirt e, " Seasaibh a thaobh ! " agus thug e duibhleum a mach thar ceann a' cheadha.

Lean sinn e mar a b' fheàrr a dh' fhaodamaid 's e snàmhadh anns an t-sruth ìoganach a bha goil mar Choire-Bhreacain, agus—

" Snàmhaiche a b' fheàrr na 'n laoch
Cha do leag a thaobh ri sruth."

Bha sinn a' feòraich r' a chéile an ruigeadh e sàbhailte, agus 'ga leantainn le 'r sùilean 's e cogadh an aghaidh sruth is soirbheis. Mu dheireadh thug na seòladairean an aire dha agus thoisich iad air a mhisneachadh. Chunnaic sinn e ruigheachd na luinge, agus thilg tonn beò slàn air bòrd e. An sin thog sinn uile iolach àrd, agus thug sinn taing do Dhia a rinn a chòmhnadh.

'S e bh' ann gu'n d' fhuair gach duine a bh' air an *San Pedro* sàbhailte gu tir. Fear an déidh fir ràinig iad an ceadha B' e am fear mu dheireadh a thainig air tìr an gille glan, misneachail, a rinn an gnìomh eugsamhail ud. Bha e cho bàn ri bréid agus an fhuil a' sruthadh á sgoch a fhuair e anns a' bhathais. Chruinnich sinn uile mu'n cuairt air, 's e mar neach a thilleadh o na mairbh.

"'Illean," arsa Calum-nan-long, "cha 'n eil móran agamsa ri ràdh, ach their mi so "—agus ag glacadh a' ghille air laimh, ghlaodh e—"Gu 'm beannaicheadh Dia ar ministeir!"

An sin ghlaodh sinn uile a dh' aona bheum 's a dh' aona bheachd—"Gu'm beannaicheadh Dia ar ministeir!"

"Aon ghlaodh eile," arsa mise, agus a' dol an taobh a bha Eachann Bàn thuirt mi ris gu tàireil, "C' àite bheil do bhàrdachd a nis?"

Aig a' cheart àm faicear Seumas Ceisteir, 's aoidh uilc air, a' dol an taobh a bha Lachunn Liath, 's a' crathadh a dhuirn 'na aodann, arsa esan—"C' àite bheil thu fhéin 's do roimh-òrduchadh a nis?"

An sin dh' éirich aon uair eile an glaodh, "Gu'm beannaicheadh Dia ar ministeir!"

Sin agaibh a nis, a dhuine chòir, mar a thagh sinn ar ministeir; 's cha robh aithreachas riamh oirnn air a shon.

DOMHNULL NAM PRAT.

CHA b' aithne dhuit Dòmhnull nam Prat!

Tha sin cho math dhuit! Bha fear no dhà 'san dùthaich a bhiodh toilichte na 'm b' urrainn dha sin a ràdh.

Ciod a bha Dòmhnull ris?

Mata, b' fhasa ràdh ciod nach robh e ris. Bha e air uairibh ris an dròbhaireachd agus uairibh a' falbh le pac; ach ciod air bith a bha e ris, bha na pratan a' leanailt ris. Pratan ann no as, bha Dòmhnuil tapaidh; mhealladh e 'n t-ugh bho 'n eun, 's an t-sithionn o'n t-sionnach. Mar is tric a thachair d'a leithid, bha Dòmhnull gu math pàiteach; is nuair a bha deoch a dhìth air cha rachadh e as a h-aonais gun chleas no dhà fhiachainn chum a faighinn.

Thuit dha, latha blàth samhraidh, bhi tarraing dlùth air

Tigh-a'-chuain, 's gun 'na phòca na dh' òladh a dheoch-slàinte ; ach ged a bha sin mar sin, cha robh toil sam bith aige dol seachad gun deoch fhaighinn. Chunnaic e uinneag chùil an tighe an togail, agus paidhir de bhròg an ùr, nodha, am bonn na h-uinneige. " Ni so an gnothach," arsa esan ris fhéin, agus sgioblaich e leis na bròg an. Cheangail e an nèapaicinn dheirg iad ; chuir e bhata troimh cheangal na nèapaicinn is thàinig e mu 'n cuairt oisinn an tighe 's na bròg an thar a ghualainn. Chaidh e stigh is dh' fheòraich e air son Fear-an-tighe. Chaidh innseadh dha nach robh e fad air falbh, is gu'm biodh e stigh a thiota. Shuidh thusa, Dhòmhnuill, chuir thu na bròg an fo 'n bhòrd is dh' òrdaich thu botal leanna gus an tigeadh Fear-an-tighe air ais. Thàinig Fear-an-tighe, is chuir e fàilte air Dòmhnull ; oir bha iad sean eòlach. Dh' fheòraich e ciod a chuir an rathad so e an dràsd.

" Nach robh mi," arsa Dòmhnull, " shìos aig Donnach-adh Dubh air son paidhir bhròg a bha e deanamh air mo shon. Cha ròbh e aig an tigh ; ach bha na bròg an deas, is thug mi leam iad. An déidh dhomh Bruthach na Ceàrdaich a thogail, shuidh mi air a' chloich-mhìle a leigeil m' anail, agus dé rinn mi ach gu'n d' fheuch mi orm na bròg an ; agus mar a bha am mi-fhortan 'sa ghnothach, nach eil iad modhas teann air mo shon. Tha iad eireachdail anns gach dòigh ach dìreach cumhann gu leòir. Tha leisg orm dol air m' ais leò, agus tha fhios agad féin cho coirbte 's a tha Donn-achadh Dubh."

" Is ann agam a tha. Nach ann mu'n cheart ni sin a chuir mi fhéin 's e fhéin a mach air a chéile. An do phàigh thu na bròg an ? "

" Nach eil fhios gu'n do phàigh," fhreagair Dòmhnull-nam-Prat. " An e gu'n leigeadh Peigi chruaidh air falbh iad gun an t-airgiod ? "

" Mata, ma tha iad pàighte," arsa Fear-an-tighe, " cha 'n e Donnachadh Dubh a ghabhas air an ais iad,"

" Nach e so a th' orm," arsa Dòmhnull-nam-Prat."

Dh' òrdaich Dòmhnull leth-bhodach, is shuidh e fhéin is Fear-an-tighe ris. Nuair a bha na fir a' fàs blàth, dh' fhosgail Dòmhnull an nèapaicinn, is chuir e na bròg an air a' bhòrd.

" Mata," arsa Fear-an tighe, " tha na bròg an snasmhor, cho cumachdail eireachdail ri " Bròg an a' ghiollain Ilich "— ciamar so bha iad sin ? Bha latha 's rachadh agam air an ràdh aithris."

" Cuiridh mi geall," arsa Dòmhnull-nam-Prat, " nach téid agad air, an diugh."

" Cuiridh mi geall leth-bhodaich gu'n téid," arsa Fear-an-tighe, 's e 'n déidh a chuid fhéin de'n cheud leth-bhodach òl.

" Rach ris, ma ta," arsa Dòmhnull, is e an geall air an fhear eile thoileachadh.

Brogan a' ghiollain Ilich.

Is ann mar so a dh' iarr an giollan Ileach a bhròg an—
Bròg an bileach, baileach, beul-dhubh,
O dhruim-leathar nam bò ;
O thàrr-leathar nan aighean ;
Farra-bhuinn a steach, gearra-bhuinn a mach ;
Buinn fhada dhìreach 'nan sineadh eatorra sin ;
Built chiar-dhubh dhonna o chìrein na droma ;
Snathainn chaol réidh, gun gheur tarraing air éiginn ;
Làmh deagh fhòghluim 'gam fuaghal ;
'S nach faiceadh am bonn an t-adhar,
No 'n t-uachdar an talamh ;
Buanadas bròg fir eilein ;
Eireachdas bròg mhic Righ ;
'S ged bhuaileadh i air a' chreig,
Gu'm bu mhiosa do 'n cheig na dhì.

" Cha do shaoil mi gu'n robh do mheamhair cho math," arsa Dòmhnull ; " chaill mi 'n leth-bhodach ; ach cha chall na gheabh caraid."

" Cha chall, gu dearbh, a Dhòmhnuill. Am bheil fhios agad air a' so, gu'm bheil mo shùil anns na bròga ; agus mur a bhi gu'n d'thug mi òrdugh do Phara mòr Greusaiche paidhir ùr a dheanamh dhomh, bho chionn mìos, 's ann a ghabhainn fhéin iad. Tha iad glé choltach ri cumadh mo choise."

" Feuch ort iad," arsa Dòmhnull," " cha do rinn Para mòr riamh bròga cho snasmhor cumachdail riu sin ; agus mur eil ach mios bho na fhuair e an t-òrdugh, bithidh, co dhiùbh, trì miosan mu'm faigh thu iad. Is iomadach breug a dh' ìnnseas e mu'n tig na bròga dachaidh."

Dh' fheuch Fear-an-tighe air na bròga, is fhreagair iad gu gasda.

" Nach briagh tha iad a' freagairt," arsa Fear-an-tighe," 's ann a shaoileadh tu gu'n deachaidh an deanamh air mo shon fhéin."

" Gu dearbh, is ann ; agus bho na tha sin mar sin," arsa Domhnull, " seach an tilgeil air làmhan Dhonnachaidh Dhuibh, bheir mi dhuit saor iad."

" Cha 'n eil feum agam orra," fhreagair Fear-an-tighe ; " mar a dh' innis mi dhuit cheana, tha òrdugh aig Para mòr paidhir a dheanamh dhomh."

" Tha ; ach cha 'n eil fhios cuin a gheabh thu iad," fhreagair Dòmhnull-nam-Prat. " Eisd so ; bheir mi dhuit iad air leth 's a chosd iad agus prìs na dh' òl sinn."

" Tha sin a' coimhead glé chothromach," arsa Fear-an-tighe.

" Thoir dhomh ochd tasdain, agus is leatsa na bròga," arsa Dòmhnull-nam-Prat, " is fhada bho nach robh paidhir cho comhfhurtachail air do chasan."

Cha robh an còrr mu'n chùis ; phàigh Fear-an-tighe ochd tasdain ; is dh' fhalbh thusa, Dhòmhnuill-nam-Prat dhachaidh ag gaireachdaich air mar thug thu'n car á fear an tigh-òsda.

Is ann nuair a bha e 'gan cur air, Di-dòmhnaich, a thuig fear-an-tigh-òsda mar chaidh an car a thoirt as.

" Nach bòidheach na bròg an a fhuair mi an sin," arsa esan ri mhnaoi.

" Tha iad glé laghach ; ach bithidh am prìs a cheart cho bòidheach," fhreagair ise.

" Cha robh bròg an riamh cho saor air mo chasan—an do phàigh mi ach ochd tasdain orra," arsa esan, " do Dhòmhnull-nam-Prat."

" Sguir de d' bhòilich air Di-dòmhnaich. Cuin a thòisich Dòmhnull-nam-Prat air a' ghreusachd ? " fhreagair ise.

Dh' innis Fear-an-tighe dhi an sin gach cùis a bha eadar e fhéin agus Dòmhnull-nam-Prat, gu ruig an leth-bhodach a bhuidhinn e air son " Bròg an a' ghiollain Ilich " aithris.

"A leth-bhurraidh gun tùr ; cuin a dh' fhàsas tu glic," fhreagair ise," cheannaich thu bho Dhòmhnull-nam-Prat do bhròg an fhéin, a dh' fhàg Para mòr Greusaiche a' cheart latha sin.

O leth na truaighe " fhreagair Fear-an-tighe, " cha téid mi 'n eaglais an diugh ! "

DARNA BEAN PHARA NA SLUASAID.

Mu'n àm so an uiridh chaidh mi chur seachad na Nollaig, le m' charaid am Maighstir-sgoil a tha 'sa Chill-àlainn—a dh' innseadh na firinn 'se fhein is duine agus is dithis 's an sgireachd—'se is cleireach Seisein, fear-ciùil na h-eaglais, cho math ri dreuchd no dhà eile nach ruigear a leas ainmeachadh. Nuair a rainig mi co bha air thoiseach orm ach Seumas Mac Cuithein, lighiche òg a mhuinntir an Eilein Sgitheanaich, a bha, mar bha mi fein, air aoidheachd leis

a' Mhaighstir-sgoil, agus mur eil mi air mo mhealladh, 'na leannan aig Beathag, a tha cumail tighe le a bràthair.

Air feasgar a bha sin bha sinn gu seasgair blàth 'nar còilean mu'n teine, ged a bha, mar thuirt am bàrd—

" An oidhche nis air fàs ro shalach,
Bhrùchd na tuiltean troimh na gleannaibh,
Fhreagair creag is beinn le farum
Fuaim na gailleann air an raon."

Eadar dhà naidheachd chuala sinn Beathag a' bruidhinn ri cuideigin aig an dorus agus 'gan cuireadh tighinn a stigh.

Chuir Beathag a ceann a stigh air dorus an t-seòmair agus arsa ise ris a' Mhaighstir-sgoil—"A Dhòmhnuill, so agad Para na h-eaglais aig an dorus 's toil aige bruidhinn riut leat fhein."

" Càirich a nuas an so e," arsa Dòmhnull, agus a' tionndadh rium fhéin 's ri m' charaid, arsa esan—" Tha fhios agam gasda de chuir an so an nochd e. Chaill Pàruig a bhean o chionn còrr is bliadhna, 's tha dà bhantraich air a luirg, is theagamh gu'n do rinn e suas té dhiubh phosadh, 's bithidh e tadhal mu na ' gairmean '—mur eil mise air mo mhealladh gheabh sinn sgeul ait."

" Thig a stigh a Phàruig," arsa esan 'se tionndadh ris an fhear a bha 'san dorus, " 's gheabh thu do Nollaig. Ciod air an t-saoghal a chuir a mach thu a leithid so de dh' oidhche ? "

" Mata cha 'n ann a thoirt droch fhreagairt oirbh a tha mi," arsa Pàruig, " ach chuir an rud a chuir an earb air an loch—an éiginn—direach an éiginn a dh' innseadh na firinn, an cead na cuideachd, thuit faradh nan cearc, an cac 's na h-iteagan orm—tha gnothaichean air tighinn gu aona-cheann—tha 'n taoim air dol thar nan tobhtachan, agus thainig mi chur mo chomhairle ruibh fein, ma bheir sibh cothrom dhomh ; 's duilich leam dragh a chur oirbh is cuideachd leibh."

" Gheabh thu mo chomhairle, a Phàruig, ach so dhuit so an toiseach," arsa am Maighstir-sgoil. " So dhuit do Nollaig, is feumail thu air deur beag ad' shealbhan 's an oidhche cho fuar ; suidh a suas ris an teine 's nuair a ghabhas tu blàthas gheabh sinn do sgeul—cha 'n eil a so ach dà charaid dhomhsa, tha iad le chéile cho Gaidhealach ri gas fraoich, 's mar sin cha bhi sinn a cosd Beurla orra."

Chuir mi fhéin agus Seumas Mac Cuithein fàilte air a' bhodachan. Dh' òl e làn na cuaiche 's chuir sud blàthas air, agus thòisich a theanga air gluasad.

" Bha toil agam," arsa esan, 's e tionndadh ris a' Mhaighstir-sgoil " ar comhairle ghabhail mu 'n chùil-chumhainn anns a bheil mi an dràsd, oir cha robh duine riamh air a chur chuige mar a tha mise."

" Nach eil fhios agadsa a Phàruig," arsa am Maighstir-sgoil

" Gur lionar trioblaid agus teinn
Thig air an fhìrean chòir ? "

" Tha glé mhath," fhreagair Pàruig, " agus air feadhainn nach bi 'n am fìreanaibh idir."

" So so, a Phàruig, thoir dhuinn do sgeul," arsa am Maighstir-sgoil, " cho luath 's dh' fhaodas tu, mur eil mise air mo mhealladh tha boireannach aig bun a' ghnothaich."

" Tha le'r cead, a dhà dhiubh, ach leigibh-se leam agus gheabh sibh mo sgeul o bhun gu bàrr. Nuair a chaochail Mòrag agamsa, a bhliadhna an Fhoghair so chaidh, bha mi gun mhath, gun fheum, dìreach mar eun aig am biodh sgiath bhriste, am uallach dhomh fhéin 's gun mi faicinn ciod am feum dhomh bhi beo. Bha so nàdurra gu leòir, oir 's e boireannach deanadach glic, pongail a bh' ann am Mòraig—a cuid de Phàrras dhi ! Cha 'n fhaigh mise a leithid ri m' bhèo ! Nuair a bha mi anns an t-suidheachadh so, 's gun fhios agam co dhiùbh bha mi beò no marbh—có a thòisich air tighinn 'gam fhaicinn ach bantrach ruadh an t-seicleir a tha 's an ath chroit rium. Mheas mi 'na

choibhneas i thighinn a dh' fheòraich cia mar a bha dol dhomh. An sin thigeadh i 'sa mhadainn 's dheanadh i mo leaba, 's chuireadh i àird air an tigh, chàireadh i mo stocainean 's dh' fhuaghaileadh i putan air mo bhriogais. Ma bha mhadainn fuar thigeadh i le cuach bhrochain am ionnsaidh fhad 'sa bhiodh mo theine fein a' lasadh. Bha i fuathasach coibhneil, coimhearsnachail. Latha bha sin thuit dhi tighinn a stigh 's mi losgadh mo chorragan a' pùradh poite buntàta. "A ! " arsa ise, " a Phàruig, cha bhi thu ceart gus am faigh thu boireannach còir coibhneil an àite na te nach maireann, agus bheirinn comhairle ort a bhi air air d' fhaicill o na guanagan chaileag tha dol mu'n cuairt—gòragan aotrom gun seadh gun chiall—amhairc mu'n cuairt ort, 's cha ruig thu leas dol fada o d' dhorus féin air son boireannach stéidheil mu dheich bliadhna fichead—mu 'm aois fhéin a Phàruig—te a chunnaic obair tighe 's do 'n aithne fear a stiùradh."

" Thug mi taing is buidheachas do 'n bhoireannach air son a deadh chomhairle agus gheall mi dhi smaointeachadh mu'n chùis. A dh' innseadh na firinn dhuibh bha mi meas gu'n robh e fior choibhneil dhi a bhi ag amharc as mo dhéidh fhein 's as deidh mo thighe gun sireadh gun iarraidh. Latha bha sin bha mi cnuasachadh na comhairle a thug bantrach an t-seicleir orm, is có a thàinig a stigh ach bantrach bhras an tàilleir chrùbaich á Baile-nan-clach, a thuit a bhi dol seachad 'san am, 's thadhail i, mar thuirt i fhein a dh' fhaicinn cia mar a bha dol dhomh o'n a chaochail Mòrag—'s ghuil i gu goirt air son na té nach maireann. Nuair a thainig i chuige arsa ise, " Bhithinn a nuas 'gad fhaicinn roimhe so, a Phàruig ach bha sùil agam d' fhaicinn shuas o chionn còrr agus mìos. Nach do dh'innis Seònaid chlaon dhuit gu'n robh mi 'gad iarraidh a suas Oidhche Shamhna." "A Pharuig," arsa ise, " 'si 'g amharc orm ann an clàr an aodainn, bu mhath leam t'fhaicinn a' togail ris a nis, rinn thu caoidh air son Mòraig ùine chuimseach—

trì miosan na's fhaide na bha mise caoidh an tàilleir—gu'n teagamh dh' fhaodainn-se caoidh mios no dha na b' fhaide mur a bhith gu'n robh piseagan aig a' chat ann am bhoineid dhuibh—'s chuir sin crioch air mo thuireadh."

"'Ille," arsa ise, 'si toirt purradh dhomh anns na h-aiseannan le a h-uilinn, "am bheil fhios agad có 'n t-aodann a chunnaic mi anns an sgàthan Oidhche Shamhna nuair sheall mi thar mo ghualainn chlì ?" Chaog i rium 's ghabh i mach.

"Am bheil fhios agaibh air a so, cha 'n eil fhios agam ciamar, no car son, ach thòisich m' inntinn air togail o'n là a bhruidhinn bantrach an tàilleir rium, 's bha mi gabhail mo ghreim bidh na b' fheàrr.

"Cha b' fhada bha bantrach an t-seicleir a' toirt an aire dha so, agus bha i 'm beachd gu'n robh so ag éirigh o bhi leanailt a comhairle chàirdeil, agus ag gabhail a brochain."

"Is taitneach," arsa mise, "coimhearsnaich chàirdeil choibhneil a bhi aig daoine."

"Tha amharus agam a nis ciamar a tha cùisean ri ruith," arsa am Maighstir-sgoil, "greas gu ceann do sgeòil 'sam faic sinn co té de na bantraichean a bhuidhinneas an réis, a Phàruig."

"Bhuidhinn," arsa Paruig, "bhuidhinn iad le chéile ann an dòigh ach ann an dòigh eile cha do rinn a h-aon dhiùbh móran deth, ach tha móran agam ri innseadh fhathast mu 'n ruig mi deireadh mo sgeòil. Ach a thilleadh gu m' naidheachd. Bha mo bhriogaisean-caithe air an càireadh cho tric nach robh fhios agam fhéin ach gann ciod a bu dhath dhaibh an toiseach, agus latha bha sin arsa bantrach an t-seicleir 'si ag amharc orra, 'cha ghabh na briogaisean càireadh tuille—cha 'n eil iad coltach ri duine deanadach 'sam bith, gun tighinn air Maor eaglais. Tha paidhir agam shios 'san tigh a bh' aig an t-seicleir, cha robh iad air leth-dusan uair riamh, agus tha fhios agam gu'm freagair iad dhuit." Thug i nios iad an ath latha 's dh'fhàg i agam

iad. Bha sin air Di-h-aoine. Air Di-dòmhnaich co rinn a' suas rium fhéin air an rathad dhachaidh ach bantrach bhras an tàilleir chrùbaich, agus arsa ise 'tha ad agam shuas a sud a bh' aig an tàillear, 's tha fhios agam gu'm freagair i dhuit, cho math ris a' chota ghorm leis na putain bhuidhe, 'se do bheatha 'gan ionnsaidh. Thig a nios feasgar an ath-oidhch' agus feuch ort iad.' Arsa mise rium fhéin tha 'm Freasdal a' cur orm, agus o nach robh toil agam dol an aghaidh toil an Fhreasdail, a suas ghabh mi aig ciaradh an fheasgair agus thill mi dhachaidh leis a' chòta ghorm 'nam achlais, agus an ad air mo cheann. Tha 'n ad rudan beag tuille is mor air mo shon, thig i nuas thar mo chluasan corr uair, bha ceann fuathasach air an tàillear, fhuair e bàs le uisge 'sa cheann. Bha mi moiteil as an aid, oir chitheadh tu t'fhaileas innte ; agus gu sonraichte as a' chòta ghorm 's na putain bhuidhe, agus dé rinn mi ach innseadh do bhantrach an t-seicleir cho coibhneil 'sa bha bantrach an tàilleir, agus chuir mi orm iad 'gan leigeil fhaicinn dhi, 's bha mi cho moiteil ri aona bhalachan a fhuair briogais ar son na ceud uaire. Ach fhearaibh 'sa ghaoil, o'n latha sin thoisich mo thrioblaidean. Mu'n tainig crioch air an t-seachdain bha mo thigh air a dhinneadh le àirneis o dhorus gu anainn, cho làn ri aon sgeap-sheillean a chunnaic sibh riamh, oir thug bantrach an t-seicleir an aire gu'n robh cas ghoirid air a' bhord 's cha'n fhòghnadh leatha ach gu'n tugadh i stigh a bòrd fhéin. Leis a' bhòrd thug i stigh sè cathraichean—cathair mhor da laimh, cathair bheag leinibh, agus chàirich i air an ùrlar iad. An sin shuidh i aig taobh an teine agus arsa ise 'Nach grinn tha iad a' freagairt an tighe—'s ann a shaoileadh tu gu'n robh iad air an deanamh air son an tighe so.'

"Theagabh gu'n robh," arsa mise gu neo-chiontach, 's gun mi breathnachadh ciod a bha 'na h-inntinn-sa, 's air falbh ghabh i 's i gogadaich coltach ri circ an déidh éirigh bharr a nid.

'Na dhéidh sin cha robh latha nach robh ball àirneis ùr a' tighinn a stigh do 'm thigh—aodach leapa aon latha, poit latha eile, cuinneag an diugh is meadar am màireach gus mu dheireadh an gann a dh' fhàg i stop airneis 'na tigh fein. Tha e coltach gu'n cuala bantrach bhras an tailleir mu chùisean, oir thoisich ise agus rinn i cheart leithid ri ceann eile an tighe—lion i an seòmar làn chathraichean is gach ni dà réir. Arsa ise, " chunnaic mi ann am bruadar na thug orm so a dheanamh agus cha bhi thu ach a' dol calg dhìreach an aghaidh an Fhreasdail ma dhiùltas tu uiread agus aon chathair. Bha mi féineil gus a nis ach chuala mi guth ag ràdh c'ar son a bhiodh tusa ad' shuidhe air cathraichean grinn socrach nuair a tha 'n duine air am bheil thu 'n geall 'na shuidhe air bòrd lom cruaidh."

" Tha mo thigh cho làn airneis gur gann a gheabh mi dol a laighe, ach 'se mo bharail gu'm feum cartadh mor a bhi ann oir a dh' innseadh no firinn thàinig mise an so a nochd a chur a stigh nan gairmean."

"An e gu'm bheil thu dol a phòsadh na dithis ? " arsa am Maighstir-sgoil.

" Is mi nach eil," arsa Pàruig—" 'se mo bheachd nach pòs mi h-aon de 'n dithist, ach cha 'n eil am bonnach beag bruidh fhathast, cha do ràinig mi deireadh mo sgeòil fhathast. Nuair a bha mi air mo theannachadh 's air mo chuartachadh leis an dà bhantraich 'se bha am inntinn gu'm faotainn na bu mhiosa dheanamh na te dhiubh a phòsadh, ach bha fhios agam na 'n deanainn so gu'm biodh an te eile air an dearg chuthach, 'san rùn na biodaig rium ri m' bheò, 's mar so ghiùlain mi leotha. Dh' innis bantrach ruadh an t-seicleir dhomh gu'n robh a h-uile duine 'san sgìreachd a faicinn gun robh bantrach an tàilleir a' bristeadh a casan as mo dhéidh, ach arsa ise ' cha bhiodh tu duilich a thoileachadh na'n gabhadh tu té a chuir a fear do'n uaigh le struighealas—cha 'n eil do dh' òr 'san rioghachd na chumadh rithe—agus bha a cheart naidheachd aig bantraich bhrais

an tailleir mu bhantraich an t-seicleir ach a mhain so, gu'n do chuir ise bàs a fear leis a chruas. Feasgar a bha sin thuirt mise rium fhéin, cha dean so an ghnothach, feumaidh, mi cead mo choise bhi agam 'nam thigh fhéin, theid mi suas 's gabhaidh mi comhairle a' mhinisteir. Chaidh mi thun dorus tighe a mhinisteir 's cò dh' fhosgail e ach an t-searbhanta, Ceit Raonaill.

" Thig a stigh a Phàruig," arsa Ceit, " tha an oidhche fuar ach tha teine math agam 'sa cheann so de'n tigh, tha cuideigin leis a mhinisteir an dràsd."

Nis 'se caile bhlàth-chridheach a th'ann an Ceit Raonaill agus tha facal aoidheil aice daonnan ri ràdh rium 'san dol seachad, ged nach rachadh-mid riamh ro dhàna air a chèile —agus chaidh mi stigh leatha, shuidh sinn is thoisich sinn ri conaltradh.

" Suidh a stigh thun an teine a Phàruig," arsa Ceit, " tha 'n oidhche fuar." Shuidh mi fhéin a stigh."

" Is ciamar a tha thu nochd ? " arsa ise gu cridheil, caoibhneil.

" Tha mise gu h-eibhinn " arsa mise, " ciamar tha thu fhéin ? "

" Math gu leòir am shlàinte," arsa ise, " ach air mo chlaoidh ann am spiorad, agus tha mi na's miosa nuair thig an t-anmoch mar so oir tha eagal orm roimh na bòcain. Suidh na's dlùithe orm a laochain 's mi fo uamhas."

" Suidh thusa na's dlùithe ormsa," arsa mise, " is thig e gus an aona chuid." Shuidh Ceit teann orm fhéin. " Uist," a Phàruig arsa ise—'si 'g amharc an taobh a bha 'n uinneag.

" Cha d'thuirt mise facal," arsa mise.

"Ach nach cuala tu rud-eigin ? " arsa ise 's i tarraing a cathair teann ri m' thé-sa.

" Cha chuala mise ni ach plosgail mo chridhe," arsa mise.

" O mise ! " arsa Ceit, " théid mi cearr 'san inntinn ! cuir do làmh mu 'n cuairt orm a laochain." Chuir mi fhéin mo lamh mu timchioll.

" Cum teann mi a Phàruig, air neò theid mi seachad," arsa ise. Chum mise teann rium i le m' uile neart.

" O, a Phàruig," arsa ise, " cha chuireadh na bòcain iomagain orm na'n robh thusa daonnan ri m' thaobh, ach cum teann mi gus am faigh mi thairis air an eagal so."

Chum mi cho teann ri m' thaobh i nach eil fhios agam ciamar nach do bhrist mi a h-aisnean. Bha sinn 'nar suidhe mar so car tacan mu choinneamh an teine nuair thuit dhomh fhéin sùil a thoirt mu 'n cuairt is co a bh' air ar cùlaobh a' faicinn 's a' cluinntinn na bha dol, ach am ministeir 'sa bhean.

" Tha mi toilichte gu'n d'thàinig sibh," arsa mise, " oir cha 'n eil Ceit ach bochd."

" Tha mise toilichte gu'n d'thàinig mi cuideachd," arsa am ministeir glé ghobach. " Bha amharus agam gu'n robh a' chluicheanachd so a' dol air aghaidh ; ach chunnaic mi air " mo shon fhéin e nis. Rach thusa dhachaidh a Phàruig," arsa esan, "agus ma bhios gairmean pòsaidh eadar thu féin is Ceit a stigh roimh Dhi-dòmhnaich so tighinn cha bhi 'n còrr mu 'n ghnothach, ach mur bi, bithidh tu fhéin agus ise mu choinneamh an t-seisein."

"Air m' fhacal cha b' urrainn domh facal a ràdh as mo leth fhéin agus shèap mi mach gu simplidh—coltach ri fear a gheabhadh buille 's an t-sròin. Sin agaibh a nis mo sgeul agus thàinig mi an so a nochd a chur a stigh nan gairmean. Dé bhur barail ? "

Chuir am Maighstir-sgoil mu'n cuairt a' chuach 's dh'òl sin uile deoch-slàinte bean-na-bainnse, 's chaidh Pàruig dhachaidh a bhruadar air a' bhanais. Chuala mi gu'n deachaidh am pòsadh oidhche na Bliadhn'-ùire."

Theagamh gu'm bu mhath leibh a chluinntinn ciamar a ghabh an dà bhantrach ris a' phòsadh.

Dh' innis am Maighstir-sgoil sin dhomh cuideachd ann an litir a bh' agam uaith. Tha e coltach nuair a chual iad gu'n robh car ùr an righl' a' bhodaich, gu'n d' thàinig bantrach bhras an tailleir a dh' ionnsaidh bantrach ruadh an t-seicleir agus arsa ise " Nach sinn an dà òinnseach ? De tha sinn dol a dheanamh mu 'n àirneis 's an t-aodach leapa a thug sinn do Phara na h-eaglais ? " " Cha 'n eil fhios agam de tha thusa dol a dheanamh," arsa bean an t-seicleir, " ach tha fhios agam de rinn mise. Chaidh mi Di-luain nuair a bha am bodach mosach a mach agus thug mi leam a h-uile ball airneis is rud eile a thug mi dhà." " Rinn thu sin gu gleusda " arsa bantrach an tailleir, " ach tha thusa aig làimh ; cuiridh mise litir a dh' ionnsaidh Phàruig e a chur dhachaidh na fhuair e uam-sa." Tha e coltach gu'n do rinn e so. 'S mur do shiubhail iad o sin tha iad beò fhathast.

A HIGHLAND SETTING OF THE PRODIGAL SON.

RETOLD BY " FIONN."

[A good many years ago, when acquiring some proficiency in writing Gaelic, I used to go on *céilidh* to the house of an aged Islayman in Glasgow, called Neil MacTaggart, who had a fund of Islay folk-lore, some of which I was able to write down from his recital. I remember well when he used a word regarding the correct spelling of which we were both in doubt, he would remark, " fàg bealach air a shon, gus an amais mise air an fhacal anns a' Bhìobull ; ma 's math mo bheachd 's e an t-Abstol Pòl a ghnàthaich e." He had no Gaelic Dictionary and no Concordance, but such was his

knowledge of the Gaelic scriptures that he discovered the desired word with but little trouble. Sometimes, after searching in the Epistles of St. Paul, he would give up the task and turn to the Gospels, where, on his efforts being crowned with success, he used to remark, " Shaoil leam gu'm b 'e Pòl a ghnàthaich e—tha e glé choltach ri facal a bhiodh aige—ach 's e Peadar a chuir gu buil e," after which I would fill up the " bealach " or gap left for the desired word. One evening, sitting by Neil's fireside taking down a "sgeulachd," I observed that a few Gaelic-speaking friends came in and quietly took their seats. I prepared to come away, but he told me to remain, as he expected Duncan Macintyre, a true son of Islay, to hold a Gaelic " Kitchen-meeting," adding as an inducement for me to remain—" Tha Donnachadh bochd laghach, agus roghadh na Gàidhlig aige." I knew Duncan by sight, but had never heard him discourse, so I decided to remain. However, the hour came but not the man, something having detained him ; but in order not to send those who had assembled empty away, old Neil gave out a Gaelic Psalm, which we sung to " Kilmarnock." Thereafter " le cead na cuideachd " he took down from a shelf a well-thumbed copy of " *Leabhar nan Cnoc* " bound in native calf-skin, and from it he read with great pathos the affecting story of " Màiri a' Ghlinne "—among the sobs of the women present. He then repeated the Lord's Prayer and concluded the service by singing two verses of Psalm ciii. About a week later I was present when old Duncan came to hold a meeting. He was profuse in apologies for his absence the previous week, having been detained at the bedside of a Highlander at the Infirmary. Duncan, I may say, was a Baptist ; he had been at College, and had such a love for Latin that he attended the Humanity Class at Glasgow University for fourteen sessions, a fact which gained him the facetious designation of " The Professor." He was a kind, quiet, and earnest Christian. He died in

his native parish a few years ago. He was no "higher critic," but he liked to bring Scripture truths home by presenting them in modern garb, and therefore he had no hesitation in making the music provided for the feast in honour of the Prodigal's return that of the bagpipes. His exposition of the parable of the Prodigal Son made such an impression upon me by its originality that I am sure that in what follows I have done but little violence to Duncan's discourse. Having read the chapter containing the parable, he closed the Book and proceeded as follows.]

Is e a th' againn ann an so eachdraidh seann duine còir a chaidh a shàrachadh le peasan mic—am mac a b' òige. A chàirdean nach tric a chaidh am mac a b' òige a mhilleadh! Bha a bhràthair a réir na h-eachraidh th' againn 'na ghille còir, gleusda, math gu obair. Is e bu sgalag aig athair mu'n àm so; 's nuair a bha esan ris an treabhadh bha a bhràthair ri lunndaireachd 's ri leisg, 's cha 'n iarradh e na b' fheàrr na bhi aig bainnsean, no faidh-richean, 's cha robh ropainn 's an sgireachd ceart mur robh eaan an sin. Bha a chompanaich, mar bu dual, glé choltach ris fhéin. Theireadh na sgaoimearan so ris "na'n d'fhuair thusa do chuid féin 's tu bhiodh sona dheth. Bu chòir dhuit an saoghal fhaicinn. Cha bhi 'nad bhràthair ach an t-airean r'a bheò." Latha bha sin bha athair 'ga smàdadh air son a leisg, agus cho toigheach 'sa bha e air cuideachd, nuair a thionndaidh e gu gobach miobhail air a' bhodach agus arsa esan—"Tha sibh daonnan a' talach air m' obair, mur am bheil sibh toilichte thugaibh dhomhsa mo chuid fhéin 's leigibh cead mo choise dhomh." 'Se mo bheachd gu'n robh an seann duine car socharach 'na dhòigh, agus chuir dalmachd a mhic 'na bhreislich e, agus dé rinn e ach dol d'a chiste agus chunnt e sgillinn mu seach do 'n mhac a b' òige agus d'a bhràthair. Chuir e cuid a bhràthar a bu shìne air ais ann an seotal na ciste agus shìn e a chuid féin do 'n fhear a b' òige. Chuir mo laochan

sud 'na sporan, chuir e air aodach caomhnaidh, 's gun bheannachd fhàgail aig duine, thug e chasan ás. Thug an làn a bha 'na sgiathan astar math o'n tigh e. "Tha mise," arsa esan, "a nis far nach aithnich duine beò mi, 's coma ciod, a ni mi. Is leam fhéin na th' agam, 'se mo chuid fhéin a th' ann 's nach fhaod mi mo roghainn a dheanamh leis." Cha b' esan a' cheud bhurraidh, no idir am fear mu dheireadh a labhair cho faoin is so. Cha robh e fada anns a' bhaile so nuair a dh' amais seòid coltach ris féin air. Gheabh am fear aig am bheil sporan, 'se fialaidh leis, gu leoir a ghleidheas a chuideachd. 'Sann a nis a thòisich e air caitheamh a chuid ann am beatha struidheasaich. Mo laochan, bu mhath air cùl a' bhotail e, 'se nach sòradh paigheadh. B'e 'n gille e cho fad 'sa mhair a chuid, ach mu dheireadh thall ràinig e grunnd a sporain, 's chaill e chreideas 'sa chàirdean a dh' aona latha. Thàinig latha eile. Cha 'n e rud a bha an dràsd a dh' fhóghnadh. Bhuail an t-acras e. 'Se mo laochan an t-acras. Bheir e 'n stràic gu leathad. Ach mar tha e sgrìobhte, "Cha tug neach air bith dha." Faic a nis e. Am fear a bha tàrmusach mu bhuntàta is sgadan an dé dh' itheadh e 'm buntàta fuar gun annlann an diugh, agus taingeil 'fhaotainn. "Ach cha tug neach air bith dha." Seall a nis air mo laochan! Nach ann air a thàinig an dà latha! Dh' fhalbh an ad àrd 'sam fainne òir, toll air a bhriogais, 's gun air ach logaisean bhròg. Coma leat chuir an t-acras seòrsa toinisg ann. Chaidh e 'n tòir air obair. Cha b'e a cheud leisgein a chuir an t-acras air ghluasad. Fhuair e obair mu dheireadh—ghabh e na bhuachaille, ach leth na truaighe! an àite crodh-laoigh is aighean 'sann a bh' aige treud mhucan salach, coirbte. Faic am burraidh bochd 's aodach 'na stiallan, an deannaibh nam bonn as déidh nam muc 's iad an geall air a bhi 'n arbhar nan cìsmhaor 's nam pharasach. 'Nis 'si obair acrach a th' anns a bhuachailleachd. Obair na dunaich! 'S ann agam tha fhios. Faic am balach so;

tha'n t-acras 'g a tholladh, agus cha 'n eil am brochan ann. Tha e coltach nach d' amais air ach fior dhroch bhana-mhaighstir—Gortag nam plaosg. Is tric a thachair so do dh' fhear a b' fheàrr na e ! Cha robh aig a ghiollan bhochd ach cromadh ris na rùisg a bha measg biadh nam muc—fuighleach nam brùidean salach, an déidh dhaibh a lobairt anns an troch. Nach ann air a thàinig !

Latha bha sin an deidh dha na mucan a bhiathadh bha iad sàmhach car tacan. Shuidh mo laochan bochd air cnoc agus thoisich e ri smaoineachadh, agus mar bu dùth 's nar bu dual, thàinig tigh àthar 'na chuimhne. Arsa esan, " Nach mi an dearg bhurraidh a' dol bàs an so leis an acras nuair tha gu leòir an tigh m'athar. Nach sona dheth Dòmhnull ruadh ciobair, Cailean beag, sgalag m' athar, no Eoghan buachaille. Tha 'm pailteas ri itheadh aca 's mise an so gun bhiadh gun aodach. Eiridh mi 's théid mi dhachaidh. Théid mi air mo dhà ghlùin do m' athair agus their mi ris nach eil annam ach am burraidh bochd, gu'n robh mi faoin amaideach 's gu'n do chrein mi gu goirt air a shon, nach eil àite mic a dhìth orm, gu'm bi mi làn thoilichte le àite seirbheisich ! " An giollan bochd, Dia 'g a chuideachadh !

Cha robh e fada a' togail air. Thar a' mhonaidh ghabh e 'na dheann, agus sodan air a' dol dhachaidh ; 's ged a bha 'n t-astar fada roimhe cha robh e fada 'g a chur as a dhéidh, agus mu bheul an fheasgair an ath latha thàinig e 'n sealladh tighe athar.

Thuit gu 'n robh an seann-duine ag gabhail sgrìob mu'n cuairt na h-aitreabh agus sùil 'gan d'thug e 'se 'na sheasamh aig osinn na h-iolainne chunnaic e fear 'na chabhaig a' tearnadh ris a' bhaile. Chuir e a làmh ri bhathais agus ag amharc gu geur, arsa esan, " mur eil mo shùilean 'g am mhealladh 'se Donnachadh againne th' ann " ; 's ruith e 'na choinneamh, chuir e dhà làimh m'a mhuinneal agus phog 'se e—lorach, lom, rùisgte ged a bha 'm balach.

'Sann an sin a bha 'n othail 's an ùpraid—daoine an rathad a cheile a' freasdal do'n fhògarach so. Chuir iad deise ùr air, o bhoineid gu bhròg an, mharbh iad an laogh breac biadhta, 's chuir iad féisd air bonn 's chaidh fios a chur air piobaire. Fhad 'sa bha so a' dol air aghaidh bha am mac a bu shine a mach 'san achadh, gun fhios, gun fhoirbhis aige air na thachair. Bha e fuasgladh na siesrich as a' chrann aig ceann an iomaire nuair chual e sgal na pìoba. Bhioraich e 'chluasan.

" Dé so, dé so ? " arsa esan ris fhéin, " co tha dol a phòsadh ? " 's rinn e fead-ghlaic air a' bhalach bhuachaille. " Dé 'n hó-ro gheallaidh," arsa esan " tha mu 'n tigh an diugh, Eóghain ? " " Nach cuala tu gu'n do thill Donnachadh ? " " Thill Donnachadh, 's dé ged thill ! Ciod an dreach a bh'air ? " " Loireach, lom, rùisgte— cha robh snicean air—'s ann air a bha neul an acrais." " Seadh, is ciod a thuirt m'athair ris, an do ghabh e 'm bata dha ? " " D' athair ! ruith e 'na choinneamh 's phòg 'se e ; chuir e do dheise chaomhnaidh air, mharbh iad an laogh breac, tha féisd air bonn 's tha 'm Pìobaire Cam an déidh tighinn. Nach eil thu dol a stigh ? " " Gu dearbh 's mi nach eil. 'Sann agam a bhiodh an droch obair. Féisd air sgàth sgaoimire gun tùr—dh' eisd mi riamh gus a so ! "

Anns a' bhruidhinn a bh' ann thàinig Stròdhail mór e féin am mach dh' fheuch an cuireadh e impidh air dol a stigh, nì nach robh soirbh. Dh' fheuch e ri 'chnìodachadh ach bha mo laochan cho crosda ris a' chonusg agus thuirt e gu ladarna r'a athair—" Tha mise a' deanamh seirbheis dhuibh o bhliadhna gu bliadhna, fliuch no tioram, fuar no teth, am fhuil 's am fhallus, a shamhradh 's a gheamhradh, 's cha do mharbh sibh riamh meann no gobhar dhomh, ach nuair a thainig an t-amadan so dhachaidh—'se gun chliù gun chreideas—cha 'n fhóghnadh ach an laogh breac, biadhta dha." " Tha sin uile fior a laochain," fhreagair an seann duine, " tha thusa daonnan aig an tigh, 's nach

e mo chuid-sa do chuid-sa. Thig thusa stigh a dheadh bhalaich 's cha chaill thu air." Fhuair e mu dheireadh a chlàradh a stigh, 's tha e coltach gu'n d' rinn e-fhéin 'sa bhràthair a suas an càirdeas, 's bha iad uile gu subhach sunndach.

Old Duncan then drew the usual lessons from the parable, and concluded by singing that beautiful Gaelic translation of the hymn, "Return, O Wanderer," by the late Archd. MacFadyen, or as Duncan called him, "Gilleasbuig na h-Uamh," which is as follows :—

PILL DHACHAIDH.

Pill dhachaidh, pill O ànraich fhaoin,
Tha d' Athair caomh 'ga d' ghairm ;
Na buanaich air do shilghe chlaoin
Ag itheadh phlaosg gun tairbh :
O pill, O pill.

Pill dhachaidh, pill O ànraich fhaoin,
'S e guth d' Fhir-shaoraidh th' ann ;
Cluinn Céile 'n Uain 's an Spiorad Naomh,
'S gu baile-didein teann :
O pill, O pill.

Pill dhachaidh, pill O ànraich thruaigh,
'S e 'n cuthach cruaidh dhuit dàil ;
Cha 'n fhaighear aithreachas 's an uaigh,
'S neo-bhuan tha là nan gràs :
O pill, O pill.

DEOCH GUN BHRIGH GUN BHLAS.

Is fhada o'n chuala sinn an t-oran :—

" Tha buaidh air an uisge bheatha,
Tha buaidh air 's cha chòir a chleith,
Tha buaidh air an uisge bheatha,
'S gur ro-mhath teth is fuar e."

Bha am foirfeach bàn de'n cheart bheachd, ged nach fhaca duine riamh e 's barrachd aige 's a bha math dha. Cha robh uair a rachadh e do thigh a' mhinisteir a shocrachadh chùisean na h-Eaglais nach tugadh am ministeir gloinne math dha, is cha d'òl am foirfeach riamh làn gloinne gun altachadh a dheanamh, mar gu'm biodh e faotainn làn thràth. Bliadhna bha sin bha ùpraid mhór ann measg sluaigh mu stuamachd, agus air do'n mhinisteir mhór dol do Dhùn-Eideann gus an Ard-Sheanadh, nach do chuir iad impidh air e fhéin a cheangal ri Comunn na Stuamachd. Tha mi creidsinn gu'n do ghiùlain eun beag an naidheachd so do'n sgìreachd mu'n do thill am ministeir. Co-dhiubh, làtha no dhà an déidh dha tilleadh dhachaidh, chaidh am foirfeach ban, mu bheul an fheasgair, a thadhal air a' mhinisteir mar bu ghnàth leis, a dh' fhaotainn sgeul an Ard-Sheanaidh.

Chuir am ministeir fàilte chridheil air agus dh' iarr e air suidhe, agus chaidh e mar a b' àbhaist dha do 'n chùilidh bhig a bh' ann an oisinn an t-seòmair, ach an àite botul dubh is gloinne beag a thoirt a mach 's ann a chlisg am foirfeach bàn nuair a chual e fuaim mar gu 'm biodh urchair gunna ann, agus a shìn am ministeir dha gloinne mór a chumadh leth-bhodach 's é cur thairis le còbhragach, ag radh,—" So a Dhòmhnuill, òl sin gu 'n anail, air neò caillidh e bhrìgh 'sa bhlas." Ghlac Dòmhnull 'na làimh e, ach mu'n do chuir e r'a cheann e thuirt esan gu tàmailteach ris a' mhinisteir—" Mo mhallachd air an deoch nach seas ris a'

bheannachadh." Cha deachaidh an còrr a ràdh aig an àm —thuig iad a chéile ; 's tha iad ag ràdh—ged is iomadh rud a bhitheas iad ag ràdh nach eil fior—ged a chum am ministeir bòidean na Stuamachd mar bu dùth dha, nach do thairg e riamh 'na dhéidh deoch-chóbhragaich do Dhòmhnull, gu'n robh daonnan deur beag 'sa bhotul dhubh a' feitheamh air nuair a ruigeadh e am ministeir.

Tha iad le chéile 'nan laighe 'sa Chill-àlainn an diugh. An cuid de Phàrras dhaibh ! 'S ann a' tilleadh o'n chill as déidh tiodhlacaidh an fhoirfich bhàin a dh' innis an gobhainn an naidheachd dhomh, agus arsa esan " ged a dh' innis an foirfeach bàn dhòmhsa an naidheachd ghuidh e orm a cumail dhomh fhéin, ach arsa esan—"A ghobhainn eadaruinn fhéin, is beag ormsa an deoch a dh' fheumas tu òl mar gu 'm biodh purgaid-thilgidh agad."

EOGHAN RUADH AIG A' MHOD.

An Gleann Domhain, 5/10/08.

Fhir mo chridhe—

Nach d'fhuair mise dhachaidh, agus tha mi a' cur m' aonta ris an t-seanfhacal—" Na trì rudan is mìlse th'ann—mo chuid fhéin, mo bhean fhéin is tiugainn dachaidh " ; is bithidh latha 's bliadhna mu'n téid mise air an turas cheudna a rithist, is creid thusa mise. Thar leam gu'm bheil mi 'gad chluinntinn a' feòraich—Ciod an truaigh an turas baothail air an robh Eóghan Ruadh nuair tha e cho taingeil faotainn dachaidh ? Is coma sin, ach cluinnidh tu mo ghearan oir, mar a thuirt Dòmhnull Raonaill e, nuair a bha iad 'ga chur as a' chroit a bh'aig a dhaoine bho linn gu linn—" Có ris a ni mi mo ghearan 's gun Mac-Mhic-Ailein am Mùideart ? " Ach tha thusa aig làimh is ni

mi mo ghearan riut. Ach tha thu feòraich—C'àite idir an robh Eóghan Ruadh ? Cha'n ann a' toirt droch fhreagairt ort a tha mi ; ach tha cuimhn' agad air an ràdh—"An nì chuir na maoir a dh' ifrinn, farraid an ni a b'fheàrr a b' aithne dhaibh."

Nis, ma bheir thu éisdeachd dhomh, bheir mi dhuit mo naidheachd, eachdraidh mo thurais, oir " cha'n ann a h-uile latha theid Mac Nèill air each," is idir cha 'n ann a h-uile latha no bliadhna a chuireas Eóghan Ruadh a suas am breacan uaine 's a bhoineid leathan.

Mach robh mise aig a' Mhòd am Baile-Bhóid ! Sin agad sin, is tuigidh tu fhéin an còrr ; ach o na gheall mi e, 's fheàrr dhomh tòiseachadh aig an toiseach—oir mar a bha am fear eile 'g ràdh 'san òran—

" Is mithich dhòmhsa tòiseachadh
Is mòran chur an céill."

Faodaidh mi ràdh 'san dol seachad gu'n do rinn Màiri suas a h-inntinn Glaschu fhaicinn am bliadhna ; is nuair a ni na mnathan a suas an inntinn 's e an gliocas dhuit-sa is dhòmhsa a bhi sàmhach—"An toil féin do na h-uile, 's an toil uile do na mnathan." Bho chionn dà mhios thuirt Màiri rium fhéin feasgar a bha sin—am feasgar a reic mi an damh donn ris an t-Sasunnach—'s i faicinn gu'n robh gean math orm, " Chi mi," arsa ise, " gu'm bheil ullachadh mòr 'ga dheanamh air son a' Mhòid Ghàidhealaich a tha ri bhi am Baile-Bhóid, mu dheireadh an Fhoghair ; 's ann 'san t-seana chaisteal a tha e ri bhi."

" Chi mi sin," arsa mise, " is fhada o nach robh anail bheò ach na radain anns an t-sean fhàrdaich sin."

" Bu ghlé mhath leam fhéin Mòd fhaicinn," arsa ise, " agus, air do shon-sa a tha cho toigheach air ceòl bheireadh e sìneadh saoghail dhuit roghadh is taghadh nan òran a chluinntinn air an seinn le sàr luchd-ciùil."

"Cha 'n eil teagamh air a sin, a Mhàiri," arsa mise, "ach is lìonmhor ceum tha eadar an Gleann-domhain is Baile-Bhóid, gun ghuth air àth is aiseag."

"Bha e mar sin an linn do sheanar," arsa ise, "ach an diugh gheabh thu an t-each-iarainn o'n dorus gu Glaschu; as a sin bheir bàta-na-smùid thu do Bhaile-Bhóid an tiota; tha mi fhéin eòlach 'shios an t-uisge,' mar theireadh iad ris; nuair a bha mi aig seirbheis bha sinn am Baile-Bhóid fad mìos."

"Chì sinn, mar thuirt an dall e," arsa mise 's gun toil agam géilleachdainn ro fharasda; ged a bha déidh mhòr agam fhéin air Mòd fhaicinn. Mar a thuigeas tu, tha cluas-chiùil mhath agam agus guth nach olc, ged is mi fhéin tha 'ga ràdh; bha m' athair, 's mo sheanair math air ceòl—fear dhiubh 'na phìobaire is fear 'na fhidhleir, is tha mi féin a' togail nan Salm anns an Eaglais o na bha mi bliadhn'-air-fhichead.

Cha d'thuirt Màiri co dhiùbh; ach bha seòrsa breath-machaidh agam nach cuala mi 'm facal mu dheireadh mu'n Mhòd.

Tha piuthar aig Màiri pòsda an Glaschu air Seumas Dhòmhnuill Theàrlaich a tha 'na chléireach aig fear-lagha.

Trì no ceithir a làithean an déidh a' chòmhraidh a bh' agam fhéin is Mairi mu'n Mhòd, thàinig litir mhór ghorm leis a' phosta, is plàsda de chéir dheirg oirre cho mòr ri slige eisirein. Shìn Màiri an litir dhomh fhéin, 's mo làmh air chrith leis an eagal, 's am fallus a' brùchdadh orm. "Thàinig so mu dheireadh," arsa mise. "Cuiridh mi geall gur ann mu'n bhànaig a ghlac mi an tanalach na h-aibhne, le m' làmhan, air an t-seachdain so chaidh, a tha 'n litir reamhar so."

"Fosgail i is chi thu," arsa Màiri 's gun i 'ga cur féin móran mu'n cuairt. Bhrist mi féin a' chéir, is ciod a bh' agam ach leabhar a bha toirt cunntais air na bha ri bhi air thoirt air lom aig a' Mhòd, agus 'na chois cuireadh cridheil

bho ar càirdean an Glaschu, seachdain a chur seachad leotha, agus gu'n rachadhmaid uile gus a' Mhòd.

" Is feàrr sin na sumanadh mu'n bhànaig," arsa Màiri ; is cha robh feum an còrr a ràdh. Sgrìobh i an oidhche sin fhéin a' toirt taing dhaibhsan a thug an cuireadh seachad, agus ag ràdh gu'n robh nise an geall mo chridhe air a' Mhòd fhaicinn, agus seinn aige cuideachd na'n do thuit dhaibh a bhi gann de luchd-ciùil. Tuigidh tu fhéin na mnathan—an taobh a théid iad, theid iad ann.

Thàinig madainn Di-luain. Chuir Màiri a suas an tonnag uaine 's an gùn tartain, 's chuir mise orm am féileadh preasach 's am breacan uaine, is thog sinn oirnn cho aotrom uallach 's a bha sinn latha ar bainnse ; is cha b'ann an dé a thachair sin.

Ràinig sinn Glaschu mu chiaradh an fheasgair. Thachair Seònaid, piuthar Màiri, oirnn is thug i dhachaidh leatha, sinn. Chuir sinn seachad an ath latha a' faicinn a' bhaile 's an sluagh lìonmhor a th'ann—sruth is saobh-shruth de shluagh air gach taobh de'n t-sràid. Righ gleidh mi ! is mòr is fhiach sàmhchair a' Ghlinn-domhain seach ùpraid is gleadhraich a' bhaile-mhóir. An àm gabhail mu thàmh, thuirt Seònaid " is còir dhuibh a bhi an àm math am màireach, oir bithidh móran sluaigh a' dol leis a' cheud bhàta a dh'ionnsaidh a' Mhòid."

Rinn sinn a' mhoch-éirigh is nuair a bha sinn air ar ceum a' falbh, arsa Seònaid (is cha chreid ni o dhuine beò nach fhaca mi i a' caogadh ri Seumas) " Is feàrr dhuit, Eóghain, am beagan Beurla th'agad fhàgail agamsa gus an till thu ; cha bhi feum agad oirre, oir cha chluinn thu ach Gàidhlig, Eireannach is Albannach, 'ga spreigeadh thall 's a bhos."

" Nach 'eil cìnnt air sin," arsa Seumas, 's gur e Mòd a' Chomuinn *Ghàidhealaich* a th'ann."

" Tha thu ceart," arsa mise ; " cha'n uallach dhàsan a gheabh na bheil agamsa de Bheurla, co dhiùbh."

Thog sinn oirnn gu ceadha Ghlaschu, agus bha sinn air bòrd air bàta na smùid mu'n robh am bodachan a tha cumail teine ris an innleachd uamhasaich, ach a' bristeadh a' chnap-smàlaidh.

Bha cuid mhath sluaigh air bòrd ; ach cha robh iad ro Ghàidhealach coltas, agus 's i Bheurla a bha dol. Mu dheireadh, nuair a bha sinn a' fàgail a' cheadha leum òganach glas-neulach, anns an deise Ghàidhealaich air bòrd, agus bocsa pìoba 'na achlais. Chaidh mi fhéin an taobh a bha e agus thuirt mi ris " Cò as a thug thusa do Ghàidhlig 'ille ? "

" *That's Gaelic, I haena got it ; I cam frae Fintry,*" arsa esan.

Am bheil fhios agad air a so, cha mhór nach deachaidh mi seachad leis an nàire. A' glacadh misnich, arsa mise :—

" *Where be that place* ? "

" *At the back o' beyont,*" arsa esan gu gobach " *Wis ye ever there* ? "

" *I'll no go there forever,*" arsa mise, is dh' fhàg mi an sud e.

" Cha dean am fear ud móran feum aig a' Mhòd, co dhiùbh," arsa Màiri. " Chi thusa na Gaidheil chearta a' tighinn air bòrd aig Grianaig. Theid iad a sìos leis an each-iarainn."

Mar a thuirt Mairi b' fhìor. Bha sluagh mór a' feitheamh oirnn aig *Broomielaw* Ghrianaig. Chuala mi a' Ghàidhlig 'ga spreigeadh is rinn mi sodan ris na fearaibh. Am measg na thàinig air bòrd bha ceathrar ghillean sgafarra 'san deise-ghoirid, agus bocsa pìoba an achlais gach fir. Leis gu'n robh an aon shuidheachadh tartain aig a' cheathrar thuig mi gu'm buineadh iad uile do'n aon chuideachd.

A' fàgail Ghrianaig ghleus na fìr am pìoban, agus leis gu'n robh smodan uisge ann, cha'n fhaca iad na bu fhreagarraiche na am port so a chluich :—

" Is fheudar dhomh fhìn a bha falbh dhachaidh dìreach
Mu'n tig an t-uisge min gu bhi searbh oirnn."

Na dhéidh sin, fhuair sinn " Gillean an Fhéilidh," agus " Ciobairean Taobh Loch-odha " cho eireachdail 's a thàinig riamh á màl pìoba. Nuair a bha iad a' leigeil an anail chaidh mi fhéin an taobh a bha iad 's mi dranndail—

" 'S math thig breacan-an-fhéilidh
Gu léir do na suinn—"

nuair a thionndaidh fear dhiubh air a shàil agus arsa esan—

" *We hae na Gaelic.*"

" Gleidh mise," arsa mi fhéin ri Màiri, " nach neònach an saoghal a th'ann. Cha'n eil an so ach am plaosg gun am biadh. Leth na truaighe—òganaich anns an deise Ghàidhealaich a' cluich na pìoba 's gun fhacal Gàidhlig 'nan ceann. Ach coma leat, tha Gàidhlig aig am pìoban ge b' oil leo e. Nach cuala tu fhéin na feadain ag ràdh gu riochdail Gàidhealach—

" Is coma leis na h-ìoghnagan
Ciobairean Taobh Loch-odha,
Bidh iad air an glùinean
A' smiùradh nan caorach odhar."

" Nach beannaichte an ni e," fhreagair Màiri, " nach do chaill a' phiob a Gàidhlig."

Bha sinn a nis aig Baile-Bhóid. Mu choinneamh bior-snaois a' bhàta bha sinn a' faicinn Talla Mòr a' bhaile, agus os cionn an doruis bha na facail "AM MOD," agus, gun fhacal bréige, bha an O a' coimhead cho mòr cruinn ri gealaich bhuidhe na Féill Mìcheil.

Ràinig mi fhéin is Màiri Baile-Bhóid glé ghoirid an déidh naoi uairean ; agus rinn sinn cho dìreach ri urchair á gunna air Talla a' Mhòid, 's gun toil againn facal a chall ; oir chuala sinn gu'n robh gach nì ri bhi air dòigh mu naoi

uairean. Nuair a ràinig sinn an dorus cha robh ach mu leth-dusan an sin, 's an dorus air ùr fhosgladh. Chaidh sinn a stigh, 's bha 'n t-àite falamh. Shuidh mi fhéin is Màiri còrr agus leth-uair a' coimhead air na dealbhan leth-rùisgte a bh'air na ballachan. Mu dheireadh chaill Màiri a foighidinn—cha robh ioghnadh ann—agus arsa ise "gu dearbh cha 'n eil teagamh nach ann *Gàidhealach* a tha 'm Mòd so : tha iad cho màirnealach le cùisean."

"Uist," arsa mise, "air neò cuiridh iad am mach thu."

"Có-chuireas am mach mi ? Am bheil a bheag a stigh ach sinn fhéin ? Cha robh ach sinne a' deanamh cabhaig. Tha na Gàidheil coltach ri earball an t-seana-mhairt—daonnan air dheireadh."

Anns a' bhruidhinn a bh' againn thàinig grunnan laghach a stigh, agus thòisich an ceòl. Shuidh sinn mar bh' againn gus an dà-uair-dheug—gus an d' thubhairt Màiri gu'n robh cadal-deilgeannach 'na luirgnean.

Chaidh sinn 'na dhéidh so a choimhead a' chlò, nan osan, agus nan croidhleagan a bha shuas an staidhir. Bha mòran de mhnathan uaisle a stigh—le sìoda is sròl agus uiread prìs a' ghamhainn ruaidh de dh' òr an crochadh ri cluais gach té dhiubh. Thàinig boireannach mòr tlachd-mhor an taobh a bha sinn, is bhruidhinn is ruinn gu h-aoidheil. Cha robh mi fhéin a' tuigsinn ciod a bha i ag radh ; ach thuig Màiri cuid de seanachas—tha beachd agad air an t-seanfhacal, "tuigidh bean bean eile."

Nis, chuala mise agus thusa, latha 'gan robh e, iomradh air Gàidhlig Eireannaich is Gàidhlig Fhrangaich ; ach bha an aon dranndan aig na mnathan uaisle bha 'san t-seòmar so, air seòrsa de chànain liotaich, lapaich, a bha sruladh am mach as am beul mar nach robh fiaclan-beòil idir aca. Bhioraich mi mo chluasan—cha 'n e gu'm bheil mi maol 'sa chlaisteachd—agus dh'éisd mi ; ach cha deanainn facal purpail am mach ach so—"Common Gallach," "Fail" gaus "Mòd."

" Eudail, a Mhàiri," arsa mise, " am bheil thu tuigsinn na cànain a th'aig na truaghain so ? "

" Ma ta, Eòghain, bha mi feuchainn ri thoirt orm fhéin a chreidsinn an toiseach gur e seòrsa de Ghàidhlig a bh'aca ; ach thug mi thairis dheth. Ma's i Gàidhlig a th' aca cha 'n e 'n té againne th' ann."

" Có aig tha fios," arsa mise, " nach i so a' chainnt ùr a bha am maighstir-sgoil a' bruidhinn air—c'ainm so bh'aige oirre, *memorandum*,* no facal coltach ris a sin."

" Cha 'n e sin idir an t-ainm a bh'aige," arsa Màiri ; nach ann a bh'ann, *Desperandum* ? "

" Cha 'n eil fhios a'm fhéin nach tu tha ceart ; ach cha Ghaidhlig i co dhiùbh."

" Thog sinn oirnn gu falbh, nuair a thàinig nigheanag bhòidheach shèimh an taobh a bha sinn, agus fèath ghàire oirre, agus arsa ise gu mìn, réidh athaiseach : " *Ham veal seeve ah bruthinn Gaulick donan* ? "

"A, eudail bhòidhich," arsa mise gu truacanta, " nach e Nì Math a leag a làmh gu trom ort nuair is e sin an aon mhoibhleadh cànain a bhuilich e ort."

" Uist," arsa Màiri, " tha mise 'ga tuigsinn, "agus a' tionndadh ris a bhean-uasail òig arsa Màiri rithe : " Gun teagamh." Agus rinn a' bhean uasal gàire, agus arsa ise—" *Hà ; o hà, pennach leev.*"

" Sin agad," arsa Màiri rium fhéin " beannachd leibh anns a' chànain ùir—*Desperandum.*"

Chaidh sinn a stigh tacan eile do Thalla a' Mhòid, agus chuala sinn òrain air an seinn gu h-eireachdail. Ach éisd so : cha chreid mi o dhuine beò gu'm bheil breithneachadh aig a' chuid mhòir de 'n luchd-ciùil ciod is brìgh de na bheil iad a' seinn. Bha fear an sin, 's e cur ri seinn " O gur mis' tha sona dheth," agus gun choltas sonais no idir aighear air. 'S ann a bha e coltach ri fear a bhitheadh a' seinn " Port Raoghnaill Uidhir "—

* Esperanto.

" Tha mi tinn leis an eagal ;
Tha mi cinnteach gur beag a bhios beò ;
Chi mi lasag an fhùdair ;
Chluinn mi sgailceadh nan dù-chlach ri òrd !

" Ged a gheabhainn-sa sealbh
Air làn a' chaisteil de dh' airgead 's de dh'òr,
Oich ! ma ni iad mo mharbhadh,
Ciod am feum a ni 'n t-airgead sin dhòmh-s' ? "

Bha té eile an sin, 's air m'fhacal bha guth-ciùil aice ; ach dh'innis i dhuinn gu'n robh a leannan an grunnd a chuain, mar gu'm biodh i 'gar cuireadh a dh' ionnsaidh a bainnse. Am bheil duine idir ann a bheir achmhasan do'n luchd-ciùil breithneachadh ceart a ghabhail air facail nan òran mu'n téid iad g'an seinn.

'Na dhéidh so thòisich an fhìdhleireachd. Mar a dh' innis mi dhuit cheana, bha m'athair 's mo sheanair 'nam fidhleirean—'s cha 'n abair mi nach téid agam fhein air " Dòmhnull Dubh Mac-a'-Phì " a chluich. Ciamar so tha e dol—

" Dòmhnull Dubh Mac-a-Phì
Ceann Locha-mòire ; (Aithris so tri uairean)
Ghoideadh e na gobhair
Ged bhiodh deubhainn air a dhòrnaibh."

Tuigidh tu, ma ta, gu'n robh déidh mhòr agam air an fhìdhleireachd a chluinntinn. Thàinig fear is fear air aghaidh ; 's air m' fhacal bheireach gach aon diubh e fhéin á cuideachd le fhìdhleireachd. Mu dheireadh có steòc a stigh ach Iain Donn a b'àbhaist a bhi 'na ghàradair an tigh mór Chille-chreanain, agus nach faca mi bho chionn fichead bliadhna. Air m' anam fhéin gu'n robh gu leòir aig Màiri r 'a dheanamh mo chumail gu'n éirigh agus dol

a chur fàilte air. A dhuine chridhe, 's ann aige fhéin tha chòir air bogha a tharraing ; agus ciod a thug e dhuinn ach an seana phort a dh' ionnsaich m' athair dha—

" Gur e 'm fear fada, biorach, odhar,
Gobhainn Chille-Chreanain,
Gur dona chàirich e mo chlobha,
Gobhainn Chille-Chreanain ;
Gur biorach e, 's gur odhar e,
'S e gobhainn Chille-Chreanain ;
'S gur olc a chàirich e mo chlobha,
Gobhainn Chille-Chreanain."

Nuair a chuir Iain crioch air a' phort, cha chumadh an Righ 's Mac Cailein sàmhach mise na b'fhaide, agus ghlaodh mi àirde mo chinn—" Gasda Iain, taghta math, b'eòlach an Cille-Chreanain thu." Cha mhór nach do leagh Iain leis an nàire ; ach thuig e có bh' aige ; agus bha e feitheamh orm fhéin 's air Màiri aig an dorus.

Cha deanadh ni feum leis ach gu'm falbhamaid leis. Tha e fuireach an oir a' bhaile teann air an loch, an tigh beag, bòidheach—ri cùl gaoithe 's ri aodann gréine. Chuir sinn eòlas air a mhnaoi, bòireannach eireachdail a mhuinntir Mhuile, làn Gàidhlig is òran ; agus tha an teaghlach—dà nighean agus balachan—cho Gàidhealach ri gas fraoich. Leis nach robh am Mòd cruinn am feasgar sin, chuir sinn an oidhche seachad còmhla ; 's théid mise 'n urras gu'n robh " Hó-ro gheallaidh " againn air ceòl de gach seòrsa. Tha am balachan aig Iain teòm air gach inneal-ciùil fo'n ghréin. Is e mo bheachd nach eil inneal-ciùil a tha air ainmeachadh anns an deicheamh Salm thar an t-seachd fichead nach tugadh e cuairt air. Sheinn is chluich na caileagan òrain Ghàidhlig 's théid mise an urras gu'n do chuir sinne seachad oidhche chridheil—'s ann a bha seòrsa Mòid againn dhuinn fhéin.

Chaidh sinn uile a dh' ionnsaidh a Mhòid an ath latha, is chuala sinn an ceòl 's na h-òrain, cho math ris na sgeulachdan a chaidh aithris. Tha Màiri ag ràdh gu'm bu chòir dhaibh " Fear a' bhàta " a bhàthadh agus " Mo rùn geal dìleas," a chur fo lic ; agus tha bean Iain ag ràdh gu'm bheil i air a searbhachadh de'n cheist "Am faigh a' Ghàidhlig bàs ? "

Mar a bha sùil agam, fhuair Iain an duais air son na fidhleireachd ; agus fhuair an dà chaileig agus am balachan duais an t-aon ; agus thàinig iad uile dhachaidh cho mòr asda féin 's ged gheabheadh iad mart air adhairc.

Cha ruig mi leas ìnnseadh dhuit gu'n cuala sinn an Oraid aig " Fionn," agus gu'n do chuir sinn ar n-amen ris gach facal a labhair e, ged a bha feadhainn a bha cur bhraoisgean orra fad na h-ùine bha e tagradh gu neo-eiseimealach còirichean tuath na Gàidhealtachd.

" Théid, ' Fionn ' a cheusadh," arsa mise ri Màiri, is fhios agam gu'n rachadh i troimh theine 's uisge air a shon ged nach do leag i sùil riamh air gus a so."

" Cha 'n eagal da," arsa ise, " 's ann orrasan a tha 'n t-eagal, 's cha 'n ann air ' Fionn.' Tha fhios aige gu math gur ann aig an t-sluagh tha dà cheann an ròpa 's cead a tharraing, na'n robh de thoinisg aca na thuigeadh so, 's de mhisnich na sheasadh calp ri cois anns a' chùis."

" Sin thu, Mhàiri, eudail," arsa Iain, " 's ann a dh' fheumas tu eòlas a chur air ' Fionn ' ; bheir e misneach dha do leithid fhaicinn."

" Cha 'n eil e gun mhisnich nuair a labhair e mar a rinn e an làthair nan uachdaran," fhreagair Màiri.

Nuair a bha sinn a' sgaoileadh, thuirt mi féin ri Iain : " Cha 'n eil fhios ciod a thàinig air na h-Eireannaich a bha ri labhairt ? "

" Theagamh," arsa Iain, " gu'n do chaill iad am bàta."

" Is iad nach do chaill," arsa fleasgach a bha 'n sin, is speuclairean air, " ach tha 'n Comunn so a' fàs tuille 's

Gallda air an son. Tha iad ag ràdh ris a' Chomunn mar thuirt an calman ris a' chlamhan —'Cha 'n ann de m' chuideachd thu.' "

'San fheagar chaidh sinn do'n Chaisteal far an robh a' choinneamh-chiùil mhór ri bhi air a gleidheil. A dhuine chridhe, 's ann an sin a bha ! Uaislean is ìslean 'san aona phàilliun. Chaidh cùisean gu math gus an d'thàinig an t-uisge ; 's nuair thàinig, bha am boinne snidhe cho neo-eiseimealach ri " Fionn " e fhéin ; oir cha robh e seachnadh uaislean seach ìslean.

Cha 'n fhaca mi fhéin no Màiri riamh a' leithid de shluagh fo 'n aona phàilliun ; is cha 'n fhaic an dà latha so.

Thog mi fhéin is Màiri oirnn an ath mhadainn, is ghabh sinn am bàta do Ghlaschu. Thachair Seumas oirnn aig a' cheadha agus arsa esan gu sgailleasach rium fhéin—" Tha mi cinnteach gur ann a bhios e 'na ùrachadh dhuibh Beurla bhruidhinn a nis an déidh na chuala sibh de Ghàidhlig de gach seòrsa."

" Tog dheth," arsa mise, " chuala mi seòrsachan Gàidhlig 'gam bruidhinn am Bód nach robh beò an làithean mo sheanar. Rach an taobh tha Màiri ; tha ise barraichte air a' Ghàidhlig ùir."

"An e sin a' chànain ris an robh thu ag ràdh *Desperandum,*" arsa Màiri, " b'e sud aithris-bheulain na truaighe."

Ràinig sinn an Gleann-domhain an ath oidhche, taingeil a bhi dhachaidh ; oir, mar a tha e sgrìobhte, 's e " Mo chuid fhéin, mo bhean fhéin, is tiugainn dachaidh na facail is blasda th'ann."

Is mise do charaid dìleas,

EOGHAN RUADH.

AN GAIDSEAR RUADH 'S AM BUIDEAL.

Cha 'n eil ach glé bheag 'san sgìreachd an diugh aig am bheil cuimhn' air a' Ghàidsear Ruadh, ged a bha e glé ainmeil 'na latha 's 'na linn. Ma 's math mo bheachd, b' ann a mhuinntir Shiorramachd Pheairt a bha 'm fleasgach so; ach bha e cho fada mu Earra-Ghàidheal gu'n saoileadh tu gu'm buineadh e do 'n t-siorramachd sin.

Anns an àm 'san robh an t-eòrna pailt, bha h-aon no dhà nach saoileadh tu anns an sgìreachd so a bha deanamh deur beag de shùgh an eòrna; agus bu chridheil mu'n bhòrd iad nuair a bha "bainne na poite duibhe" 'ga riarachadh.

Oidhche bha sin, bha còmhlan de ghillean gasda cruinn an tigh Ailein Mhóir, 's deur beag a' dol, nuair a thàinig Calum Beag a stigh a dh'ìnnseadh gu'n robh an Gàidsear Ruadh a nìos Beallach-a'-choin-ghlais, agus a' deanamh dìreach air an fhàrdaich. Bha iad uile eòlach gu leòir air a' Ghàidsear, agus, a dh'ìnnseadh na fìrinn, cha robh móran eagail aca roimhe; ach bha amharus aca nach d'thàinig e do'n sgìreachd mu'n àm ud a dh'oidhche gun ghnothach—dh'fheumadh e bhi gu'n robh eun beag a' cur cagair 'na chluais gu'n robh crònan na poite duibhe ri chluinntinn an sàmhchair a' Ghlinn Domhain. A nis, air son na bha aca air a' bhòrd air an oidhche ud, bha iad cearta coma có thigeadh a stigh; ach bha buideal beag anns an t-sabhal, am measg na cònnlaich, agus có aige bha fios nach fhaodadh e dol a mach a rùrach air a shon féin.

Cha robh Ailean Mór fada a' cur chùisean air dòigh.

"Nis, fheara," arsa esan, "cuimhnichibh gur i so oidhche an réiteich aig Màiri Ruadh an so,"—b'i Màiri Ruadh a' bhanarach—"mur gabh fear eile i, gabhaidh mi fhéin i—agus bithidh sinn glé aoibheil ris a' Ghàidsear Ruadh nuair a thig e."

An sin, chuir e cagar an cluais Iain Chamshroin ; nuair a chitheadh e an Gàidsear 'na shuidhe gu socrach, dol a mach do'n t-sabhal, agus am buideal a sgioblachadh leis, agus a chur am falach anns an dais fheòir an tigh-nan-gamhna.

Is gann a bha 'm facal mu dheireadh de 'n chagar á beul Ailein nuair chual e an Gàidsear ag ùinich eadar an dà dhorus.

" Thigibh a stigh," arsa Ailean Mór gu cridheil ris a' Ghàidsear ; " is math am fàile a th'agaibh. Nach ann tha sinne ag òl deoch-slàinte Mhàiri Ruaidh, 's i dol a phòsadh."

" Ma ta," arsa an Gàidsear, " is fhada o'n a chuala mi nach ann a h-uile latha bhios Mòd aig Mac-an-tòisich. Có e fear na bainnse, 's gu'n tog mi a dheoch-slàinte ? "

" Nach eil Eóghan Bàn 'sa Bhaile-mheadhonach."

"An e sin ogha do Eóghan Ruadh a thàinig á Srath-oighre ? " arsa an Gàidsear.

"A' cheart duine," arsa Ailean Mór,—" tachraidh na daoine ged nach tachair na cnuic, mar tha an sean-fhacal ag aithris."

" 'S nach fhaod sinn a ràdh," arsa an Gàidsear, " gu'm b' fhada o chéile crodh-laoigh an dà sheanar."

" Is fìor sin," arsa Ailean Mór ; " ach ma bhitheas sibhse beò ceithir-là-deug o'n diugh, chi sibhse banais chridheil anns an tigh so. An tig sibh ? "

" Nach eil fhios gu'n tig," arsa an Gàidsear ; " 's mu'n teid sinn na's fhaide, ceadaichibh dhomh deoch-slàinte bean-na-bainnse òl."

Dh' òl an Gàidsear an deoch-slàinte sin, agus deoch no dhà eile, gus nach mór nach de dhi-chuimhnich e an turus air an d'thàinig e. A' toirt sgioblachaidh air fhéin mu dheich uairean, arsa esan : " Nach mithich a bhi bogadh nan gad ; is fheudar falbh, ged tha chuideachd taitneach. Am faigh mi cuireadh a dh'ionnsaidh na bainnse ? "

" Nach eil fhios gu'm faigh," arsa Ailean, 's e dol ceum thun an doruis leis a' Ghàidsear.

Nuair a ràinig iad an stairsneach, bha gealach bhuidhe nam broc an àirde nan speur, 's an oidhche ciùin soilleir.

" Tha mi cinnteach," arsa an Gàidsear, " gu'n robh iongantas ort ciod a chuir mise an so an nochd gun sireadh gun iarraidh. Ach faodaidh mi ràdh nach càirdean do choimhearsnaich uile, agus, air eagal gu'm bheil iad a' cumail sùla oirnn aig an àm, faigh an crùisgein-sabhail, is bheir sinn sgrìob do 'n t-sabhal 's do 'n stàbul."

" Ni mise sin gu toileach," arsa Ailean 's e dol a dh' iarraidh a' chrùisgein-shabhail.

Chaidh iad a stigh.

" Cha'n fhaic mise aobhar amharuis air bith," arsa an Gàidsear, 's e sealltainn mu'n cuairt. " Tha mi'n dòchas nach gabh thu gu dona mi thighinn air a leithid so de dh' oidhche, agus air son a leithid de dh' aobhar."

" Cha ghabh ; cha ghabh," arsa Ailean Mór ; " is ann tha mise taingeil gu'n d'thàinig sibh, agus gu'n cuir sibh clach ann an craos mo luchd tuaileis."

" Ni mise sin gu toileach ; is beag orm féin coimhearsnaich nach bi càirdeil."

Chaidh an Gàidsear dhachaidh, 's e bóideachadh ris féin gur e duine còir ceart a bh' ann an Ailean Mór.

Thill Ailean Mór a stigh, agus arsa esan : " Shaodaich mi'm fear ud dhachaidh làn thoilichte ; ach nach ann againn bha'n tèarnadh caol ! Có shaoileas sibh a thug air a' Ghàidsear tighinn an so an nochd ? Có ach ar coimhearsnaich 's ar ' càirdean,' na Barraich anns a' mhòintich."

" Mhoire ! nach fìor an ràdh : ' Ged dh'éignichear sean-fhacal, cha bhreugnaichear e'," arsa Seumas Mór ; " is có nach cuala an t-seann ràdh—

" Cha'n fhaic am Muileach nach sanntaich am Muileach ;
Na shanntaicheas am Muileach, goididh an Collach ;
'S na ghoideas an Collach, cuiridh an Tiristeach am folach ;
Ach 's mairg a dh'earbadh a chuid no anam
Ris a' chealgaire Bharrach."

" Nach fhìor dhuit sin," arsa Ailean Mór ; " ach theagamh gu'n cuir sinn a' chas-bhacaig air fhathast."

" C'ar son nach d'thubhairt thu : ' Ged is fada mach Barra, ruigear e,' mar thubhairt Mac-Iain-Gheàrr ri Mac Nèill Bharra," arsa Seumas Mór.

" Barra ann no as," arsa Ailean Mór ; " ma fhuair na seòid sin farbhais gu bheil buideal mu'n fhàrdaich so, cha'n eil a bhi beò againn gus an cuir sinn as an rathad e. Is e mo bheachd gu'm feuch sinn ri sin a dhèanamh am màireach. Cuiridh tusa, Sheumais, boitean còrnlaich anns a' chairt, is bheir thu leat an laogh breac, a reic mi mu'n d' rugadh e, ri Cailean Og 'san Aird-fhada ; bheir thu leat, cuideachd, am buideal, agus cumaidh tu falach fo'n chònnlaich e. Air do rathad dachaidh feasgar, tadhlaidh tu air Eachann Dhòmhnuill 'sa Ghlaic-dhomhain ; innsidh tu dha, facal air an fhacal, gach ni a chaidh a ràdh 's a dhèanamh an so an nochd, agus their thu ris gu'm bheil e ris a' bhuideal a reic ann an Tigh-a'-Chuain a' cheud chothrom a gheabh e ; agus, air na chunnaic e riamh, nach eil e ri innseadh do neach fo'n ghréin có leis am buideal. Tha Eachann eòlach gu leòir air dòighean nan gàidsearan ; is éiridh e moch am fear a bheir an car as."

Thàinig an ath latha, agus thog thusa ort, a Sheumais Mhóir, leis an laogh 's leis a' bhuideal. Dh' fhàg e 'n laogh breac 'san Aird-fhada, agus am buideal 'sa Ghlaic-dhomhain.

"Am bheil Ailean Mór am beachd gu'm bheil mise dol a ghiùlan a' bhuideil so do Thigh-a'-Chuain am marbhan na h-oidhche," arsa Eachann Dhòmhnuill ; "is mi nach

eil ; tha 'n t-asdar ro fhada. Is e a ni thu : fuirichidh tu an so gus an tig an dorcha, agus théid mise air ais leat anns a' chairt, is fàgaidh sinn am buideal am falach aig Druim-na-mòna—cha bhi e duilich a ghiùlan as a sin, 'san dorcha, do Thigh-a'-chuain. Cha'n eil fhios agam nach ann a bheir mi siab rathad Tigh-a'-chuain an nochd fhéin a dh'fhaicinn am bheil an rathad réidh, agus am bodach e fhéin air a dhòigh."

" Nuair a thàinig an t-anmoch, thog na seòid orra, 's am buideal an grunnd na cartach. Cha do thachair iad air duine beò gus an d'ràinig iad Druim-na-mòna. Chuir iad am buideal am falach ann an cruaich-mhòna, agus thog iad orra. Air a thilleadh dhachaidh, thadhail Eachann ann an Tigh-a'-chuain, agus chunnaic e 'm bodach a bha làn thoilichte na bha 'sa bhuideal a cheannach.

" Ciamar, no cuin, a gheabh sinn am buideal a dh'ionnsaidh an tighe ? " arsa Eachann.

" ' Na'm bu ghillean mo ghillean, b'i nochd an oidhche' mar thuirt am fear eile e," arsa Fear Tigh-a'-chuain. " Bha an Gàidsear Ruadh an so an raoir ; is, mar sin, cha'n eil e coltach gu'm bi e an rathad gu ceann seachdain. Gabh an rathad cùil, 's cha bhi thu fada dol do Dhruim-na-mòna air t'ais."

" Is gille do ghille," arsa Eachann ; " agus 's i nochd an oidhche ; agus bithidh mise 's am buideal an so mu'n gabh sibh mu thàmh."

Thog Eachann air ; dh' amais e air a' chruaich mhòna ; is sgioblaich e leis am buideal. Bha e deanamh a rathaid gu sàmhach a nuas Bealach-an-Dranndain, nuair a mhothaich e cuideigin a' tighinn air. Leth na truaighe ! Có bha so ach an Gàidsear Ruadh. Cha robh air no dheth ach am buideal a thoirt do'n Ghàidsear.

" Ma ta, Eachainn," arsa an Gàidsear, " bha amharus agam gu'n do chuir cuideigin briuthas beag air dòigh anns an sgìreachd ; ach cha do leag mi 'n t-amharus ortsa."

"Is sibhse bha ceart. Co dhiùbh a chreideas sibh mi, no nach creid, tha bliadhna no dhà bho nach faca mise briuthas," fhreagair Eachann.

"Is c'àite, ma ta," arsa an Gàidsear, "an d'fhuair thu'm buideal so?"

"Is ceist eile sin, a Ghàidseir," arsa Eachann, "agus mu'n dean sinn an còrr conaltraidh, bu mhath leam fios a bhi agam ciod tha sibh am brath a dhèanamh orm."

"Ma ta, Eachainn, bho'n is tu fhéin a th'ann, 's nach eil an so ach thu fhéin is mise, cha'n eil toil agam a bhi trom ort. Caillidh tu am buideal 's na th'ann; ach ma ghiùlaineas tu e gu ruig Tigh-a'-chuain air mo shon, cha 'n abair mi 'n còrr."

"Cha'n eil sin gu ceàrr idir," fhreagair Eachann; "is ged nach e mo chuid a th' ann, fàgaidh mi ann an Tigh-a'-chuain e."

Thog an dithis orra, an Gàidsear air thoiseach, is Eachann 'ga leanailt gu dubhach, muladach. Nuair a ràinig iad Tigh-a'-chuain, bha Fear-an-tighe làn miodail ris a' Ghàidsear.

"Có shaoileadh," arsa esan "gu'm biodh Eachann Dhòmhnuill a' triall na h-oidhche is buideal air a mhuin. Ach 's ann mar sin a gheabh sibh iad: is iad na daoine nach saoileadh sibh a tha làn de na cuilbheartan."

"Bho'n a thuit gur e Eachann a th'ann," arsa an Gàidsear, "cha bhi sinn ro throm air ma bheir e chasan as, 's ma gheallas e bheul a chumail dùinte mu obair na h-oidhche so."

"Ma ta, a Ghàidseir, o'n tha sibh cho truacanta, cha'n abair sibh facal ged a bheir mise làn beòil do dh' Eachann mu'n téid a dhachaidh," arsa Fear an-tighe.

"Ma ta, cha'n abair," arsa an Gàidsear; "bho'n is tu fhéin tha ri phàigheadh. Thoir do chasan as, Eachainn, 's na gabh diog ort."

A' tionndadh ri Fear-an-Tighe, arsa esan: "Có tha stigh an nochd?"

"Tha am Maor-coille, Rob nan-con agus an sgaoimire sin 'sa Bhaile-mheadhonach. Is fhada bho 'n a shuidh iad aige, is tha iad a' fàs blàth," fhreagair an t-òsdair.

"Théid mi suas leotha car tacain," arsa an Gàidsear. "So, Eachainn, thoir a suas am buideal: cha'n fhaod mi leigeil as mo shealladh."

Thug Eachann a suas am buideal. Chuir e 'na sheasamh air a cheann e taobh a' bhùird, agus shuidh an Gàidsear air, a' cur fàilte air na seòid.

Nuair a thàinig Eachann a nuas an staidhir, thug Fear-an-tighe a thaobh e, agus dh'innis Eachann dha mar a thachair.

"Cha'n abair mi facal an aghaidh a' Ghàidseir Ruaidh. Ach ciod a their Ailean Mór rium mu chall a' bhuideil 's na bheil ann: tha fhios agad fhéin cho cruaidh 's a tha Ailean," arsa Eachann.

"Is ann agam a tha," arsa Fear-an-tighe. "Théid mise 'n urras gu'm bi oidhche mhór aig an seòid shuas an staidhir air tàilleamh buideal Ailein Mhóir."

Shuidh Eachann is Fear-an-tighe mar a bh'aca, 's bha iad a' cluinntinn gu'n robh òl is ceòl is aighear aig na seòid os an cionn; oir bha Màiri Bhreac a suas 's a nuas le leth-bhodach an déidh leth-bhodaich do na fearaibh.

"Nach bochd an gnothach," arsa Eachann "nach d' fhàg an Gàidsear am buideal eadar an dà dhorus. Na'n d' fhàg, sgioblaich mi leam e, 's cha robh anam aige facal a ràdh m'a dhéidh."

"Ma ta, bu mhath an airidh ged a rachadh an car a thoirt as, tha e cho socharach;" arsa Fear-an-tighe, "is, ma ghabhas e dèanamh, tha fear an ceann eile an tighe a ni e. Am bheil fhios agad có tha stigh? Có ach Seumas-nam-prat!"

Chaidh Fear-an-tighe is Eachann a suas an taobh a bha Seumas is chuir e fhéin is Eachann fàilte air a chéile ; oir bha " aithne gun eòlas " aig an darna fear air an fhear eile. Dh'òl iad air a chéile, is dh'innis Eachann mar thachair dha. Dh'fheòraich Seumas-nam-prat de Mhàiri Bhreac c'àite 'n robh an Gàidsear 'na shuidhe.

" Tha, dìreach mu'n iomachd sin," arsa Màiri, 's i 'g amharc an druim an taighe. " Tha 'm buideal an taice ris a' bhalla, dìreach ann an sin," 's i comharrachadh le corraig an druim an tighe.

" Eisd so, a Mhàiri," arsa Seumas, " an ath uair a théid thu suas, gabh beachd có am bòrd de 'n ùrlar air a bheil am buideal—co-dhiùbh is e an treas no an ceathramh bòrd o'n uinneig a th'ann."

Chaidh Màiri suas le leth-bhodach eile do na seòid, agus thill i air ais leis an fhios gur ann air an treas bòrd a bha 'm buideal. A' tionndadh ri Fear-an-tighe arsa Seumas—"Am bheil a leithid de rud is tora agaibh ? "

" Ma ta, tha," fhreagair Fear-an-tighe, " ach dé tha thu dol a dhèanamh le tora mu'n àm so dh' oidhche."

" Is come leibh, thugaibh sibhse dhòmhsa an tora," arsa Seumas, " is rachaibh sibhse as an rathad car greis ; ni mi fhéin is Eachann an còrr."

Fhuair Seumas an tora, is thug Màiri Bhreac dha measair, is ghabh i mach.

Rinn thusa, Sheumais, toll troimh 'n lobhta, is troimh mhàs a' bhuideil leis an tora, is chum Eachann a' mheasair fo'n spùt gus an robh an deur mu dheireadh aca. Fhuair iad coingheall buideil eile bho Fhear-an-tighe, a lìon iad 's a chuir iad am falach.

Nuair a dh' éirich na seòid shuas an staidhir a dh' fhalbh bha iad uile air an dall dallanaich. Ghlaodh an Gàidsear air Fear an tighe e thogail leis a' bhuideil 's a chur fo ghlais gus an tilleadh esan an ath latha. Chuir Fear-an-tighe am buideal—'s bha iongantas air cho aotrom

's a bha e,—ann an cuilidh eadar an dà dhorus, is chuir an Gàidsear céir dhearg is seuladh a' chrùin air dorus na cuilidh, is dh' fhalbh e.

Nuair a thuig Seumas-nam-prat agus Eachann Dhòmhnuill gu'n robh an Gàidsear Ruadh 's na seòid a bha leis a' dèanamh an rathaid dhachaidh mar a b' fheàrr a dh' fhaodadh iad, thill iad a stigh is reic iad na bha 'sa bhuideal ri Fear-an-tighe—a fhuair cùnnradh math,—is thug iad an casan as.

Thàinig an ath latha, is latha no dhà; ach cha d'thàinig an Gàidsear Ruadh a bhristeadh na céir a chuir e air dorus na cuilidh anns an robh am buideal. Mu dheireadh thuit dha a bhi an rathad, agus thuirt Fear-an-tighe ris—"Am bheil guth idir agaibh air a' bhuideal a thug sibh bho Eachann Dhòmhnuill a leigeil as a' prìosan anns an do ghlais sibh e? Is math do dh' Eachann bochd nach e fhéin a chuir sibh fo ghlais."

"Air m'anam fhéin," arsa an Gàidsear "nach robh guth no cuimhn' agam dé rinn mi ris a' bhuideal sin; feumaidh e bhi gu'n d'òl sinn làn a' bhuideil an oidhche mhór a bha sin. Is gann gu'n d' fhuair mi thairis air an oidhche sin fhathast."

A' tighinn a dh' ionnsaidh dorus na cuilidh, arsa esan; "Tha so dìreach mar a dh' fhàg mi e: tha chéir dhearg 's an seuladh mar a bha e."

Tharraing e 'n sin a mach am buideal, agus thuig e gu'n robh e falamh.

"Nach b'e mac an fhir ud Eachann, mar thug e 'n car asam. Nach do shaoil mise gu'n robh am buideal a bh'aige 'sa phoca air a' dhronnaig làn. Ach tha mi faicinn a nis gu'n robh e falamh. Cuiridh mi 'n geall gu'n d'thug e 'm buideal làn do Thigh-a'-chaolais. 'S ann a bha e tapaidh. Ach an ath-uair a gheabh mise greim air, cha bhi mi cho tròcaireach ris."

A' tionndadh ri Fear-an-tighe, arsa esan: "Mar is

lugha their sinn mu so, is ann is feàrr. Na gabh diog ort ri duine beò mar a chaidh dhomh fhéin 's do'n bhuideal. Tha sinn daonnan ag ionnsachadh."

RIGH SOIRBHEAS.

Sud a bh'ann roimhe so, Rìgh mór cumhachdach agus beairteach, a bha a' riaghladh ann an dòigh a bha tabhairt mór thoileachais, thairis air rìoghachd mhóir. B'e Righ Soirbheas a b' ainm dha ; is bha aige mar chéile boireannach a bha cho ionraic 'sa bha i maiseach, is dh' fhóghnadh sin.

Ré móran bhliadhnachan chaith an Rìgh agus a Bhan-rìgh am beatha gu seasgair sona. Bha iad mar gu'm biodh iad a' leannanachd ré nam bliadhnachan sin, agus leis gu'n robh làn earbsa aca á càch a chéile, cha d'éirich riamh leud na boise de sgàil air iarmailt am beatha. Bha a' Bhan-rìgh iomlan ann an sùilean an Rìgh, agus, 'na beachd-sa, cha robh air uachdar an domhain coimeas do Rìgh Soirbheas mar chéile, mar dhuine, 's mar fhear-riaghlaidh.

A nis, thachair an déidh do Rìgh Soirbheas a bhi air an rìgh-chathair ré móran bhliadhnachan, gu'n d' éirich plàigh anns an dùthaich, a chuir na mìltean do'n chill. Dh'fhàg so an Rìgh fo bhròn 's fo mhulad mu chor an t-sluaigh, agus cha do ghabh e tàmh no fois ach a' triall bho àite gu àite de'n rìoghachd dh'fheuch ciod a b' urrainn dha a dheanamh air an son-san a bha fo bhuaidh na plàighe, a' misneachadh 's a' comhfhurtachadh na muinntir a chaill cuid de'n càirdean, 's a' feuchainn ciod idir a ghabhadh deanamh gu casgadh a chur air a' phlàigh. Thairg a' Bhan-rìgh falbh leis air an turus thruacanta so ; ach leis gu'n robh eagal air an Rìgh de beatha, cha leigeadh e leatha falbh leis, ag ràdh gu'n robh móran de na seallaidhean a bha esan a' faicinn gu tric da-rìreadh searbh, agus cho gairisinneach 's

nach tigeadh e dhì-se am faicinn. "A bhàrr air a sin," arsa esan, " na'n robh thusa, a rùin, air do bhualadh leis a' phlàigh, agus bàs fhaotainn, cha bhitheadh mo shaoghalsa fada a'd dhéidh co-dhiùbh a bhuaileadh a' phlàigh mi no nach buaileadh ; agus ciod idir a thachradh do'n t-sluagh, aig an àm ainneartach so, na'n robh sinn le chéile air ar giùlan air falbh ? "

Agus thachair e, nuair a bha an Rìgh a' triall feadh a dhùthcha, gu'n robh a' Bhan-righ a' fuireach aig an tigh—oir cha robh an cèarna sin idir cho trom air a bhualadh ri cuid eile de'n rìoghachd. Is ann, nuair a bha e air falbh ann an oirean iomallach na dùthcha, a ràinig cagar an Rìgh, a lìon a chridhe le ioghnadh agus mulad mór. B'i an naidheachd : gu'n robh a chéile rioghail, an àite bhi frithealadh do shluagh prìomh-bhaile na rioghachd mar a gheall i, 's mar a thairg i—tairgse d'an tug esan aonta—an déidh i féin a ghlasadh 'sa chaisteal, a' diùltadh dol fad a coise o'n dorus ach 'na curradan fo fhiamh 's fo eagal gu'n glacadh a' phlàigh i. Bha an cagar a ràinig cluasan an Rìgh mu a giùlan cho tur eadar-dhealaichte ris an nì a bha 'na bheachd, agus ris a' bharail a bh'aige air a chéile ionraic agus theóchridheach gu'n do dhiùlt e creideas a thoirt do'n aithris. An àite sin, is ann a thug e sgràileadh do'n chùirtear aig an robh de dhànadas a leithid de sgeul breugach—tur neocholtach ri abhaist na Ban-rìgh—a chreidsinn no idir a ghiùlan gu cluais an Righ. Cha'n e mhàin sin, ach chuir an sgeul a leithid de dhorran air—gu'm bitheadh de dhànadas aig cùirtear a leithid de sgeul aithris mu'n Bhan-rìgh —gu'n do mhaoidh e an cùirtear a chrochadh na'n éireadh e mach nach robh barrantas aige air son an sgeoil a dh' aithris e mu'n Bhàn-righ. Is e bh' ann gu'n do chuir an Rìgh an sgeul gu deuchainn, le teachdairean anns an robh làn earbsa aige, a chur a dh'ionnsaidh a lùchairt a dh' fhaotainn a mach an robh an sgeul a dh'aithris an cùirtear fìor no breugach. Ann an ùine ghoirid, thill na teachd-

airean sin an déidh dhaibh gach cùis fhiosrachadh mar a dh' iarradh orra leis an Rìgh, agus 'sa bh'aca r'a ràdh ; nach robh aig a' chùirtear ach an fhìrinn, smior na firinn ; gu'n robh a' Bhàn-righ an déidh i féin a ghlasadh 'na lùchairt 's i làn fiamh is eagail ; agus b'e chuid a bu mhiosa, gu'm b'e eagal gu'n cailleadh i a sgiamh 'sa bòidhchead leis a' phlàigh, na'n gabhadh i e, a bu mhotha a bha cur oirre. A bharrachd air a sin, dh'aithris na teachdairean gu'n robh a' Bhàn-righ, cha'n e mhàin air i féin a chùbadh a suas anns an lùchairt rìoghail, a' diùltadh an t-sluagh fhaicinn, ach gu'n robh i an déidh i féin a chuartachadh le druidhean is fiosaichean d'an robh i toirt làn chreideas, agus d'an d'thug i suas i féin, anam is corp, nì a bha cur doilgheis nach bu bheag air maithean na rìoghachd, agus 'na aobhar mulaid do mhnathan na cùirte.

Nis, nuair a chuala Righ Soirbheas na cùisean so, dh' òrdaich e an cùirtear a leigeil a mach as a' phriosan anns an do spàrr se e, agus ghairm e comhairle de na prìomh dhaoine a bha mu'n cuairt air, agus, nuair a chruinnich iad, arsa esan : " Chuala sibh uile an sgeul a thug na teachdairean air ais, agus abraibh a nis ciod is còir a bhi air a dheanamh air a Bhàn-righ."

Thuirt cuid aon nì is cuid nì eile ; ach cha robh Rìgh Soirbheas sàsaichte le nì a chaidh a chomhairleachadh dha.

Cha'n eil na tha sibh a' comhairleachadh," arsa esan, " idir a' cordadh rium ; rachaibh as mo shealladh."

An sin dh'iarr e "Airgead " an céard-airgid a ghairm a stigh ; agus air dha e féin a nochdadh do'n Rìgh, dh' òrdaich e dhà sgàthan mór maiseach a dheanamh—a bheireadh barrachd ann am fìre 's ann am maisealachd air an fhìor-uisge fhéin, agus a chuireadh sgàil air gach sgàthan a bh'anns an t-saoghal.

" O, Rìgh, mair gu bràth," arsa an ceàrd-airgid, " bhur toil bitheadh deanta ; agus bithidh gach buaidh a dh' ainmich sibh air an sgàthan. Bithidh e cho mìn ris an

eigh, cho soilleir ris an fhìor-uisge, no ris 'a ghealaich làin air aghaidh nan speur aig àird a' mheadhon oidhche. Cha'n e mhàin gu'n nochd e gu fìor aghaidh an tì a sheallas ann ; ach nochdaidh e eadhon doimhne an anaim. Bheir an sgàthan a ni Airgead, O Rìgh, barrachd air gach sgàthan a rinneadh riamh le làmhan dhaoine."

Agus dh' órdaich an Rìgh do Airgead ann an làthair a luchd-comhairle an sgàthan a dheanamh gun mhoille, agus an sin dh' òrdaich e " Firinneach " am fear-eachdraidh a ghairm 'na làthair.

" Sgrìobh dhomh, Fhirinnich," deir an Rìgh, eachraidh-beatha mo Bhàn-righ Iomlan, bho'n là a phòs sinn gus an sin a dhùin i i-fèin 'na lùchairt ann am priomh-bhaile là a dùthcha ; na meudaich nì 's na fàg as nì ach a mhàin ninm na Bànrigh féin, ainm an Rìgh agus ainmean a phrìomh auchd-comhairle."

1 Agus gheall Fìrinneach is e sleuchdadh gu talamh, mar so—" Bithidh gach nì a réir ur miann, is a réir ur n-iarrtais. Sgrìobhaidh mise eachdraidh Iomlain ur céile, a bheir bàrr ann an snasmhorachd agus ann am fìrinn air gach eachdraidh air aghaidh an domhain mhóir. Anns an eachdraidh sin cha bhi facal ach smior na fìrinn ; cha mheudaich mi nì, 's cha cheil mi fathunn ach a mhàin ainm an Rìgh is ainm na Bàn-righ, agus ainmean prìomh luchd-riaghlaidh na dùthcha, mar a dh' òrdaich an Rìgh."

"Agus ciod an comharra," arsa an Rìgh, " leis an aithnich mi gu'n dean an eachdraidh agadsa, O Fhìrinnich, falach-cuain air gach eachdraidh a chaidh a sgrìobhadh no theid a sgrìobhadh ? "

" Leis a so, O Rìgh," arsa Fìrinneach, " nuair a chluinnear air a h-aithris i, gu'm bi na creagan fhéin air an gluasad le a mòrachd, agus gu'n còmhdaich coisir bhinn na doire an cinn le nàire, a thaobh binneas is òirdhearcas nam facal."

Agus, nuair a chual Rìgh Soirbheas briathran an Fhir-eachdraidh, bha e sàsaichte.

Nis, nuair a bha an Sgàthan a dh' òrdaich Rìgh Soirbheas do Airgead a dheanamh, deas, agus an Eachdraidh a dh' òrdaich e do Fhìrinneach a dheachdadh, ullamh, chuir e iad gu Iomlan a Bhàn-righ. Còmhla ris an Sgàthan agus ris an Eachdraidh chuir an Rìgh litir a dh'ionnsaidh na Bàn-righ ag iarraidh oirre na tiodhlaicean sin a ghabhail, agus ag innseadh dhi gu'n robh rùn air tilleadh gu goirid do'n Chaisteal.

Nis, cho luath 'sa thill Rìgh Soirbheas d'a dhùthaich, chaidh e cho dìreach ri saighead á bogha gu seòmar na Bàn-righ anns a' Chaisteal, agus faicear i 'na sìneadh 'na h-uile mhaise air uirigh de dh' iteagan chalman, a' dùr amharc anns an Sgàthan, leis an leabhar a sgrìobh Fìrinneach 'na làimh.

Cho luath 'sa thàinig an Rìgh a stigh do'n t-sèomar, dh' éirich Iomlan a Bhàn-righ, agus dh' fhàiltich i e gu gaolach, chuir i a dà làimh m'a mhuineal, thug i sgailce pòige dha, agus tharraing i e gus an uirigh, ag iarraidh air le briathran gaolach suidhe r'a taobh. Agus air do'n Rìgh so a dheanamh, labhair Iomlan, a Bhàn-righ, ris air a' mhodh so : " O Rìgh, mair beò, mo thasgaidh is mo rùn, nuair a bha mi dearcadh beagan ùine mu'n do thill thu, air an Sgàthan mhaiseach a chuir thu chugam, agus gun mi ach an déidh crìoch a chur air leughadh an leabhair eachdraidh gun choimeas a tha'n so ri m' thàobh, shaoil leam gu'm faca mi an t-iomlan de m' leth-cheann air a mhilleadh leis a' phlàigh. Thoir dhomh do bharrantas, O Rìgh, nach eil sin mar sin." Agus air do'n Rìgh a h-aodann a ghabhail eadar a dhà làimh, tharraing e gu gaolach g'a ionnsaidh i, agus a' sior dhearcadh an aghaidh àillidh na Bàn-righ, arsa esan : " Tha fhios agam a nis gu'n do leugh thu an Eachdraidh a chuir mi chugad, agus gu'n do dhearc thu anns an Sgàthan a dh' òrdaich mi air do shon. Ciamar air bith a bha cùisean roimhe so, a ghaoil mo chridhe, cha'n eil t' aghaidh na's fhaide fo mhi-dhreach."

SGEULACHD CHOINNICH OIG.

FHIR MO CHRIDHE—Nach eil naidheachd agam dhuit. Sin thu, bha fhios agam gu'n còrdadh sin riut, ach mu 'm faigh thu i feumaidh mi innseadh dhuit ciamar a fhuair mi fhéin i. Na tog ceàrr mi; cha'n ann de 'n t-seòrsa mi a bhitheas, mar thuirt an sean-fhacal e, " a' toirt seachad leis an uaill na fhuair e air a' bhleid." Fhir a th' ann, tha mise 'g ràdh rìut gu bheil na sgeulachdan féin a' fàs gann 'san t-saoghal a th'ann. Cha'n eil ùine aig daoine, no idir an fhoighidinn, éisdeachd ri seann sgeulachd mar a tha " Sgeulachd Choise Céin."

Bi taingeil do'n uisge 's do na clachan-meallain; oir mur bhith iadsan, cha d'fhuair mise no thusa an sgeul a th'agam r'a luaidh. An latha roimhe nach do chuir na frasan uisge, air an ruagadh leis a' chloich-mheallain, a h-aon no dhà do'n mhuileann an tòir air fasgadh. Nuair a ràinig mi féin, có bha stigh air thoiseach orm ach An Gàidsear Ruadh, Niall Mór a' Chamuis, Seumas Theàrlaich, agus, " gach dìleas gu deireadh." " Mac Coinnich a' mhìle " —cha bhi beachd agad có esan. Am bheil cuimhne agad air Coinneach Mór a bha 'san Dail Fheàrna, agus air Seònaid Bhuidhe a bhean—càraid cho còir 's a sheas riamh air bonn bròige. So agad ma tà am mac a b'òige. Chaidh e thairis do na h-Innsean nuair a bha e 'na ghill' òg, is tha e coltach gu'n deachaidh gu math dhá, oir tha iad ag ràdh, nuair a thainig e dhachaidh air an t-Samhradh so, 's e cho buidhe ris an dìthean, gu'n do chuir e mìle punnd Sasunnach ann an làimh a mhàthar. Bha iad ag ràdh gu'n robh mìle eile aige d'a athar; ach chaochail esan mu mhios mu'n do ràinig Coinneach Og, mar their iad ris. Ged a bha e cho fada 'sna h-Innsean tha a' Ghàidhlig na's feàrr na Gàidhlig a' mhinisteir, is tha e fada na's déidheala air a bruidhinn na tha fear a' chòta dhuibh. A bharrachd air a' sin tha Coinneach Og glé iriosal 'na dhòigh agus

fuathasach math do bhochdan na sgìreachd. Tha e làn àbhachd, cuideachd. Nach do chuir e fios air an t-seachdain so chaidh air seann Dòmhnull an Dannsair agus air dà chaillich chridheil—Màiri Cham agus Seònaid Chrotach—agus thug e crùn an t-aon dhaibh air am bois nuair a chaidh Dòmhnull agus Màiri Cham troimh na cuir aig " Cailleach an Dùrdain," is Seònaid Chrotach a' cur ri canntaireachd dhaibh. Dheanadh Coinneach glag gàire a' coimhead air Dòmhnull an Dannsair a' cnacadh a chorragan 's a' seinn—

" Cailleach an Dùrdain, cum do dheireadh rium."

Gabh mo leisgeul ; theab 's gu'n deachaidh mi troimh mo naidheachd, ach an robh mi ach ag ìnnseadh dhuit có bha 'sa mhuileann ; agus có e ach Coinneach Og. Bha am Muillear Bàn a' deanamh ceartaichean mu 'n mhuileann 's a' cumail facail anns a' chonaltradh a bha dol mu'n aimsir—an Gàidsear Ruadh a' còmhdachadh air na bha 'sa mhuileann gur i gealach bhuidhe na Féill Micheil a bu choireach an uair a bhi cho fliuch, agus Niall Mór a' càireadh air Seumas Theàrlaich gur e "An t slat thomhais " a bhi tarsainn air soc a' " Chroinn arain " aig àirde na gealaich a chuir na clachan-meallain oirnn.

" Nach faoin sibh, fheara," arsa am Muillear Bàn còir ; " cha'n fheàrr sibh na am Maighstir-sgoil Crùbach a b'àbhaist a bhi 'na shìneadh air a dhruim 'sa ghàradh-chàil le gloin'-amhairc ri shùil a' sìor choimhead air " Bodach na Gealaich " gus an tug e air fhéin a chreidsinn, oidhche bha sin, gu'm fac' e am Bodach a' gabhail snaoisein, 's gu'n cual e e a sreothartaich. Coma leibh ar speuradaireachd an dràsda ; có bheir dhuinn sgeul ? "

" Bheir sinn an t-urram do'n choigreach," arsa an Gàidsear Ruadh. " Cha chuala sinn riamh sgeul bho Choinneach Og. Tha mi 'n dòchas gu'n gabh e mo leisgeul air son coigreach a ràdh ris."

" Cha bu chòir de dhuine bhi 'na choigreach 'na thìr féin," fhreagair Coinneach Og ; " ach thàinig de chaochladh

air an dùthaich so bho'n a dh' fhàg mise i, gu'm bheil an sgìreachd féin coimheach dhomh. Ma ghabhas sibh leisgeul mo Ghàidhlig-Ghallda, bheir mi naidheachd dhuibh."

. . . . . .

Mu'n d' fhàg mi na h-Innsean rinn mi suas m'inntinn gu'm faicinn cuid de Stàidean America mu'n tiginn dachaidh. Bha seòrsa cuimhn' agam air m' athair—A chuid de Phàrras dhà—a chluinntinn ag ràdh gu'n robh càirdean fada mach againn anns na Stàidean ; ach cha chualas fios orra bho chionn linn. Bha Seònaid mo phiuthar leam, ise bha cumail tighe leam anns an h-Innsean. Bha i bliadhna na b'òige na mise.

A' dol air bòrd air an t-soitheach bha againn ri ar n-ainmean a sgriobhadh ann an leabhar na luinge. An déidh dhomh fhéin 's do Sheònaid ar n-ainmean a sgrìobhadh, shìn mi féin am peann do bhoireannach beothail, a dh' aindeoin a ceann liath a sgrìobh a sìos gu deas glan coimhlionta—" Sileas-Nic-Coinnich." 'Na déidh, sgrìobh giollan a bha leatha—a h-aona mhac mar a thuig mi an déidh làimh—" Ruairidh-mac-Coinnich." Nuair a thug sinn an aire gu'm buineamaid uile de Chloinn Choinnich, thòisich sinn ri seanachas, agus rinn am boireannach so am mach gu'm buineamaid do'n aon stoc—agus, fada mach 's mar a bha e, rinn sinn a suas an càirdeas. Bu bhanntrach ise ; rugadh i ann an America, ach b'ann á Albainn a bha athair an duin' aice, a chaochail deich bliadhna roimhe sin, a' fàgail slaim mhath airgeid, cho math ri oighreachd laghaich, aice fhéin 's aig a mac. Cha ruig mi leas ìnnseadh gu'n do chuir sinn seachad na trì seachdainean a bha sinn air bòrd na luinge gu cridheil sunndach. Bha Ruairidh agus mo phiuthar mar na h-oghachan ann an tiota. Nuair a ràinig sinn na Stàidean, cha deanadh ni feum ach gu'n rachamaid leotha gu Rochelle far an robh an tigh 's an òighreachd.

Bha an tigh eireachdail—mór, fada, farsaing—le lèanagan bòidheach feurach air gach taobh dheth. Anns na làithean a dh' fhalbh, bha Rochelle 'na oighreachd mhóir, air a h-oibreachadh le tràillean dubha, a bha togail bàrr fuathasach de lìon, tombaca, agus coirce ; ach an diugh cha'n eil an oighreachd idir cho mór, is cha'n eil ni 'ga thogail orra ach eich ; oir tha Ruairidh ainmeil am faisg 's an farsaing mar fhear togail each. Bha mo phiuthar 'na glòir an so, oir tha i barraichte mar bhana-mharcaiche. Bha a' bhanntrach, a dh' aindeoin nan leth-cheud bliadhna a chunnaic i, cho aotrom air muin eich ri té nach faca fichead bliadhna. Cha robh nì 'ga dheanamh ach a' siubhal na dùthcha air muin eich 's a' feuchainn réisean. Bha so a' còrdadh gasda ri càch—bha iad an grian an saoghail. Ach, air mo shon fhéin, cha robh ùigh no iarraidh agam air marcachd. Fhuair mi 'n t-searbhag dhi anns na h-Innsean nuair a chaidh mo thilgeil bhàrr muin eich agus mo chas a bhristeadh aig an lurgainn—tha ceum beag crùbaiche annam fhathast.

Nuair bha càch a' ruagadh a chéile thar bhac is bhealach, bha mise air m' fhàgail aig an tigh leis na coin, a' tarraing an dealbh, cho math ri dealbhan nam pàisdean beaga dubha a bha màgail mu na dorsan. Faodaidh mi innseadh gu'n robh caraid no dhà air aoidheachd 'san tigh aig an àm—càraid òg a bha cur seachad mìos nam pòg, agus seana bhoireannach còir a rugadh 's a thogadh mu na crìochan so, agus a bha làn sgeulachdan mu'n àite 's mu na daoine bh' ann o shean.

Latha bha sin, thuirt Seònaid rithe an robh sgeul idir aice mu Rochelle—àite cho ciùin 's cho seasgair 's a bha ri fhaotainn mu'n cuairt.

'Ma ta," arsa an t-seana bhean, 's i réiteachadh a muineil, "mar tha fhios agaibh, gun teagamh, cha robh ar bana-charaid daonnan an so, cha bhuin i do'n àite. Bhuineadh an t-àite so do theaghlach d' am b' ainm Cloinn-

an-Tàilleir ; ach tha cian o'n a dh' fhàg iad an dùthaich. Bha an t-àite falamh fad ùine mhóir. Tha am feur an so taghte air son eich òga àrach ; agus cha d'thug Ruairidh tàmh no fois d'a mhàthair gus an do cheannaich i an oighreachd—oir tha chridhe 'n geall air eich òga. Cheannaich iad an oighreachd air glé bheag—fhuair iad cùnnradh ciatach—agus ged tha màthair Ruairidh glé thoigheach air an àite a nis—bha i car sgàthach a thighinn "—agus, an sin, arsa an t-seana bhean mar fo a h-anail—" Mur a bhi gu'n d'thàinig i astar mór cha tigeadh i idir ! "

Bha so mar dhubh-fhacal dhomh, agus dh' fheòraich mi " C'ar son ? "

Ghabh an t-seana bhean seòrsa athaidh, agus dh' fheuch i ri m' chur dheth le ràdh—

" Mar a tha fhios agad, tha h-uile h-oigreachd a th'ann coltach r'a chéile "—

"Am bheil da rìreadh," arsa mise le spleumas.

" Tha," arsa ise, " ma thuit gu'n robh tràillean orra. Faic," arsa ise, 's i 'g amharc a mach air an uinneig, " na tighean ud. Ri linn Chloinn-an-Tàilleir, feumaidh gu'n robh ceudan dhiubh ann."

" Tha beagan dhiubh," arsa mise, " mu'n oighreachd fhathast."

" O tha," arsa ise, " beagan de shliochd nan tràillean a bh'ann o shean, a tha cho ùmhal do bhean an tighe 's ged a bhiodh iad uile 'nan tràillean."

"Am bheil fhios agaibh " arsa Seònaid, gu'm faca mi duine duaichnidh mosach ag amharc a stigh air an uinneig moch 'sa mhadainn. Cha 'n fhaca mi riamh mu na dorsan e. Cha d'thug mi an aire riamh dha am measg an luchd-tighe. Bha e mór, dubh gràndа ; spleuchd e shròn 's a bhus ris a' ghloine ; 's gu dearbh cha robh e bòidheach."

" Cha bhiodh ann," arsa mise, " ach fear-fuadain, seòrsa de cheàrd."

" Theagamh," arsa Seònaid ; " ach tha mi 'n dòchas

nach fhaic mi e fhéin no a choltas gu bràth. Ach so na h-eich ; " a' tionndadh riumsa, " bithidh an tigh agadsa dhuit fhéin."

" Mo thogair," arsa mise, " tha mi dol a tharraing dealbh na h-abhaig, ' Càrnag,' agus cha bhi duine mu'n cuairt a tharraing conais aisde, 's i cho crosda."

Cho luath 's a fhuair mi 'n tigh dhomh fhéin 's a chunnaic mi a' mharc-shluagh a' dol as an t-sealladh seach oisinn na coille, thòisich mi air ' Carnag ' a chlàradh gu suidhe sàmhach gus am faighinn a dealbh a tharraing. Bha an seòmar 'san robh sinn, aig taobh-cùil na fàrdaich, agus an uinneag ag amharc air na tighean-cùil anns an robh na seirbhisich dhubha a' fanachd. Cha robh " Càrnag " fada 'na suidhe nuair a thòisich i ri a cluasan a bhiorachadh, agus fàs luaineach, mar gu'm biodh i cluinntinn cuideigin coimheach ag gluasad mu 'n fhàrdaich. Mu dheireadh thug i casan aisde buileach.

Cha robh atharrachadh air, b' éiginn an dealbhadaireachd a leigeil seachad car àm. Thog mi leabhar taitneach agus thug mi mo chathair gus a' bhlàr am muigh, agus shuidh mi am fasgadh an tighe. Is e an leabhar a bha mi leughadh—leabhar mu na tràillean dubha—" *Uncle Tom's Cabin,*" agus bha mi cho dìl 'ga leughadh 's gu'n do dhi-chuimhnich mi ach beag c'àite 'n robh mi, nuair a chlisg mi le fuaim mhì-nàdurra mar gu'n robh cuid-eigin 'gan tacadh. Thug mi sùil mu'n cuairt ; ach cha robh anail bheò 'gam chòir ; ach bha " Càrnag " a' sìor amharc air dorus a bha 'n sin 's gun i toirt umhail gu'n robh mi 'ga còir.

Thog mì mo leabhar a rithist, ach cha deachaidh mi fada air m' aghaidh nuair a chuala mi a' cheart fhuaim mhì-nàdurra a chuala mi cheana, agus " Càrnag " 's a h-uile riob fionna a bh'oirre 'na sheasamh dìreach air a druim 's i an déidh fasgaidh a ghabhail fo m' chathair 's i casadh a fiaclan. Aig a' cheart àm, chunnaic mi a' tighinn bho

fhàrdaich nan seirbhiseach duine dubh mòr, grända, nach robh beachd agam air fhaicinn riamh roimhe mu'n fhàrdaich. Bha e ceann-ruisgte, aodann duaichnidh fo ghruaim, còta gorm is geal, 's e 'na stròicean, seana bhriogais, 's na mogain air am filleadh g'a ghlùinean, agus logaisean bhròg m'a chasan. Nuair a bha e teannadh orm, bha mi fàs fo eagal a h-uile ceum a bheireadh e an taobh a bha mi.

Gu h-obann dh' fhosgail dorus a bha sin, agus, gu h-iongantach, steòc a mach boireannach a suas ann an làithean, nach b'fhiosrach mi fhaicinn riamh roimhe. Bha i ann an gùn fada geal, le muilichinnean farsaing, a falt ruadh—'s gu leòir ann dhe—a sìos gu meadhonan, i dìreach sgafarra, a leth-cheann tana cruaidh mar spor, is rùn suidhichte 'na h-aghaidh. Thriall i seachad orm le ceum aotrom uallach, agus ràinig i challaid a tha eadar an tigh-mór agus tighean nan daoine-dubha mu'n cheart àm ris an starbhanach dhubh. Thog mi gu'n do labhair i ris gu dalma, crosda—bha choltas sin ri fhaicinn air a h-aghaidh—ach cha chuala mi facal a labhair i.

